



## LIST OF GAELIC BOOKS

*And Works on the Highlands*

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN &amp; STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

63 &amp; 64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation  
or for private circulation.

## DICTIONARIES AND GRAMMARS.

M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dic- tionary, with Grammar, 12mo, <i>cloth</i> , ...	s. d. 9 0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, <i>cloth</i> , ...	10 6
MacPherson's Practical Lessons in Gaelic for the use of English-speaking students, ...	1 0
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, ...	1 0
Reading Book for the Use of Students of the Gaelic Class, ...	3 6
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, <i>cloth</i> , ...	3 6
Gaelic First Book, 18mo, 2d. ; Second do., ...	0 4
Gaelic Third and Fourth Book, ...	each 0 6

## GAELIC SONG BOOKS AND HIGHLAND MUSIC.

Athole Collection of Dance Music, etc., 2 vols., <i>folio</i> , 42	0
Celtic Lyre Gaelic Songs, with English transla- tions, and music in both notations, pts. 1 & 2,	0 6
Gaelic Song Book, "The Highland Minstrel," ...	1 0
Killin Collection of Gaelic Songs, with English translation, and music in both notations, <i>folio, cloth</i> , 12s. 6d. ; <i>extra gilt edges</i> , ...	15 0
M'Intyre's (Duncan Ban) Songs, with an English translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo, ...	2 0
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, ...	2 6
Mackellar's (Mrs M.) Gaelic and English Songs,	3 6
Macleod's (Niel) Poems and Songs, ...	3 6
Macpherson's "An Duanaire," a New Collection of Songs, etc., <i>never before published, cloth</i> ,	2 0

64 South Bridge, Edinburgh.

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Munro's Selection of Gaelic Songs, ...	0	4
... Am Filidh, do., with music, ...	1	0
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Songs of the Gael, music in both notations, ...	0	6
—		
Alleine's Alarm to the Unconverted, ...	1	6
An T-Oranaiche, by Sinclair, 8vo, <i>cloth</i> , ...	10	6
Assurance of Salvation, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	1
Beuton, S. Dioghluimean, 'S Na H-Achaibh, ...	1	6
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	3
... God's Way of Peace, <i>cloth</i> , ...	1	0
Buchan's Apples of Gold, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	3
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Con- version, with his Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
... The Hymns, separately, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... World to Come, or, Visions from Hell, <i>cl.</i> ,	1	6
... Pilgrim's Progress ( <i>three parts</i> ), <i>cloth</i> ,	2	6
... Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... Water of Life, <i>cloth</i> , ...	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> , ..	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English, ...	0	2
Celtic Magazine, Monthly, ...	0	6
Clark's (Mrs) Three Gaelic Poems, with English translation by Kennedy, ...	0	6
Clarsach Na Coille; a Collection of Gaelic Poetry, by Rev. A. M'Lean Sinclair, ...	3	6
Confession of Faith, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Dewar's (Rev. Dr) Gaelic Sermons, 8vo, ...	0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...	0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> , ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises; 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Edward's (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> ,	0	2
Gael (The), a Gaelic Magazine, bound in cloth, for 1876 and 1877, in English and Gaelic, <i>each</i>	3	6
Gaelic Song Book, the Highland Minstrel, ...	1	0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0



DAIN SPIORADAIL.



*Evelyn S. Murray*  
FFF

# DAIN SPIORADAIL.

LE

IAIN MAC-GILLEAIN.

MAILLE RI BEAGAN DE LAOIDHEAN MHIC GRIOGAIR,  
NACH ROBH GUS A SO AIR AN CLO-BHUALADH.

Eirich a do shuain 's tu'n cunnart ;  
Na bi 'fuireach measg nam marbh.  
Tha Crìosd a' gealltainn dhuit soluis ;  
Bi gu toileach leis a' falbh.  
Seinn da le laoidhibh 's le danaibh  
Bho d'chridhe le gràs gun cheilg.  
Teich o anamiannaibh d'oige ;  
Lean 'fhirinn 's thoir gloir d'a ainm.

I. MACGILLEAIN.

EDINBURGH :

MACLACHLAN & STEWART.

1880.

EDINBURGH :  
PRINTED BY LORIMER AND GILLIES,  
ST. ANDREW SQUARE.

ED  
CO MY  
MAY 10 1853



# AN CLAR-INNSE.

	PAGE
Beath'-Iomradh, . . . . .	ix
Staid an T-Sonais, . . . . .	1
Tuiteam an Duine, . . . . .	2
Am Meas Toirmisgte, . . . . .	6
Trocair Dhe do dh'Adhamh, . . . . .	9
Ar n-Urras, . . . . .	11
Am Fear-Saoraidh, . . . . .	14
Prionnsa na Sith, . . . . .	20
Irioslachadh Chriosda, . . . . .	23
Doille nan Iubhach, . . . . .	28
Breith Philat, . . . . .	31
Molamaid Iosa, . . . . .	33
Moladh an Leigh, . . . . .	35
Grian na Firinteachd, . . . . .	37
Cuireadh an t-Slanaigheir, . . . . .	40
Saorsa Tre Fhuil an Uain, . . . . .	43
Bruadar Faoin nam Peacach, . . . . .	46
Na H-Uaibhrich Amaideach, . . . . .	48
An Duine Diomhain, . . . . .	54
Teich 's tu'n Cunnart, . . . . .	56
Till bho D'dhroch Shlighibh, . . . . .	58
Treig do Ghrainealachd, . . . . .	59
Thig an Diugh, . . . . .	61

	PAGE
Lean Iosa, . . . . .	64
Gleann na H-Irioslachd, . . . . .	65
Comhradh eadar am Biobull agus am Peacach, . . . . .	70
Turas a Chrìosdaidh, . . . . .	79
Leantuinn an Uain, . . . . .	82
Saighdearan Chrìosda, . . . . .	85
An Cogadh Naomh, . . . . .	89
Fein-Mhealladh, . . . . .	98
Am Buaireadair, . . . . .	100
Seasmhachd Iob, . . . . .	102
Dilseachd agus Duais nan Abstol, . . . . .	104
Craobh-Sgaoileadh an t-Soisgeil anns an tìr so, . . . . .	106
Neochinnteachd ar Beatha, . . . . .	110
Abhainn Iordain, . . . . .	114
Uamhas a Bhais, . . . . .	119
Dean Deas airson a Bhais, . . . . .	122
Smaointinnean mu'n Bhàs, . . . . .	124
Bruach Iordain, . . . . .	126
Bartimèus an Dall, . . . . .	128
Seidear an Trompaid, . . . . .	128
An Latha Mor, . . . . .	130
An Da Bhuidheann, . . . . .	131
Latha Bhreitheanais, . . . . .	132
Tìr Immanuel, . . . . .	139



#### DR. MACGREGOR'S HYMNS.

Beath'-Iomradh, . . . . .	145
Na Deich Aintean, . . . . .	148
Staid Nadair Chloinn Daoine, . . . . .	148

	PAGE
Cuireadh an t-Soisgeil, . . . . .	158
Tairgse Shaor an t-Soisgeil, . . . . .	165
Aonadh ri Chrìosd, . . . . .	171
Saorsa o'n Lagh, . . . . .	182
An Soisgeul, . . . . .	189
Craobh Sgaoileadh an t-Soisgeil, . . . . .	190



BY THE REV. D. B. BLAIR.

Dian-Iarrtas anma airson Chrìosd, . . . . .	191
---	-----



BY JOHN MACGILLIVRAY.

Fulangas an t-Slanaigheir, . . . . .	200
--------------------------------------	-----





## MEMOIR.

---

JOHN MACLEAN, the author of the following Poems, was born at Caolas in the island of Tiree, Argyleshire, on the 8th day of January, 1787. He was married to Isabell Black, daughter of Duncan Black, elder, Lismore, in 1808. He published a volume of Gaelic songs in 1818. He emigrated to America in 1819. He died on the 26th of January, 1848. In Scotland he was known as Bard Thighearna Chola; in this country as Am Bard Mac-Gilleain.

Upon coming to America the Poet settled at Baile-Chnoic, Barney's River, in the county of Pictou. From Baile-Chnoic he moved in 1830, six miles further east, to a place which is now known as Glenbard. Whilst in Scotland he was in very comfortable circumstances; during his first few years in this country he was in poor circumstances, and endured much hardship. He lived in the middle of the woods. He had to cut down the trees and prepare the land for cultivation. In his well-known poem on America, he has the following reference to his lonely situation:—

“Cha'n iognadh dhomhsa ged tha mi bronach,  
'S ann tha mo chomhnaidh air cul nam beann;

Am meadhon fasaich air Abhainn Bharnaidh,  
 Gun dad a's fearr na buntata lom.  
 Mu'n dean mi aiteach, 's mu'n tog mi barr ann,  
 'Sa choille ghabhaidh 'chur as a bonn  
 Le neart mo ghairdein, gu'm bi mi saraichte  
 'S treis air failinn mu'm fàs a chlann."

John MacLean had been all through his life a man of thorough integrity, and a diligent reader of the Bible and religious books. He had always maintained the worship of God in his family and was a strict observer of the Sabbath. It seems, however, that his hard lot at Barney's River and his lonely condition had, in a spiritual point of view, a very beneficial effect upon him; they were the means of directing his attention more fully to the Saviour and to the promised land. It was after he had been four or five years at Baile-Chnoic that he began to compose spiritual songs.

The poet was well-versed in the Scriptures. Boston's Fourfold State, Bunyan's Works, Baxter's Call, Alleine's Alarm, and Doddridge's Rise and Progress of Religion in the Soul were works which he owned and carefully studied. Boston's Fourfold State he read very frequently.

He was a member of the Church of Scotland. At the Disruption he joined the Free Church. His sympathies had, during the Ten Years' Conflict, been with the Anti-Patronage party.

A small edition of his Hymns was published in 1835. It was circulated almost wholly in this country. It was full of mistakes.

Nature made a poet of John MacLean. He

was a thorough Highland bard. In his songs he sang the praises of the Laird of Coll ; in his hymns he sings the praises of his Saviour. In his songs he sang the glories of Scotland ; in his hymns he sings the blessedness of the promised land. As the theologian appears all through Dr. MacGregor's hymns ; so the bard, having Christ for his hero, appears all through John MacLean's hymns. He was the only one of the bards who composed spiritual songs.

I am responsible for the order in which the poems are given. The first hymns composed were "Fein-Mhealladh" and "Am Fear-Saoraidh ;" the last composed were "Tir Immanuel," "An Cogadh Naomh," "Prionnsa na Sith," "Smaointinnean Mu'n Bhàs," "Am Meas Toirmisgte," "An Da Bhuidheann," and "Grian na Firentachd." It is very likely that the poet composed several hymns which he did not write down.

John MacLean's songs and secular poems are in the printer's hands, and will be issued in a few weeks under the title of "Clarsach na Coille."

A. MACLEAN SINCLAIR.

*22nd July, 1880.*





# DAIN SPIORADAIL.



## STAID AN T-SONAIS.

Bu shon' ar parantan 'n gàrradh Edein ;  
Bha naomhachd cridh' ac', bha iomhaigh Dhe orr'.  
Bu mhaiseach glormhor 's gach doigh le cheil'  
iad ;

Bha'n gnuis a' dearrsadh mar ailleachd reulta.

Bha'n t-uisge 'b' fhearr anns a gharradh cheutach,  
'S gach ni a fàs ann a bha 'chum feuma.

Cha'n fhaiceadh Adhamh gu brach ann eigin,  
'S cha bhiodh air sarachadh, cradh, no eislean.

Cha robh lus graineil a fas na chrìochaibh,  
'S cha robh anuair ann, no fuachd, no dian-theas ;  
Cha robh am fiadh ann am fiamh roimh 'n tigeir,  
'S an t-uan 's an leoghunn bha comhla 'g imeachd.

Gun eagal namhaid, gun sgath roimh dhoruinn,  
Bha Adhamh 's Eubh' ann an Eden boidheach.

Bu mhor an gairdeachas, b'ard an solas ;  
Bha comunn fialaidh ri Triath na gloir' ac'.

Bu tric iad comhla an comhradh gradhach  
Mu bhuanan Dhe 'us mu Eden adhmhor,

Mu chraoibh an eolais air bron us amhghar,  
'S mu'n ghloir a bhiodh mar-ri'n Rìgh gu bracha'.

Bha iad gun fhiaradh do Dhia 'toirt umhlachd,  
Bu tric le aoibhneas a seinn a chliu iad  
'S bu bhinn an ceol bhiodh bho 'm beoil bu  
chubhraidh ;

Cha robh 's cha bhiodh orra ni 'cur curaim.



### TUITEAM AN DUINE.

Bu mhath dheth bha Adhamh  
An gàrradh nam buadh ;  
Bha eibhneas 'us ailleachd  
'S gach aite mu'n cuairt ;  
Bha naomhachd na chrìdh'  
'S cha robh ni 'cur air gruaim ;  
'San cuideachd an Ard-Rìgh  
Gach la bha e gluas'd.

Le gamhlas chaidh Satan  
Do'n ghàrradh air chuairt,  
Is thuirt e ri Eubh  
'S e 'g a teumadh gu truaigh' ;—  
“'N d'thuirt Dia, Tha craobh araid  
A' fas an sud shuas,  
'S am meas aic' cha'n fhaod sibh  
Ri 'r saoghal a bhuaìn ?”

“Thug dia dhuinn gu'n itheadh  
Gach meas a tha 'fas

Ach meas craoibh' an eolais ;  
 Tha doruinn ann 's bas.  
 Thuirt Dia ruinn na h-ithibh  
 De 'n mheas sin gu brach ;  
 Thig sgrìos air bhur n-anam  
 Ma bheanas sibh dha.

Am meas sin tha ceutach  
 'Us feumail 's gach doigh.  
 Gach aon de a dh'itheas  
 Gheibh fiosrachadh mor,  
 'S bidh ard mar na diathan  
 'Tha 'riaghladh an gloir.—  
 Cha 'n fhaicear am bas leibh ;  
 Gu brach bidh sibh beo.

Le 'chomhairlean chlaon i  
 Is dh'aom i na 'crìdh' ;  
 De mheas na craoibh thoirmisgt'  
 Gu dalma ghabh i.  
 D' a fear thug i pairt dheth,  
 Gun sgàth oirr' a ni,  
 'S ghabh esan a laimh e,  
 Gun chuimhn' air a Rìgh.

Nis chaill iad an ailleachd,  
 An slainte 's an sìth.  
 Bu leir dhaibh an goraich',  
 Bha'n solas aig crìch ;  
 Air olc bha ac' eolas  
 'S air doruinn na'n crìdh',  
 Leum naire na'n aodann,  
 Bha aodach 'gan dìth.

Bha'n coicheangal briste  
 Bha sgrios orr' ri 'thigh'nn ;  
 Bha corruich air Dia riubh'  
 Bha'n Diabh'l orr' na righ,  
 'S e eibhinn gu'n d'gheill iad  
 Dha fhein anns gach ni ;  
 'S aig ifrinn na doruinn  
 Bha coir orr' le cinnt'.

'S an fheasgar guth chual' iad  
 'Bha uamhasach leo ;  
 Ag imeachd 's a gharradh  
 Bha Ard-Righ na gloir'.  
 Ghrad-theich iad am falach  
 Feadh dhuilleach nan croabh ;  
 Bha eagal roimh 'n Ti orra  
 'Rinn iad araon.

Nuair 'dh 'fharraid an Triath dhiu  
 Mu 'n ghnìomh 's an robh 'n call ;  
 Thuirt Adhamh,—“ Bha Eubh  
 'Ga mo theumadh gu teann.”  
 “ Si'n nathair, ars' ise,  
 'Chuir mise 'nam dhall,  
 A spionadh a mheas ud,  
 'S 'ga itheadh le sannt.

Ri nathair an uamhais  
 A bhuairead le 'cainnt,  
 Thuirt Dia, Bidh gach truaighe  
 'Gad ruagadh gu teann  
 'S ni Treunfhear 'shliochd Eubh  
 A suas eiridh ri am

'Bheir buaidh ort 's a shalt'reas  
Fo 'chasan do cheann."

An deigh do Dhia sgeul  
'Thoirt mu'n Treunfhear a bhiodh,  
A' labhairt ri Eubh  
Chuir E'n ceill dhi a binn ;—  
" Bidh agadsa bron  
'S iomadh leon ri do thim  
Bidh d'fhear ort na uachdaran,  
Thruaill thu do shiol."

'S ri Adhamh thuirt E,  
" Bho na dh'eisd thu ri d'mhnaoi  
An talamh bidh mallaicht',  
Neo-thorach 's gach linn ;  
Le saothair us fallas  
As d'aran bheir thu ;  
'S thig latha ri tim  
Anns am pill thu gu uir.

Air Adhamh 's air Eubh  
Chuireadh eideadh gu leoir ;  
'S chaidh 'n iomainn le cheile  
Bho Eden ri 'm beo.  
Bu truagh iad 's an cúl ris,  
Bu shiubhlach an deoir ;  
Air craoibh na beath' chaill iad  
Le'n aingidheachd coir.

Mor-thruaighean do-aireamh  
Thug Adh'mh air a shiol ;  
'S ann leis 'thainig farmad  
Is marbhadh is stri ;

'S ann leis 'thainig plaighean  
 Us cradh agus claidh ;  
 'S ann leis thainig bochduinn  
 Us gort, anns gach linn.

Shruth truailleachd a nadair  
 Bho Adhamh an nuas,  
 Mar 'dhearbhadh le Cain  
 An ardain, gu luath.  
 Nimh ghuineach na nathrach  
 Na anam bha 'gluas'd,  
 'Us dhoirt e fuil Abel  
 A bhrathair, gun truas.

'Fhir dh'fhuiling do cheusadh  
 'S a dh'eirich bho'n uaigh,  
 Gabh mis' air do churam  
 'Us duisg mi a suain ;  
 Thoir sealladh do'm shuilean  
 Mu'n duin thu mo chuairt  
 Air 'n t-slighe ga d'ionnsaidh  
 'N Ierusalem nuadh.



### AM MEAS TOIRMISGTE.

GUR h-aobhar broin dhomh gach la, 'bhi smaoin  
 tinn  
 Mar rinn mi toiseachadh anns an t-saoghal,  
 'S mu'n truailleachd mhoir a bha air gach taobh  
 dhìom  
 Bho laithean m'òige gu laithean m'aoise.

'S e 'm meas a dh'fhas ann am barr na craoibhe  
'Thug oirnn gach truailleachd us truaigh 's an  
t-saoghal.

'N uair' dh' ith ar parantan ard gu faoin dheth,  
Bha'n cumhnant brist' 's thainig sgrios air daoine.

B'i staid an t-suaimhneis an staid 's a gharradh,  
Bu staid nam buadhan 'bha neartmhor ard i ;  
Bu staid gun uail i, gun truailleachd nadair,  
Bu staid gun truaigh' i 'bha 'buaireadh Shatain.

Na fhoill chaidh Satan 's an nathair lubaich  
'S le 'teanga bha e a' cainnt gu siubhlach.  
Le 'bhreugan dana rinn Eubh leis lubadh,  
'Us thug i dh'Adhamh am 'meas a chiùrr sinn.

Bu shearbh a nis dhaibh am meas nach d'fhag iad ;  
Bha iad nam ciomaich fo chis aig Satan.  
Bha 'm fiachan trom' 's iad gun bhonn gu'm  
paidheadh,  
'S bha'n lagh gan diteadh do phrìosan laidir.

Gu'n d'chail iad iomhaigh an Ti is airde  
'Us thainig uail annta 's fuath na h-aite.  
Thuit dhiu an gloir, 'us an comhdach aluinn,  
An trusgan eibhinn nach feumadh caradh.

Chail iad coir air 'n ait'-comhnuidh aluinn,  
'Us chaidh am fogradh ri'm beo gun dail as.  
Bu dluth an deoir 's iad le brou 'g a fhagail,  
Bha obair chruaidh romp're'n cuairt 'san fhasachs'.

B'e meas a bhais am meas dh'fhas an Eden.  
'S e 'rinn dhinn traillean 's a dh'fhag sinn deurach.

'S e thug oirnn plaighean us cradh us creuchdan  
Gur meas thug dith air gach ni fo'n ghrein e.

B'e meas an ardain e, meas an ainneirt,  
B'e meas na tarchuise, meas na h-aimhreit'.  
Gu'n toir e cairdean gu bhi nan naimbdean  
'S e 'chuir an Cain a smaointinn aingidh.

B'e meas na feirge, na ceilg, 's an fharmaid ;  
Meas a mhi-rian' e, 's nam miannan marbhtach,  
'S e 'bhrigh am puinnsean tha 'claidh an anama,  
'S bho bhreith tha i ann an cridh gach leanabain.

B'e meas nam mionn, an droch-ruin, 's nam  
breug e ;

B'e meas na truailleachd, 's na truaighe gheur e.  
'S e dh'fhag fo chorruich us mallachd Dhe sinn ;  
'S gur h-e thug Iosa gu bhi fo chreuchdan.

Is meas e 'thalaidh an raidean cli sinn ;  
Tha sinn gu dian 'dol gu piantan siorraidh.  
Ar cogais mhuch e, 's ar suilean mhill e ;  
'S gur h-e a dh'fhag sinn gun ghradh do Chriosda.

'S e 'thug ar ciall bhuainn 's ar riaghailt stiuiridh ;  
'S e dh'fhag mar luing sinn gun chroinn, gun  
siuil aic',

'S i air a fuadach sa chuan gun chursa,  
Fo mheinn gach stoirme, 's an fhairg' air  
tionndadh.

Bu bhochd an iomlaid a rinn thu Adhaimh  
'N la chuir thu dhìot t'eideadh rioghail aluinn



'S a chuir thu 'suas 'chulaidh dhuaichnidh  
ghraineil ;—

Bu luireach bhreun i de dh'eideadh Shatain.

Bu luireach shrachdt 'i gun dreach, gun dealbh  
oirr',

Cha robh innt' blàths 'us bha 'm bàs fo cearban.

Bu ni nach b'fhiach i gu dion an anama

Bho chlaidh'mh a cheartais 'tha lasrach, dealrach.

Gur dubh an suaicheantas anns na blaraibh

A bhratach ghruamach fo'n tainig Adhamh.

'N uair 'thig an t-Uan a thoirt buaidh le  
bhraithrean,

Gu'n tuit an sluagh a bhios foip', 's an araich.

O moladh dhasan a sheall 'n ar feum oirnn

'S a cheannaich slaint' dhuinn na ghradh le  
'chreuchdan.

Gach aon 'shliochd Adhaimb a ni ris eisdeachd

Bheir E do'n gharradh sin 's fearr na Eden.



## TROCAIR DHE DO DH'ADHAMH.

GU h-aingidh bhrìst ar parantan

'S a gharradh cumhnant Dhe,

'S orr' fein 'us oirne tharruing iad

Gach anshocair fo'n ghrein.

'S a mheas 'bh'air craoibh an eolais

Gu'n robh caoidh, 'us bron, 'us plaigh.

Bha gort, 'us fearg 'us leir-sgrìos ann,

Bha doruinn gheur ann 's bas.

Fhuair Adhamh gorach sealladh  
 Air an eallach 'bh'air a dhruim,  
 Gu'n d'chail e choir air Pharras,  
 'S fhuair a namhaid e fo chuing.  
 Bha chogais air a dusgadh ann  
 Mar mhaor o'n chuir is aird'  
 'S ag radh ris, Tha thu toiltinn  
 'Bhi gad chlaoidh 's tu aig a bhas.

Gu'n tug an leagadh bronach e  
 Gu bhi fo leon 's a pholl,  
 Bha fiachan trom r'am paidheadh aig',  
 'S cha robh aig' fairdinn lom.  
 'S an dorchadas bu mho bha e,  
 Dh'iath neoil uime iè gruaim.  
 Mu'n cuairt bha leoghuinn iargalta  
 'S b'e 'riasladh a bha bhuath'.

Tre'n leagadh thainig Adhamh  
 Gu bhi 'taillearachd an cuil ;  
 Oir chail e'n t-eideadh aluinn' bh'air,  
 'S bha nair air a bhi ruisgt'.  
 A mhaise chail e's fhirinteachd,  
 A naomhachd cridh' 's a shlaint'  
 'Us chail e 'chomunn solasach  
 Ri Rìgh na gloir', 'us adh.

Bhiodh Adh'mh am prìosan uamhasach  
 A'fulang truaigh gu brach,  
 Mur bhith gu'n d'sheall Iehobhah air  
 Na throcair mhoir 's na ghras.—  
 Chuir Dia an ceill, 's e 'geisdeachd ris,  
 Gu'n tigeadh Treunfhear ard

A bhruthadh ceann a Bhuaradair  
Gu buadhach ris an Iar.

Chreid Adhamh 's Eubh an sgeula so  
'S nan cridh' dhuig eibhneas suas ;  
Bha 'ghrian a risd a dearsadh ump',  
'S a sgaoileadh blaiths mu'n cuairt.  
Tre'n creideamh thainig slaint' thuca,  
'S fhuair iad do'n gharradh shuas,  
'S gur taingeal iad do throcair  
'S do'n Ti ghlormhor a thug buaidh.



### AR N-URRAS.

BHO IAIMH DHE 'N UAIR THAINIG ADHAMH  
Bha gach ailleachd gnuis aige ;  
Bha chridh' dileas lan de dh'fhirinn,  
Cha robh sniomh no lubadh ann.  
Comunn dluth bha aig r'a Thriath  
B'e iarrtas bhi toirt umhlachd dha ;  
Sona saibhir mar a b'aill leis,  
Cha robh càs no curam air.

Chunnaic Satan mar a bha e  
'S bha e lan de ghamhlas ris,  
Thug e ionnsaidh air gun dail,  
'S fo sgaile cairdeis mheall se e,  
Bha nis Adhamh an staid bhronaich ;  
Dh'fhalbh a ghloir's a shaibhreas bhuaith',  
'N cumhnant briste bha 'g a dhiteadh,  
B' e 'm bas siorruidh thoillteanas.

Gearr a chraobh a's thig gu lar  
 A geugan ard an nuas leatha.  
 Mar sin thuit sinn uile an Adhamh,  
 Thug e 'm bas le 'uamhas oirnn.  
 Rinn e oighreachan air bron dhinn,  
 Thug e coir do thruaighe oirnn.  
 'Dh'easbhuidh naomhachd tha ar nadar,  
 Tha sinn lan de thruaillidheachd.

Cliu do'n Ti tha uile-ghrasmhor,  
 Cliu gu brach bho dhaoine dha.  
 Cliu dha anns na neamhan arda,  
 Cliu 's gach ait de'n t-saoghal s' dha.  
 Cliu dha nach do dh'fhag E sinn  
 A dhol gu dith 'n ar n-aingidheachd.  
 Cliu dha, thug E gradh gun tùs dhuinn,  
 'S bheir E 'chuir nan ainglean sinn.

Mu'n robh cuan no talamh reidh ann,  
 Mu'n robh reul no iarmailt ann,  
 Mu'n robh aingeal seinn 's na neamhan,  
 Mu'n robh creutair riasant' ann,  
 Gheall am Mac an cumhant grais  
 Tigh'nn 'thoirt 'n ar n-aite riarachaidh ;  
 Tigh'nn a nuas a cheannach coir  
 Air gloir us solas siorruidh dhuinn.

'S an am iomchuidh thainig Ios',  
 Mar bha gach tir a' miannachadh ;  
 'S re a chuairt bha aobhar broin aig',  
 'S iomadh doigh 's an d'fhiachadh ris.  
 Cha robh daoine a faicinn mais' ann,  
 Ged bu phears' de'n Trianaid E ;

Bas ro-mhaslach thugadh dha,  
Bu mhor a chradh 's na h-iarruinn ann.

Thug E umhlachd do na h-aintean,  
'S ann 'n ar n-ait'-ne 'rinn E sin ;  
'S chaidh a chorruidh air a thaomdh  
'Thoill na caoraich chailte aige.

Anns a chupan rinn E ol  
Bha nimh gu leoir, le'r n-aing'eachd-ne,  
'Chur gu dith an t-sao'il gu leir  
'S na bha air neamh de dh'ainglibh leis.

'S daor a cheannaich E na peacaich  
'Bhris an reachd gu h-ailgheasach ;  
'S cha'n e ni 'bhaige r'a fhaotuinn  
'Thug do'n t-saogh'l gu'n tearnadh E.  
Cha robh mais' aig' annt' r'a faicinn,  
'S cha bhiodh tlachd gu brach orra.  
Bha gach aon a toiltinn truaighe ;  
'S gras bithbhuan thug slainte dhuinn.

Moch Di-luain dh'fhag Iosa 'n uaigh,  
Bha rìgh nan uamhas ciosnaichte.  
Ris na h-abstoil us E falbh bhuap'  
Ghabhail seilbh air 'n rioghachd aig',  
Thuirt E, " Rachaibh feadh an t-saoghail,  
'S bithibh saoitreach, dichiollach ;  
Thoiribh eolas anns gach aite  
Air mo ghradh neo-chriochnach-sa.

Do'n Ti chreideas bheirear saorsa  
Bho gach daorsa 's traillealachd ;  
Gabhar ris le Dia mar fhìrean  
'S m'èideadh fìor-sa 'dearrsadh air ;

Bheir an spiorad naomhachd cridh' dha,  
 'S cha bhi dith no failinn air  
 Ach an ti nach eisd rium ditear  
 'S tilgear sios le 'namhaid e.



### AM FEAR-SAORAIDH.

'FHIR 'thug d' aon mhac 'n ar n-aite  
 'Dh'fhulang bas a chroinn-cheusaidh,  
 Dean a cadal mo dhusgadh,  
 'S thoir dhomh tur agus leirsinn.  
 Thoir dhomh sealladh le curam  
 Air an eallach do-ghiulaint'  
 'Tha air m'anam 'g a mhuchadh,  
 Agus dluthaich riut fein mi.

Thoill am peacadh am bas dhuinn  
 'N uair 'thuit Adhamh an Eden,  
 'S bhiodhmaid cailte gu brach  
 Mur sealladh gras bho uchd Dhe oirnn.  
 Cliu do'n Ti sin 'thug gradh dhuinn  
 'S gu staid iosal a thainig  
 Gu ar fiachan a phaidheadh,  
 'S a thoirt slaint ann an neamh dhuinn.

B'e sin iognadh gach miorbhuil  
 A bha riamh fo na speuran,  
 'N dara pearsa de'n Trianaid  
 'Bhi cho miadhail mu'r deibhinn,  
 'S gu'n do ghabh E ar nadar  
 Ann an aonadh neo-fhail'neach

A thoirt umhlachd 'n ar n-aite  
'S 'cheannach slaint' dhuinn le eirig.

Cha b'i baintighearna phroiseil,  
Te le storas 'us eideadh,  
Fhuair de dh'urram a ghiulan,  
Ged bu chuirteil an ceum e.  
B'oigh 'bha saibhear, a mhathair,  
Ann an subhailcean nadair,  
Ach am bochduinn 'chaidh arach,  
'S a fhuair sarachadh 's deuchainn.

'N uair 'bha smaointinnean bronach  
An cridh' Ioseph mu 'cheile  
Thuirteadh ris ann am bruadar  
Gun 'bhi suarach mu deibhinn ;  
Gur h-e cumbachd bho'n Ard-Righ  
'Chuir gu miorbhuilleach sgail oirr'  
'S gu'm biodh mac aic' a thearnadh  
Sinn na ghras duinn bho leir-sgrios.

Thugadh ordagh mu'n tim so  
Leis an Iompaire, Cæsar,  
Daoine 'mheas anns gach rioghachd  
Agus tir bha 'toirt geill da.  
'Suas chaidh Ioseph, mar dh'aithneadh,  
'S a bhean chliuiteath a b'aile,  
'S iad le cheile 'shliochd Dhaibhidh,  
Gu bail' adhmhor Bhethlèhem.

'M feadh 's a bha iad 's an ait so  
Thainig la a mhor-eibhneis,  
Rugadh esan mu 'n d'innseadh  
Do ar sinnsreadh an Eden.

Feadh an t-saoghail, duil laidir,  
 Bha mu'n am s' ri Fear-tearnaidh,  
 'S crochte suas bha na claidhean,  
 Ann am blair cha robh feum orr'.

'S iad na buachaillean chaorach  
 'Bha 's na raointean le'n treudan  
 'Fhuair an naigheachd 's an oidhche  
 Ris an d'rinn iad an t-eibhneas.  
 Thainig teachdaire cinnteach,  
 'S thuirte e riu, "Tha mi 'g innse  
 Sgeula fìor a bhios binn dhaibh  
 Anns gach tir gus an teid e.

"An diugh rugadh dhuibh Slanaighear  
 Ann an stabull Bhethlehem.  
 'S gur h-e'n Tighearna Dia E  
 A tha riaghladh 's na speuran.  
 'S e'n t-Aon-Ungte bha priseil  
 Do na faidhean 's gach linn E.—  
 Rachaibh 's gheibh sibh e sinte  
 'S e gun ni ach brat-speilidh.

Bha na h-ainglean na'm miltean  
 A' dol cruinn air an reidhlean,  
 Ann an trusganaibh geala  
 'S iad ri caithream, lan eibhneis.  
 "'S binn a sheinn iad ag raitinn,—  
 'Gloir do Dhia anns na h-ardaibh,  
 Sith air thalamh 's gach aite,  
 'S gean us gradh do gach feumach."

'N uair a dh'imich na h-ainglean  
 Le'm binn-sheinn do na neamhan



Dh'fhalbh na buach'lean le solas  
 'S fhuair iad Ioseph 's a cheile.  
 Sint mu'n coinnimh lag, ainnis,  
 'S e gun tur ach na leanabh  
 Bha'n Ti 'chruthaich an talamh  
 'S a chuir anail 's gach creutair.

'N uair a thainig na druidhean  
 Do dh'Ierus'lem, gu h-eudmhor,  
 A thoirt aoraidh do Chrìosda,  
 Theich a shith bho rìgh Herod.  
 Chuir e roimhe na mhìorun  
 Gu'n grad-mhortadh e Iosa,  
 'S e fo eagal gu'n spionadh E  
 Bhuath' rioghachd Iudea.

'N uair a thugadh lan-chinnt dha  
 As a Bhiobul mu dheibhinn  
 Aite breith an Fhir-Shaoraidh  
 'Bha 's an t-saoghal ri eiridh,  
 Ris na druidhean os iosal  
 Thuirt e, "Iarraibh-se Crìosda,  
 'S 'n uair a gheibh sibh E, innsibh,  
 'S theid mi-fein dha a shleuchdadh."

'Dh'iarraidh Ios' chaidh na druidhean,  
 Siubhlach, sunndach, lan-eibhneis ;  
 Sheas an reul a rinn iul dhaibh,  
 'S fhuair iad Prionnsa nan Neamhan.  
 Air an gluinean a sìos da  
 Thug iad aoradh bho'n crìdh dha,  
 'S chuir iad tìodhlaicean priseil  
 Na laimh rioghail, 'toirt geill dha.

Labhair Dia ris na h-uaislean ud  
 Am brúadar mu Herod,  
 'S thuir E riu iad 'g a sheachnadh  
 'N am dol dachaidh 'Chaldéa ;  
 Thug E dh'Ioseph aithn' dhaingeann  
 E a dh'fhalbh leis an leanabh  
 Us le 'mhathair, gu h-ealamh  
 Sios do thalamh na h-Eiphit.

Bha rìgh Herod fo bhuaireadh  
 'N uair nach d'fhuaradh leis sgeula  
 Bho na druidhean mu Chrìosda,  
 'S e 'g a iarraidh gu 'reubadh  
 Am Bethlehem 's mu'n cuairt da  
 Mhort an t-Edomach uaibhreach  
 A chlann oga le luath-sgrìos ;  
 Bu bhinn-fhuaimleis an eubhach.

An tìr Pharaoh bha Ioseph  
 'Gabhaidh comhnuidh le 'cheile  
 Gus na leag am bas fhuar-lamh  
 Air rìgh cruadhaicht' Iudea.  
 An deigh sin ann an Nas'ret,  
 Baile suarach bochd taireil  
 Thogadh suas an Tì 'thainig  
 'Thoir gu grasmhor dhuinn reite.

'N uair a bhaisteadh le Eoin  
 Aig abhainn Iordain an Treunfhear,  
 Rinn an Spiorad a lionadh,  
 'S chualas binn-ghuth 's na speuran ;  
 Guth an Athar 's e graitinn  
 " Is e so mo mhac gradhach,

Earbaibh ris airson slainte,  
'S d'a uil'-ainteana lan-gheilibh."

Feadh Chlann-Israel Chaidh 'n Slanaighear  
'Cur gu grasmhor an ceill dhaibh  
Soisgeul glormhor na sith,—  
Grian na firinteachd dh'eirich !  
'Siomadh sarachadh fhuair E,  
Bu tric sgith'dol mu'n cuairt E ;  
Bha'n luchd-riaghlaidh lan fuath'dha,  
'S iad ga ruagadh 's ga bheumadh.

Fhad 's a bha E 's an t-saoghal  
G'um bu shaoth'reach mar leigh E,  
Ghabh E truas de na daoine  
Bha fo dhaors' ann an eucail.  
Thug E'n dall comas faicinn,  
Thug E'n bhodhar a chlaisteachd,  
Thug E'm fann gu bhi sgairteil,  
'S chuir E'm bacach gu leumraich.

Bha na spioradan graineil,  
'Bha do Shatan a' geilleadh,  
As na daoine neo-stolda  
Air am fogradh le 'threun-laimh.  
'S gu'n robh cuid diu'rinn fianuis  
Gu'n b'e'n Ti E 'bha 'riaghladh,  
'S bha sin soilleir o 'bhriathraibh :—  
Oh, na pian sinn, 's e 'dh'eubh iad.

Dh'eirich Iudas bho'n chaisg,  
'Us e ri Satan ag eisdeachd,  
'S reic E'n Slanaighear glormhor  
Airson oir nach d'rinn feum dha.

Thug e thairis gun nair E,  
 'Se le poig a cur failt' air,  
 D'a luchd-glacaidh, 's a gharradh ;  
 'S bha Caiaphas lan-eibhneis.

Bha nis Ios' aig a' naimhdean,  
 'S iad gu teann a toirt beum dha.  
 Chaidh a sgiursadh gu craiteach,  
 'S ri crann ard chaidh a cheusadh.  
 Bu ghoirt reubadh nan tairnean,  
 Anam naomh bha ga fhàsgadh  
 'S Athair 'falach a ghraidh air ;—  
 'S daor a phaidh e ar n-eirig.

'Thi tha'n cathair na gloire  
 Dean oirn trocair 's sinn feumach ;  
 Tha ar cridheachan graineil  
 'S bhristeadh d'ainteana gu leir leinn.  
 Thoir dhuinn Spiorad na firinn  
 'S dean ar n-aonadh ri Criosda.  
 Maith ar lochdan 'tha lionmhor,  
 'S biodh ar n-imeachd 's gach ceum leat.



### PRIONNSA NA SITH.

GLOIR us moladh do'n Ard-Rìgh  
 Nach do dh'fhag sinn fo dhiteadh  
 Airson aingidheachd Adhaimh  
 'Thug d'ar namhaid fo chis sinn.  
 Thug E seachad Aon gradhach  
 'Cheannach slaint' dhuinn le 'iobairt.

'N aite fasgaidh nam bruidean  
Rugadh Prionnsa na sithe.

Rugadh Prionnsa na sithe  
An staid dhiblidh gun ailgheas,  
'S bha e eolach air truaighean  
Re a chuairt anns an fhasach s'.  
Dh'fheum e teicheadh do'n Eiphit—  
Roimh rìgh Herod, 'na phaisde.  
Do dhaoin' iargalta'n t-saoghail  
Bha'm Fear-Saoraidh gun ailleachd.

Bha'm Fear-Saoraidh gun ailleachd  
'N sealladh ard a luchd-duthcha,  
'S iad 'g a ruagadh 's gach aite  
'S ga shior-chaineadh 's ga dhiultadh.  
Chaidh a ghlacadh 's a gharradh  
Leis a phairtidh 'bh' aig Iudas ;  
'S thug gach duine dha tamailt  
Ann an lathair na curtach.

Ann an lathair na curtach  
Chuireadh cul ris an t-Slanaighear.  
Air a Dhiadhachd uil'-ghlormhor  
Bha an fheoil a cur sgaile.  
Do na fianaisean breige  
Thugadh eisdeachd gu cairdeil ;  
Mar an leoghann, 's e riasladh,  
Bha'n luchd-riaghlaidh a b'airde.

Bha'n luchd-riaghlaidh a b'airde  
Guineach, dana lan fuath' dha.  
'S rinn na seirbhisich thrailleil  
Gu neo-sgàthach a bhualadh.

An Ti chruthaich an saoghal  
 'Us gach aon a th'air uachdar  
 'S dha'n robh ainglean ag aoradh  
 Bha clann-daoine 'cur suarach.

Bha clann-daoine 'cur suarach  
 An fhir thruacanta 'sheall riu' ;  
 'N fhir a thainig g'ar saoradh  
 'S sinn an daors' aig ar naimhdean.  
 Chaidh 'm Fear-Saoraidh a dhiteadh  
 Dh' aindeoin fhirinn 's a chaoimhneas ;  
 Chaidh a ghuaillean a rusgadh  
 'S chaidh a sgiursadh gu h-oillteil.

Chaidh a sgiursadh gu h-oillteil  
 Ged nach d'rinn E riamh eucoir.  
 Chuireadh sgarlaid 'us crun air  
 'S air an gluinean a sleuchdadh  
 Bha 'luchd-fuatha ag radh ris,  
 Gu ma slan righ Iudea.  
 Chuir iad smugaid na aodann ;  
 'S iomadh aon a thug beum dha.

'S iomadh aon a thug beum dha,  
 'S iad gun leirsinn nan truaghainn.  
 Dh'fhag an crann e fann bruite  
 'S e 'g a ghiùlan a suas leis.  
 Leis na tairnean chaidh reubadh,  
 'S chaidh a cheusadh gun truas ris.—  
 'S iad ar peacannan lionmhor-ne  
 'Chuir sint' anns an uaigh E.

Chuireadh sint' anns an uaigh E,  
 'S bha 'luchd-fuatha lan-eibhneis.

Fhuair iad cuibht' 'us am Firean  
 'Bhiodh 'g an diteadh nan eucoir.—  
 Cha do chumadh fo chis e  
 Leis an rìgh sin dha'n geillear ;  
 Moch Di-luain thug E buaidh air,  
 'S as an uaigh rinn E eiridh.

As an uaigh rinn E eiridh,  
 'S e gun chreuchdan, gun leon air ;  
 Chuir E 'chaoraich ri 'cheile,  
 'S ri 'ghuth dh'eisd iad le solas.  
 Chaidh E suas mar-ri Athair,  
 'S shuidh E'n cathair na glorach ;  
 'S tha E 'cuireadh g'a ionnsaidh  
 Cinnich 's Iubhaich 'n a throcair



## IRIOSLACHADH CHRISDA

EIRICH, anaim neo-bhasmhoir,  
 Seall an aird ris an Triath  
 'Cheannaich coir dhuit air aite  
 'N tir an aidh mar-ri Dia.  
 Rach a dh'ionnsaidh Chalbhari,  
 'S chi thu, ard air an t-sliabh,  
 Far'n do chuireadh gu bas E,  
 'S iad ga aicheadh gun chiall.

Ged a bha E bho Shiorruidheachd  
 Anns an rioghachd bu mho,  
 Cha do dhiult E le tamailt  
 Tigh'nn g'a arach le oigh.—

Ma 's e bean 'thug am bas oirnn  
 'S bean 'thug Slanaighear oirnn ;  
 Ghiulain Moire tri raithean  
 Mac do dh'Ard-Rìgh na gloir'.

Ged a bha i 'n t-sliochd rioghail  
 Cha robh ni aig an oigh ;  
 'N aite fasgaidh nam bruidean  
 'Rugadh Prionnsa na gloir'.  
 Fhuair na buach'llean E sinte,  
 'S e gun riomhadh 'g a choir,  
 Anns a phrasaich an uaigneas,  
 Bha'n leab' suarach gu leoir.

Fo'n lagh 'bhrìst sinn an Adhamh  
 'S a thug bàs oirnn us truaigh',  
 Thainig Prionnsa na slainte,  
 Ann an aite a shluaigh,  
 'Thoirt do cheartas an riarachaidh  
 Bh' air iarraidh leis bhuath',  
 'S a thoirt umhlachd neo-fhailneach  
 Do na h-aintean re 'chuairt.

'N uair a ghabh E ar nadar  
 Chuir E sgail air a ghloir  
 Rinneadh dimeas us tair air,  
 'S e gun aite, gun doigh.  
 'S iomadh aon 'bha toirt fuath' dha  
 'S bha gu cruaidh air a thoir.  
 Bha E eolach air tart  
 Air sgios, air acras, us bron.

Corruich Dhe chaidh a dhortadh  
 Air gun sòradh 'n ar n-ait' ;



B'eallach trom air gach doigh i,  
 Thug i bron air us cradh.  
 Ann an gàrradh an t-sleibhe  
 Bha gach feith dheth 'n cruaidh-spairn,  
 'S anam naomh ann an doruinn,  
 Bha E bronach gu bas.

Thug E seachad mar iobairt  
 A chorp priseil air crann,  
 'S uile lochdan a shluaigh air,  
 Eallach uamhasach, trom.  
 Phaigh E'n cheartas neo-chriochnaicht  
 'Na bha dh'fhiachan aig' oirnn'.—  
 M'anam seall air a ghradh dhuit,  
 'S bith'm gach la dha tigh'nn beo.

'S ann air seachduin na caisge  
 'Chuireadh lamh ann an Criosd.  
 Dh'eirich Iudas gu dana  
 'N uair chaidh Satan na chrìdh  
 Chaidh e 's ghlac e gun sgàth E,  
 'S e 'cur fault' air le foill.—  
 Reic e anam 's a Mhaighstir,  
 'Us cha b'fheaird e na buinn.

'N uair a ghlacadh an Slanaighear  
 Theich a chairdean gu leir,  
 'S iad gun chuimhn' air an gealladh  
 A dhluth-leanachd 's gach ceum.  
 Ann an talla Chaiaphais,  
 'S mionnan graineil na' bheul,  
 Dh'aicheadh Peadar gu dalma  
 Gu'm b'fhear-leanmhuinn air e.

'N uair a bha E air beulaobh  
 An luchd-riaghlaidh 'sa chuir,   
 Thug gach duine dha tamailt  
 Mar neach taireil nach b'fhiu.  
 Chaidh a chaineadh mar mhealltair  
 'Bha ri call feadh na duthch' ;  
 'S ann am feirg a luchd-fuatha  
 Chaidh a bhualladh le duirn.

Thugadh Iosa gu Pilat  
 Le 'luchd-mioruin gun truas,  
 Siad gu guineach ag eubhach  
 Ceus E, ceus E gun truas.  
 Thug am breitheamh gun fhirinn  
 A cheart-bhinn a bha bhuath' ;  
 Ged bha 'chridhe 'ga dhiteadh  
 Thug e Ios' da luchd-fuath'.

Chaidh a sgiursadh gu guineach  
 Le trom-bhuillean mar thrail ;  
 'Fhuil bho 'chreuchdan gu siubhlach  
 Bha 'ruith dh'ionnsaidh an lair.  
 Chuir na saighdearan suarach  
 Ceannard buadhach na slaint' ;  
 Rinn iad fanaid mar righ air,  
 'S iad gun suim ac' de 'chradh.

Bha 'chrann ceusaidh r'a ghiulan  
 Aige dh'ionnsaidh nam beann ;  
 Dh'fhag an t-eallach sin bruit' E,  
 'S E le 'sgiorsadh lag, fann.  
 Chaidh a sparradh le ord ris  
 Le 'luchd-foirneirt gu teann ;

Bha 'fhuil luachmhor 'ga dortadh,  
'Se an doruinn 's gach ball.

'Measg nan ciontach chaidh aireamh,  
Ged a bha E gun gho ;  
Cheusadh mar-ris da mheirleach,  
Thugadh tair dha 's gach doigh.  
'S iomadh aon a bha 'g eubhach,  
'Saor thu-fein ma 's tu Críod ;  
Thig a nuas dhe'n chrann-cheusaidh,  
'S bheir sinn geill dhuit mar rígh.

'N uair a ghlaodh E 'bhi páiteach  
Deoch a b'fheaird E cha d'fhuair ;  
'S e fion-geur agus domblas  
Chaidh a thairgse dha 'suas.  
'N fhearg a dh' fhaodadh 'bhi oirne  
'N aite bhroin us na truaigh',  
Bha mu 'cheann-san a dortadh,  
'S E an doruinn 'bha cruaidh.

Chaidh a ghrian 'bha 'toirt soluis  
Ann am falach le gruaim  
'N uair a chunnaic i'n diol  
A bh'air a Triath le droch shluagh.  
'N uair thug Iosa 'suas anam  
Chrith an talamh mu'n cuairt ;  
Bha na creagan a sgealbadh  
'S dhuisg na mairbh as an uaigh.

Leis a chomhairlich' fhiachail  
Chuireadh Ios' anns an uaigh,  
'S bho Dhi-sathuirn' na shineadh  
Bha E innt' gu Di-luain.

Ach air maduinn an la sin,  
 Air a bhas thug E buaidh,  
 As an uaigh rinn E eiridh;  
 'S thainig eibhneas gu shluagh.

Chunnaic daoine gu glormhor  
 Air na neoil E 'dol 'suas  
 Dh'ionnsaidh cathair na morachd  
 'Mhealtuinn solais bith-bhuan.  
 Dhoirt E 'n Spiorad, mar gheall E,  
 La na Caingis a nuas,  
 'S dh'fhalbh na h-Abstoil gu h-eudmhor  
 A thoirt sgeul air do shluagh.



### DOILLE NAN IUBHACH.

'NUAIR a thainig an Ti  
 A thug bith do gach ni  
 'Ghabhail comhnaidh 's an tir s' re uine  
 Bha 'leap suarach gu leoir,  
 'S e na naoidhean gun treoir,  
 Cha robh baintighearnan proiseil dluth air.  
 'S iomadh allaban sgith  
 'Fhuair a mhathair 'g a dhion,  
 Dh'fheum i ruith leis bho thir a duthchais.  
 Fhad 's a bha E 's an fheoil  
 Bha E eolach air bron ;—  
 'S e ar peacadh-ne 'leon 's a bhruth E.

Cha robh mais' air no loinn  
 Cha robh tlachd air no aoibh

Ann an sealladh sluagh aingidh 'dhuthcha.  
 Cha bu leir dhaibh fo'n chleochd  
 'Bha 'cur sgail' air a ghloir,  
 Gu'n robh'n doille bu mho 'g am muchadh.  
 Cha do bheachdaich iad riamh  
 Gu'n robh 'cheartas gun ghiamh  
 'S nach robh peacadh na ghniomh r'a chunntas,  
 Air an cridheachan cruaidh  
 'Bha lan farmaid is fuath'  
 Cha robh 'fhirinnean buan a drughadh.

Ged a bha E an toir  
 Air an tearnadh o bhron  
 'S an toirt mar-ris gu gloir a luchairt',  
 'S ged a b'ail' E na ghrian  
 Ann an airde nan nial  
 Tigh'nn fo sgailibh a sgiath'n cha b'fhiu leo.  
 Thuirt iad ris gu'm bu shaor  
 E gun bheairteas gun mhaoin,  
 'S gu'm bu Ghalil'ach claon gun tur E ;  
 Gu'm bu chompanach gaoil  
 E do pheacaich 's do mhaoir,  
 'S nach robh meas air aig daoine cliuiteach.

Thuirt iad ris gu'm b'fhear-poit'  
 E 'bhiodh suidhe mu'n bhord  
 Ann an comunn ri geocaich bhruideil ;  
 Gur h-e droch dhuine 'bh'ann  
 'Bha 'cur creidimh air bhonn  
 'Bheireadh sgrios air an teampull Iudhach ;  
 Gur h-e'n Diabhol a bha  
 'Toirt a chomasan dha

'S gur h-ann 'bha E na phlaigh 's an duthaich.  
 Bha iad aineolach, coirbt'  
 Bha iad an-iochdmhor doirbh,  
 Bha iad ceannasach borb 'ga dhiultadh.

Ged bha oibribh gach la  
 Nochdadh caoimbneis us graidh,  
 'S e 'fhuil 'dhortadh gu lar 'bha 'run orr'  
 An dubh-mhealltair gun nair'  
 Thog na adhaidh a shail,  
 'S chaidh a ghlacadh'sa gharradh chubhraidh.  
 Rinneadh tair air mar fhaidh',  
 Chaidh a dhiteadh gu bas,  
 'S chaidh le buillean gun bhaigh a sguirsadh ;  
 Le ord guineach gu teann  
 Chaidh a sparradh ri crann,  
 Fuil na reit' troimh gach toll bha 'bruchdadh.

Gu'm b'e 'n t-ioghantas mor  
 'N Ti 'bha 'n cathair na gloir'  
 'Thigh'nn a nuas anns an fheoil g'ar n-ionnsaidh ;  
 Moladh siorruidh biodh dha  
 Airson seasamh 'n ar n-ait',  
 Fhuair Ecoir dhuinn air slaint' le umhlachd.  
 Chuir E gaisgeil am blar  
 'S ged a thuit E gu lar  
 Dh'fhag E 'naimhdean 'san araich ciuirte.  
 Air a bhas thug E buaidh,  
 Dhuisg E slan as an uaigh,  
 'S ann an neamh chaidh mar dhuais a chrunadh.

Thaisbein Iosa 's gach doigh  
 Gu'm b'e Dia anns an fheoil ;

Chaidh a mhiorbhuillean mor thar cunntas,  
 Thug E leirsinn do'n dall,  
 Do na bhalbh thug E cainnt  
 'S chuir E spionnadh san fhann bhoehd, thursach ;  
 Chaidh an fhairge gu sith  
 'N uair a labhair E rith' ;  
 Thug na tuinn mar an Rìgh dha umhlachd.  
 Na droch-spioradan ghluais  
 Mach air fhacal a sluagh,  
 Us na mairbh rinn E suas a dhusgadh.

'Dhe, seall oirnne 'nad ghradh,  
 'S na leig leinn 'bhi ri tair  
 Air an Ti 'thug 'n ar n-aite umhlachd.  
 Thig do'n ghleann so le d'shlaint'  
 'S cuir air ghluasad gach cnamh  
 A th'air tiormachadh bàn gun sugh annt'.  
 Seid orr' anail nan gras,  
 Thoir air feoil orra fas,  
 Agus uisgich bho neamh le druchd iad.  
 Thoir orr' eiridh 'suas slan  
 Nan treun-armailt gun sgàth  
 A bhios dileas 's gach blar d'am Prionnsa.



## BREITH PHILAIT.

AM breitheamh dan ann am prois a chridh'  
 Air cathair aird shuidh 'thoirt breith air Ios'.  
 Bha ard-dhaoin' uasal gle-thiugh mu'n cuairt-dha,  
 'S nan suil bu shuarach 'bha Prionns' na sith'.

A bhean chuir teachdaireach thuige, 'g radh  
 Na bean do'n fhirean a tha nad lath'ir.  
 Le sealladh uamhasach ann am brудар  
 Bha mise truagh dheth 'n diugh air a sgath.

An sluagh nan ceudan, 'siad lan de dh'fhuath  
 Gun sgur bha 'g eubhach a mach gu cruaidh  
 Bi 'd'dhuine dileas air taobh ar n-Iompair',  
 Dean Iosa 'dhiteadh, 's na feuch dha truas.

Am breitheamh morchuisseach bha na thrail  
 Do'n fhirinn oirdheirc cha robh aig gradh  
 Cha'n fhacas ni leis 'bha cearr an Iosa  
 Gidheadh b'i 'bhinn gu'n cuirte E gu bas.

A mortair milteach a thoill 'bhi 'n sàs  
 Chaidh as a phrìosan a liubhairt slan ;  
 'S chaidh Iosa 's giursadh le buillean druidhteach,  
 Bha'fhuil gu siubhlach a' ruith gu lar.

An Ti le'mhiar a rinn tir is cuan  
 'S bho thùs 'bha riaghladh am flaitheas shuas  
 Bha daoine'reubadh le tairnean geura ;  
 Chaidh Iosa 'cheusadh ri crann gun truas.

Thug Iosa buaidh air gath fuar a bhais ;  
 Cha d'chum an uaigh E ach la no dha.  
 Roimh sholus greine Diluain gu'n d'eirich E  
 'S e gun chreuchd air, ach leigh'ste, slàn.

An diugh tha Iosa bho 'rioghachd aird  
 A'sealltuinn 'nuas oirnn le truas gach la,  
 'S 'g radh, Pheacaich bhronaich do chridh 'thoir  
 dhomhsa  
 Us bidh tu beo leam an gloir gu brach.



## MOLAMAID IOSA.

O MOLAMAID an Ti sin  
 Do 'n tir so a thainig  
 A cheannach le 'fhuil phriseil  
 Dhuinn siochaint, gu grasmhor.  
 'S a bhaile san taigh-osda  
 Do 'n oigh cha robh aite  
 'S a phrasaich 'sann a fhuair  
 Na caomh-bhuach'lean an Slanaighear.

Bha Herod air a bhuaireadh  
 'N uair 'chual e gu'n tainig  
 An Ti a chaidh a ghealltainn,  
 'S gu teann thug e aithne  
 Do dhaoine iad a spionadh  
 Bho chiochan am mathar  
 Gach naoidhean am Bethlèhem  
 'S an reubadh le 'n claidhean.

'N uair thoisich am Fear-Saoraidh  
 'Measg dhaoine air imeachd  
 'G an teagasg 'us 'gan tearnadh,  
 A naimhdean dh'fhas lionmhor.  
 Na sagartan gu h-araid  
 Bha 'g àrach dha mioruin  
 'S a teagasg gu'm bu mhealltair  
 A thoill' chur gu dith E.

Bhrath Iudas e gu h-aingidh  
 'S gu teann rinneadh greim air,  
 Chaidh 'dhiteadh leis an uachd' ran  
 Neo-thrucanta, fheineil.

An Ti a rinn an saoghal,  
 Bha daoine 'ga 'reubadh.  
 Chaidh 'sgiursadh leo gu h-oillteil  
 'S air craoibh chaidh a cheusadh.

'S e peacannan a shluaigh  
 'Thug a nuas bho staid aird E.  
 Ghabh E uil' air fein iad  
 'S gu'm b'eire iad 'bha graineil.  
 A nis bho chathair ghlormhoir  
 'Na throcair ruinn tha E  
 'G radh,—“Seallaibh rium 'us bidh sibh  
 'N am rioghachd gu brach leam.

'S e 'n toiseach E, 's e chrìoch E,  
 Ged chinn E shliochd Adhaimh,  
 'S e 'n leoghunn a thug buaidh E,  
 'S e 'n t-Uan a fhuair bas E,  
 Gur Sagairt E, 's gur rìgh E  
 Nach diobair a chairdean,  
 'S gur faidh' E tha na throcair  
 Toirt eolais' na slaint dhuinn.

'Dhe, seall ad chaoimhneas ormsa  
 An dorchadas tha mi,  
 Le d'Spiorad thoir dhomh leirsinn,  
 Thoir speclair nan gras dhomh.  
 'S gu'm faicinn am Fear-Saoraidh  
 'Na naomhachd 's na ailleachd,  
 'S gu'm bithinn a toirt aoraidh  
 Gun chaochladh gu brach dha.



## MOLADH AN LEIGH.

Do'n Lighich' le 'bhas 'fhuair slaint' dhuinn 's  
sonas,

Gach la biodh moladh 'dol suas

Gach aon a fhuair sgeul air eifeachd fhala

Le bheul mu 'mhaitheas biodh luaidh.

Bha sinne 'n ar traillean graineil, salach,

Is lan de gbalairean buan,

'Sa siubhal le'r naimhdean aingidh, foilleil,

Gu teann 'n ar doille do thruaigh'.

'N Ti 'chruthaich an speur, mhuir reidh, 'san  
ealamh,

Am feur, an t-anam, 's gach ni ;

'S bha 'faotuinn ard chliu an cuirt nan aingeal,

Re uin' bha fanachd 's an tir s'.

A' cheannach dhuinn slaint' ar nadar ghabh E,

'S air cradh bha aithn' aig' 's air ogios

Bha daoine mi-naomh an t-saogh'l nan doille,

Dha 'faotuinn coire gu dian.

Na h-Iubhaich, gun tur chuir cul gu buileach

Ri'm Prionns' s E 'fulang nan ait

Chaidh 'dhiteadh gun truas le 'n uachd'ran  
carach

Tre fhuath nam Pharasach ard.

Chaidh aodach 'thoirt nuas 's bu chruaidh na  
buillean

'Fhuair guailibh curaidh na slaint',

Chaidh sgitheach nan gleann gu teann a' sparradh

Mu 'cheann le fanaid us tair.

Chaidh 'cheusadh le 'naimhdean aingidh neamhail  
 Ri crann an sealladh nan ceud.  
 Bha gathan a bhais dol' sas na chridhe  
 S 'fhuil bhlat' a sileadh gu reidh  
 Am peanas a thoill ar n-aingidheachd dhuinne  
 Ga caoimhneil dh'fhuiling ar Leigh ;  
 Ar peacannan graineil bha air uile ;  
 A ghradh co 'chuireas an ceill ?

Aig Lighich' na gloir tha'n t-eolas barraicht'  
 Air leoin us galairean sluaigh ;  
 Gu'n glan E bho chreuchdan breun an t-anam,  
 Tha eifeachd fhala do-luaight.  
 Tha chridhe lan baigh 's gu brach cha chuir E  
 A lathair duine le gruaim.  
 Gu saor bheir E slaint' do thraillean falamh  
 Le gradh a sheallas ris suas.

Ri daoine 's gach ait 'bu bhaigheil 'bhuin E  
 'N uair 'bha E fuireach 's an t-saogh'l,  
 Gur h-iomadh neach truagh a fhuair a sheall-  
 adh  
 'S bha 'luaidh 's gach baile mu 'ghaol,  
 Na lobhair 'bha 'cnamh gu bas le'n galair  
 Gu'n d'fhag E fallan gun ghaid ;  
 'S na spioradan graineil, dan' gu h-ealamh,  
 Air aithne dhealaich ri daoin'.

'N uair 'thig latha 'mhoid 'bhiosmor le chumhachd  
 Thig beo gach duine de 'shluagh,  
 'S gach aon diu gu brach bidh slainteil, fallan,  
 Cha 'n fhagar galair riu fuaight'.

Gach aon leis an aois 'bha aodann preasach  
 'S a dh'aom leath' thairis do'n chill  
 Bidh aidhearach glormhor, og, gun deireas,  
 Is ceolmhor, ceileireach, binn.

Gur sona na daoine 'fhuair saors' o'n mhallachd  
 'S le gaol 's an t-solus 'tha 'gluas'd,  
 An Ti 'thug dhaibh slaint' tha ghnath nan seall-  
 adh  
 'S an fhasach ainsheasgair fhuar.  
 Ged tha iad an drast an cradh 's a gearan  
 Bidh slainte mhaireann ac' shuas.  
 Cha'n fhaicear an gloir na deoir a' silleadh  
 Tre dhoruinn cridhe le gruaidh'n.



## GRIAN NA FIRINTEACHD.

'N UAIR dheirich Grian na Firinteachd  
 Le 'gathan dileas blàth,  
 Bu mhor a bha de dh'fheum oirre,  
 Bu deisneach cor gach ait'.  
 Na cinnich bha gun eolas air  
 Iehobhah 's a lagh ard,  
 'S na h-Iubhaich nam fein-fhirinteachd  
 Bha sealltainn sios air gràs.

'N uair dh'eirich i bha gairdeachas  
 Air ainglibh arda Dhe,—  
 Gu'n tainig pairt gu talamh dhiu,  
 'S cliu caitheamach nam beul,

A dh'innse do na buachaillean  
 'Bha 'cuartachadh an treud,  
 Gu'n d'eirich i le slaint' innte  
 Do shluagh gach ait fo'n speur.

'N uair dh'eireas Grian na Firinteachd  
 Air peacach diblidh suas  
 Gu'm faic e chiont 's a ghrainealachd  
 'S a thraillealachd 's a thruaigh.  
 Gu'm faic e mar a bha e  
 'Deanamh tair air fuil an Uain,  
 Gun smaointinn air an t-siorruidheachd  
 'S e 'dol gu prìosan buan.

Gu'm faic e gradh an Fhirein sin  
 A sheas cho dian na àit  
 Fo'n chorruch sheirbh ro-dhoruinnich,  
 'Dh'fhag bronach e gu bàs.  
 Gu'm faic e luach na fala sin  
 D'a anam cheannaich slainnt',  
 'S a leigh 'seas bho gach galair e  
 Tha'm falach ann 'g a chnamh.

Gu'm faic e neart a ghairdein sin  
 A thug air Satan buaidh  
 'S a bhrìst gach ceangal laidir  
 'Bh' aig a bhas air anns an uaigh,  
 Gu'm faic e gloir na gnuise  
 Air 'n do rinn na h-Iubhaich tair,  
 'S na lath'ir bidh sòlas cridh' aige,  
 Gu'm fas e tinn le gradh.

Gu'n cuir e cul ri diomhanas  
 'S theid e gu dian air ghluas'd

Gu baile maiseach Shioin  
 Anns a bheil an Ti thug 'buaidh.  
 Ged gheibh e iomadh sarachadh  
 'S an fhasach thioraim chruaidh,  
 Cha 'n iarr e 'bhi mar b'abhaist dha,  
 'S an Eiphit ghraineil thruaigh.

Le 'armachd dhealraich fhior-mhaith  
 Theid e sios do'n stri' gu teann.  
 Le laimh chuir Iosa 'n fhireantachd  
 A bheir dha sith, mu chom.  
 Tha'n sgiath sin aige mhùchas  
 Saighdean teinnteach dluth ar naimh ;  
 'S tha claidheamh geur an Spioraid  
 Gu neoghioragach na laimh.

Fo dhearrsadh Grian na Firinteachd,  
 'S a chridh' bidh sìth a fas  
 Gu'n toir i 'reothadh millteach as  
 'S gu'n lion i e le blàths.  
 Gu'm fuadaich i as aineolas  
 Is anshocair gu brach.  
 'S gu'n deasaich i's gach doigh e  
 Airson gloir' an tir an aidh.

Gu'n eirich Grian na Firinteachd  
 Air sluagh gach tir 'fo'n speur,  
 Le slaint' aice na sgiathaibh,  
 'S mar laoigh bhiat' theid iad gu leum.  
 Gu'm faic na cinnich fhiabhaich i,  
 'S gu'm miannaich iad a blàths ;  
 Gu'm faic na Turcaich bhruideil i,  
 'S na h-Iubhaich dhall, 's gach ait.

Na neart bidh Grian na Firinteachd  
 A' dearrsadh 'n tir na gloir',  
 Cha'n fhaicear aomadh tearnaidh oirr',  
 'S cha tig oirr' sgail no neoil.  
 'S an tir sin cha bhi dorchadas  
 No fuachd no stoirm no ceo ;  
 'S cha bhi aon neach fo eislean ann,  
 No sgios no creuchd no bron.

A Dhe 'tha iochdmhor, fàbharrach,  
 Seall orms' ad ghras bith-bhuan.  
 Do Spiorad dean a dhortadh orm,  
 'S thoir beo mi as mo thruaigh'.  
 O feuch dhomh gloir na greine sin  
 'M Bethlèhem 'dh'eirich suas,  
 Is biodh a gathan grasmhor  
 A tigh'nn orm gach la a nuas.



### CUIREADH AN T-SLANAIGHEIR.

THIGIBH am ionnsaidh, tha Iosa 'g ràdh ruinn,  
 'S bheir mi gu grasmhor dha'r n-anam sith ;  
 Ged 'tha 'ur grainealachd dearg mar sgarlaid  
 Mar shneachd an fhasaich gu'm fag mi sibh ;  
 Bidh mi'n am bhuchaille re 'ur cuairt dhuibh  
 'S bho'r naimhdean fuathach ni mi'ur dion.  
 'S aig la'ur bais bheir mi seilbh air ait' dhuibh  
 'S an rioghachd adhmhoir a tha gun chrìch.

A pheacaich thruaillidh nach toir thu cluas dha,  
 Neach dean thu gluasad is dol na dheigh.



Cha bhi thu buan anns an t-saoghal thruagh so,  
 Gur gearr an uair gus an tig an t-eug.  
 Ma's ann an storas a tha do shuaimhneas  
 Gur bochd a bhuannachd dha'n tug thu speis !  
 'N uair theid do ruagadh le rìgh nan uamhas  
 Cha toir thu'n uaigh leat ni 'ni dhuit feum.

Ged 's e do stòras do shòlas inntinn  
 'S tu 'deanamh iomhaigh dheth 'd'chridhe breum  
 Cha cheannaich miltean dha d'anam sìochaint  
 'N uair 'bhios do bhinn air a' cur an ceill ;  
 Le Ananias agus Sapphira  
 Bidh tu gu sìorruidh fo dhiteadh Dhe  
 Le Iudas sanntach a reic a Mhaighstir  
 Bidh d'anam aingidh a' fulang pein.

Na rach le d'ghoraich a sìos gu doruinn  
 A diultadh trocair bho lamhan Dhe,  
 Na creid an Diabhol, na eisd r'a bhriathran  
 'S e 'tha e'g iarraidh do thoirt leis fein.  
 Thig agus imich le d'uile dhìchioll  
 An sligh' na Firinn tha dìreach, reidh.  
 Dean fuireach innte ged gheibh thu dimeas  
 Bho luchd do mhioruin nach tig a'd'dheigh.

Tha Criosda 'tairgse gun airgiod dìolaidh  
 Do'n neach a's diblidhe 'tha fo'n ghrein  
 An t-uisge beo sin a chaisgeas iotadh  
 'S am mana fìor air am beil aig' feum.  
 Cha daoine saibhir a thagh 'ar Slanaighear  
 'Dhol do gach aite mu 'ghradh a dh'inns',  
 Ach daoine 'bha suarach an sealladh uaislean  
 'S 'bha cleachdte ri cruadal air cuan is tìr.

Cha'n ann le morchuis a gheibh sinn eolas  
 Air 'n t-sligh' 'tha 'treorachadh 'dh' ionnsaidh  
 Dhe

Cha daoine laidir gun lot, gun fhailinn  
 Ach daoin' neo-shlainteach a dh'iarras leigh.  
 Gach aon 'tha'n trocair a cur a dhochais  
 Tha leointe, bronach 's a faicinn fheum',  
 'S e 'bhi an Criosda lan-shaor o dhiteadh  
 Is Dia an sith ris air 'bheil a dheigh.

Ged bha an Slanaighear 's an staid a b'airde  
 Gu grasmhor thainig E 'nuas do'n tir s',  
 Ghabh E ar nadar, sheas E 'n ar n-aite,  
 'S ar n-eirig phaigh E le fuil a chridh'.  
 Nach faic thu'n gradh 'th'ann, a pheacaibh  
 ghraineil,  
 Tha doimhne's airde ann nach gabh inns'.  
 'S ann airson dhaoine nach robh 'toirt gaoil dha  
 'S a thoill 'bhi'n daorsa a dh'fhuing Ios'.

Gur mor an suaimhneas a th'aig' an t-sluagh  
 sin  
 'Tha 'dol le cruadal troimh'n turas sgith.  
 An Spiorad glormhor nan cridh' tha chomh-  
 nuidh  
 S a toirt dhaibh eolais air mais' an Righ.  
 Ged gheibhear cradh leo, bidh iad ri gaird'chas,  
 Tha ac' 's an t-Slanaighear a h-uile ni,  
 'S cha dealaich amhgbar no gort no claidhean  
 No doimhn' no aird' iad bho ghradh do-innst'.

Tha grian na firinteachd oirnn air eiridh,  
 'S tha slaint' fo sgeith aice do gach sluagh ;

A ghaoithibh seidibh an naigheachd eibhinn  
 Do thiribh ceine thar tonnaibh 'chuain.  
 A Dhe na gloire seall oirnn an trocair,  
 'S buin as ar feoil an cridh' reota cruaidh ;  
 Thoir sinn gu geill 'thoirt do'n Ti chaidh 'cheusadh  
 'S gu 'bhi le speis dha na chomunn 'gluas'd.



### SAORSA TRE FHUIL AN UAIN.

APHEACAICH gun sgàth nach faic thu am bàs  
 'Tigh'nn dluth ort gach la le 'gheur-ghath ;  
 Cha'n fhad 's am bi thu gun aithne, gun tùr,  
 'Nad shineadh 's an uir gun leirsinn.  
 Do chridhe gu dluth bidh 'leaghadh gu smur  
 'S do theange gun luths fo d'dheudaich ;  
 Bidh durragan granda gabhail an sath  
 'S do chorp uile graineil deisneach.

Ma 'bheirear thu'n chill's tu fuathachadh chriosd'  
 Do thruaighe neo-chrìochnaich theid thu.  
 Dhiot ruisgidh am bas gach comhdach a tha  
 An diugh ort mar sgaile breige,  
 Is chi thu le fiamh gach olc'rinn thu riamh  
 'S tu 'diultadh do mhiannan 'threigsinn ;  
 Bidh d'anam bochd truagh a' gearan gu cruaidh  
 Mar 'bhuilich thu cuairt do reise.

Tha Criosda gu saor a tairgs' do gach aon  
 'Tha 'glusad an saogh'l nan deur so  
 A pheacannan graineil 'mhathadh gu brach  
 Ma thig e fo sgail' a sgeithe.—

'S E tobar na slaint' 'chaidh fhosgladh le gradh  
 Do dhaoine bochd paiteach creuchdte ;  
 'S E 'charraig nach aom, tha dion ann do dhaoin'  
 A dh'aindeoin gach gaoith a sheideas.

An coicheangal grasmhor chaidh E'n ar pairt,  
 Gu h-iriosal phaidh E'n eirig ;  
 Fo'n mhallachd'n ar n-ait'-ne dh'fhuiling E'm bas,  
 'S bu shoilleir a chràdh do cheudan.  
 Le daoine gun truas chaidh 'sgiursadh gu cruaidh  
 Bha fhuil ruith gu luath troimh 'chreuchdan.  
 Bha sgitheach nan gleann'ga fhitheadh mu'cheann  
 'S na biorran gu teann 'g a reubadh.

Gu'n d'ghiulain E'n crann ri aodann nam beann,  
 Bu lag agus fann a cheum leis,  
 Chaidh 'thogail an aird 's e uil' ann an cradh,  
 Le bioradh nan tairnean geura.  
 Am falach chaidh 'ghrian 'n uair chunnaic i  
 'Triath

'Dol bas air an t-sliabh an eigin.  
 Chrith 'n talamh gu garbh, na creagan cruaidh  
 sgealb,  
 Dhuisg cuid de na mairbh is dh'eirich.

Nach faic thu an sluagh do chala nam buadh  
 A fhuair thar nan stuadhan beucach.  
 Tha sonas is sith a lionadh gach cridh',  
 'S cha sgarar iad 'chaoidh bho 'cheile.  
 Tha'n truaighean aig crich, tha cruinn air an cinn,  
 Gu binn tha iad 'seinn le eibhneas,  
 'Toirt molaidh is cliu 'dh'Fhear-saoraidh an ruin  
 'Thug sabhailt' 'g a ionnsaidh fein iad.

'N uair 'theann iad ri falbh bha'n t-slighe dhaibh  
 dorch,  
 'S mu'n cuairt dhaibh bha'n stoirm a' seideadh ;  
 Gu'n robh iomad ni 'cur eagail nan cridh',  
 Bha'm peacannan lionmhor eitidh ;  
 Chaidh sgapadh 's na neoil 'bha cur orra sgleo,  
 Is chunnaic iad gloir an Treunfhir ;  
 Le creideimh na ghradh 's na umhlachd nan ait',  
 Iad fein thug iad dha le eibhneas.

Cha'n airgiod no or a dh'ullaicheas lòn  
 Do'n anam ge mor ar deigh orr' ;  
 Cha toir thu fo'n fhoid ach ciste nam bord,  
 'S ged 'gheibheadh tu'n còrr 's beag feum ann.  
 Bi 'gluasad gach la an slighe na slaint'  
 Gun 'bhi ris an namhaid 'g eisdeachd,  
 'S bheir Dia dhuit 'bhi 'g òl nan uisgeachan beo  
 Th'aig cathair na trocair 'g eiridh.

A Rìgh 'tha gu h-ard seall orm-sa air sgàth  
 'N Ti cheannaich dhomh slaint' le 'chreuchdan :  
 Cuir Spiorad nan gras le leigheas an aidh  
 G'am ionnsaidh nad ghradh 's mi feumach  
 O bean ri mo chridh is thoir mi gu 'bhi  
 Ri facal na firinn 'g eisdeachd.  
 Ri m'anam dean sith is stiuir mi nad shligh ,  
 'S mi teannadh gu crìch mo reise.



## BRUADAR FAOIN NAM PEACACH.

GUR-A neonach am bruadar  
 A th'aig sluagh 's iad nan dusgadh ;  
 Air gach faoineis tha 'n smuaintean  
 'S tha ri suaimhneas bhuath' duil ac'.  
 Cha'n 'eil ni anns an t-saoghal  
 Charach, chaochlaideach, shiubhlach s'  
 'Bheir do'n anam lan-riar'chadh,  
 'S ann an Dia 'gheibh e ionndrainn.

Cuid tha 'bruadar le ailgheas  
 Air staid aird agus onair ;  
 Air an urram a chaochlas,  
 'S gu'm biodh daoine 'g am moladh.  
 Cuid tha bruadar air storas ;—  
 Nam biodh or ac' nan sporan  
 'S e am barail gu'm biodh iad  
 Sundach, inntineach, sona.

Ged a gheibheadh tu sporan,  
 'Gabhail cothraim le eucoir  
 'S a cur dhaoine gu bochduinn,  
 'Ghiulan pochda na deirce,  
 Cha teid d'anam gu siorruidh  
 'Staigh do rioghachd an eibhneis  
 Mur-a faigh thu de'n iochdshlaint'  
 'Th'aig an Ti 'chaidh a cheusadh.

'Stric 'bha mise gu gorach  
 A ruith solais 's an fhasach s' ;  
 Bhithinn daonnan 'g a fhaicinn,  
 'S mi am beachd a bhi lamh ris,

Ach cha b'urrainn mi 'ghlacadh,—  
 Bhiodh e mach bhuam 's gach aite ;  
 B'fhasa breith air an fhaileas,  
 'Bhiodh nam shealladh 's an sgathan.

Bu dian Absalom 'g iarraidh  
 A bhi 'riaghladh gu stàtail ;  
 Mhealladh inntinn an t-sluaigh leis,  
 'S e gu suaire a cur failt' orr',  
 Chuir e athair air fogradh  
 'S ghabh e comhnaidh na aite ;  
 'S de an sonas a fhuair e ?  
 Gathan cruadhach 'dhol sàthte ann.

Shocraich Ahab uil' inntinn  
 Air an fhion-lios aig Nabet,  
 'S fhuair e seilbh air mar dh' iarr e,  
 Ach cha d'riar'ceadh a nadar,  
 Fhuair Gehàsi le 'bhreugan  
 Or is eideadh bho Naaman ;  
 'S de na rinn iad de dh'fheum dha,  
 Rinneadh greim leis a phlaigh air.

Bha mor-shaibhreas aig Haman,  
 'S urram ard chuir an rìgh air ;  
 Bu tric 'bhiodh e na luchairt leis  
 An dluth-chomunn diomhair ;  
 Ach air sgeith theich a shòlas  
 'S le dubh-bbron bha e lionte  
 Bho nach rachadh an t-Iubhach  
 Air a ghluinean a sios da.

Chuir e roimh nach robh Iubhach  
 Anns an duthaich mu'n cuairt dha

'Gheibheadh cead a bhi lathair ;  
 Ach gu lar thainig uabhar.  
 Rinneadh Mordecai ardachadh  
 Na lathair gu buadhach ;  
 Fhuair an rìgh mach a dhroch-bheairt,  
 'S chuir a chroich air crìoch shuarach.

C'uime 'pheacaich a bhiodh tu  
 'Dol a dhith le faoin-bhruadar ?  
 Is gle-ghoirid an uine  
 Gus an duinear 's an uaigh thu,  
 Thig gu h-ealamh gu Criosda  
 'S bi gu 'rioghachd a gluasadh,  
 'S bheir E saibhreas is glòir dhuit,  
 Bheir E solas bith-bhuan dhuit.



## NA H-UAIBHRICH AMAIDEACH.

GUR gorach faoin na smaointinnean  
 'Th'aig daoine anns gach am ;  
 An cinn tha liont' de'n t-saoghal s'  
 Ged nach faod iad fuireach ann :  
 Bidh sinn an duil nach aom e bhuainn,  
 Gidheadh cha'n fhad 's an caochail sinn,—  
 O b'fhearr gu'm biodhmaid naomhaichte  
 Mu'n spionte 'chrraobh a bonn !

Mar 'thuiteas i san laidheas i :—  
 Tha sin na naigheachd chruaidh  
 Do'n dream nach geill do'n t-Slanaighear  
 'S tha'n grainealachd a gluas'd.



Ach 's naigheachd i 'tha aidhearach  
 Do'n dream, gach la le faighidinn,  
 'Tha'g imeachd anns an rathad sin  
 'Bheir iad gu'n Athair 'suas.

Tha'n Salmadair ag innse dhuinn  
 Gu'n dean gach firean fàs  
 Mar ur-chrann uaine finealta  
 Ri taobh na h-aibhne 'tha.  
 Bidh orra duileach fìor-mhaiseach,  
 Bidh toradh alainn priseil orr',  
 Bidh tlachd aig Rìgh nan rìghrean annt'  
 'S cha bhi orr' dìth gu bràch.

Mar mhol a bhios air fhuadachadh  
 Roimh neart gaoith tuath' 's a Mhàrt  
 Na h-aingidh theid a ruagadh sìos  
 Gu corruich bhuaibh is cradh.  
 Mar chuireas daoine buainidh iad  
 A reir na feol' ma ghluaisear leinn  
 Bidh sinn 'dol fodha 'n truailleidheachd  
 'S an truaigh ni 's doimhn' gach la.

Bho cheil' theid an taigh talmhaidh  
 Anns a bheil ar n-earbs' an drast ;  
 A dh'aindeoin uin' ar cuairt ann  
 Thig oirnn uaireiginn am bas.  
 Na daoine beairteach stòrasach  
 Cha cheannaich saors' le'n or bhuaithe ;  
 'S cha mheall an cealgair foghlumt' e  
 Le briathraibh boidheach, blàth.

'S E'm bas an teachdair' uamhasach,  
 Cha ghabh e truas no baigh

Ri neach a ni e chuartachadh,  
 Leis buailear e gu lar.  
 Gu'n cuir e'n treun-fhear cruadalach  
 Na shineadh air an fhuar-leabaidh ;  
 Mu ghaisgeach riamh cha chuala sinn  
 'Thug buaidh air anns a bhlar.

Na daoine proiseil uaibhreach  
 Bheir e 'nuas nan luath fo shail ;  
 Na fhianais tha na h-uaislein  
 Cheart cho suarach ris an traill,  
 A stigh theid e do luchairtean  
 Nan righrean mor' gun churam air,  
 Is bheir e leis thoirt cunntais iad  
 Aig cuirt an Ti a's aird'.

Bheir e na naoidhein mhaotha leis  
 'S na daoin' 'tha aosmhor liath ;  
 Bheir e na fleasgaich oga leis  
 'S na h-oighean 's boidhche fiamh.  
 Na feallsanaich a's foghlumte,  
 'S na truaghain 'tha gun eolas,  
 Na fir-bhorb 's na daoine trocaireach  
 Fo'n fhoid theid leis a sios.

Aig Pharaoh 'n t-uachdran Eiphiteach  
 Air fein bha barail ard ;  
 Bha duil aige nach geilleadh e  
 Do Righ nan neamh gu brach.  
 Mar amadan mi-reusonta  
 Ri teachd'rean Dhe cha'n eisdeadh E,  
 Ged 's iomadh ni a dh'fheuch iad dha  
 'Ga eighneachadh le plaigh'n.

'S ann thuir e riu' gu morchuisseach,  
 Co e Iehobhah 'dh'aithn  
 Gu'n leiginn s' le Clann Israeil  
 A dhol a dh'ìobradh dha ?  
 Cha teid iad a thoirt aoraidh dha,  
 Cha'n fhaigh iad la de shaorsa bhuan ;  
 'S ann 'dhublaicheas mi'n daors' aca,  
 Cha'n fhaod iad 'bhi nan tamh.

Bho'n bhàs chaidh aingeal treun a mach  
 Le ordagh Dhe na laimh,  
 S gun deo dh'fhag e gach ceud-ghin  
 'Measg nan Eiphiteach a bha.  
 Cha robh aon taigh nan rioghachd  
 A bha gun neach marbh na shineadh ann ;  
 Ghlac eagal Pharaoh miorunach  
 'S gach aon 'bha 'striochedadh dha.

'Nis leig e leis na traillean aig'  
 'Bhi falbh, 'reir aithne Dhe ;  
 Ach 'n uair a dhealaich uamhas ris,  
 Chaidh e gu cruaidh nan deigh.  
 Fo sholus iuil 'bha 'dealradh orr'  
 Chaidh iadsan' null thar fairg' uile ;  
 Ach airson le 'chuid charbadan  
 Na tuinn bu ghairge leum.

Bha Neb'chadnesar ardanach,  
 Rìgh Bhabilon, an duil  
 Nach robh neach ann d'an geilleadh e,  
 Fo'n speur no os a cheann,  
 A suas chuireadh ard-iomhaigh leis  
 Is dh'aithn e do na h-ìochd' rain aig'

An aoradh iad a stirochdadh dhi  
Mar gu'm b'i Rìgh nan Dùl.

An triuir anns an robh sar-chreideamh  
'S a ghradhaich aintean Dhe  
Cha chromadh 'sios gu aoradh 'thoirt  
Do'n iomhaigh fhaoin gun fheum,  
Ghrad-thilg an t-aintighearn cruadhaicht'  
iad  
Do dh'amhainn theinntich, uamhasaich,  
Ach anns an teas a b'fhuath 'saiche  
Bha iad a' gluas'd gun bheud.

Ged chunnaic an rìgh eucorach  
Mor-mhiorbhuil Dhe nan dul,  
Ri uabhar cha do dhealaich e,  
Ris lean e gu teann, dluth.  
Mu dheireadh ruaig an t-Ard-Rìgh e  
Bho 'chumhachd mhor 's bho staidealachd,  
Is dh' itheadh feur an fhasaich leis  
Cho nadurra ri bruid.

N uair bha Belshasar uaibhreash  
Aig a chuirn 'cur suarach Dhe,  
Chuir meoir neo-thalmhaidh'n sgriobhadh  
dha  
A bhinn a sios gu reidh.  
Le smaointinnean throm-bhuaireadh e,  
Thuit eagal mor is uamhas air,  
Uil'uilt a dhroma dh'fhuasgail,  
Is a ghluinean bhuaile r'a cheil'.

Nach cual' thu mar 'bha Lasarus  
A' fulang craidh fo leoin

Aig taigh an duine shaibhir,  
 'S e air failneachadh 'chion loin.  
 Bha earbs' 's an 'Ti a's aird' aige,  
 Gu crìch ro-shona thainig e,  
 Chaidh 'ghiulan do dh'uchd Abrahaim  
 Le gairdeachas is ceol.

'N uair dh'eug an duine saibhir  
 A chorp dh'adhlaiceadh fo'n fhoid,  
 Is thog e shuilean ardanach  
 A suas an aite bhroin.  
 Bha 'thruailleachd fuaight' gu laidir ris,  
 Bha greim gu cruaidh aig Satan air,  
 Bha corruich Dhe 'g a sharachadh,  
 Bha crìoch air laith'n a shoigh.

Tha sgeul againn mu oganach  
 'Bha 'gradh le bosd ri Criosd,  
 Gu'n d'choimh'dadh na deich aintean leis  
 Gun fhailneachadh an ni.  
 'S e'n freagradh 'thug ar Slanaighear dha,  
 "Thoir do na bochdan saraichte  
 Do bheairteas, 's lean le gradh mise  
 'S bidh agad slainte shior."

'N uair chualaic e na briathran so  
 Le bron gu'n d'lionadh e ;  
 Le truas ris thuirte an Slanaighear  
 An camhal theid gu reidh  
 Troimh chrò na snathaid' chaoil fhada.  
 Mu'n teid na daoine baoghalta  
 Tha 'toirt an crìdh' do'n t-saoghal so  
 Troimh dhorsaibh naomha neimh.

Carson a bhiodh tu morchuiseach  
 A pheacaich bhronaich thruaigh?  
 'S gur h-ann de dh'uir na talmhainn  
 Chaidh do dhealbh a dheanamh 'suas  
 Na bi le d'speis do ghrainealachd  
 A' diultadh tairgs' an t-Slanaigheir;  
 Gabh ris 's bheir E gu grasmhor thu  
 D'a rioghachd adhmhoir, bhuain.



### AN DUINE DIOMHAIN.

A DHUINE dhiomhain nach dean thu eiridh  
 Bho thir na leirsgrios 's a bheil thu tamh;  
 Tha facal Dhe a cur ann an ceill dhuit  
 'N uair 'thig an t-eug ort nach faigh thu dail,  
 Cha chum do stòras aon mhionaid beo thu  
 A chur an ordaigh gach ni 'bhios cearr;  
 'S ma 'theid thu'n chill leis a dh'easbhuidh  
 Chriosda,  
 An truaighe chinntich bidh tu gu brach.

Na bi ri diochuimhn air d'anam priseil,  
 'S a deanamh dimeis air leigh na slaint';  
 Ri'ghuth dean eisdeachd, is thoir thu fein dha,  
 Is gheibh thu reite bho'n Ti a's aird'.  
 Gach moch is anamoch bi tigh'nn na sheanachas,  
 'S do ghniomh a dearbhadh na bhios tu'g radh;  
 Treig slighe an dolais, sguir dhe do ghoraich',  
 'S an inntinn fheolmhor bi 'cur fod' shail.

Gur h-e bu choir dhuinn an am ar n-oige  
 'Bhi 'gabhail eolais air Ios' gach la;

Cha chuir dian-dhearmad air staid an anma  
 Am feasd' an seilbh sinn air 'n duthaich aird.  
 Tha Criosd ag inns' dhuinn mur toir sinn gaol da  
 Os ceann an t-saoghail nach faigh sinn slaint,  
 Mur 'bi sinn dileas 'n ar fìor luchd-aoraidh  
 Ar n-uile shaothair bidh dhuinn gun stàth.

An staid robhronaich tha'n duine diomhain,  
 An cunnart ditidh tha e gach la ;  
 'Nuair nach bi duil aig' thig saighead shiubhlach  
 A bheir do'n ùir e fo chuing a bhàis.  
 Tha' naimhdean miorunach 'gealltainn sith' dha,  
 Ged 'tha e'g imeachd 's an t-slighe chearr ;  
 'S e fuireach innte a's toil le inntinn,  
 'S cha chreid E'n fhirinn bho'n Ti a's aird'.

Bha Solamh ainmeil 's na dhuine sealbhach,  
 Bha or is airgiod aig', 's eolas ard ;  
 Bha aige luchairtean maiseach ura,  
 'S bha iomadh duthaich dha tabhairt càin.  
 Bha aige ciadan de mhnathan sgiamhach,  
 'S bu phailt bha fion aig' 's gach deoch a b'fhearr ;  
 Gidheadh cha d'fhuair e bho'n t-saoghal suaimh-  
     neas,  
 Bu tric bha gruaim air 's a cbridhe 'n cradh.

A dhuine dhiomhain thig 'dh'ionnsaidh Iosa  
 Na bi ri dimeas air fhuil ri d'la ;  
 Thig, 's bheir E 'bhinn dhìot a tha 'gad dhiteadh,  
 Bheir E dhuit sith na do chridh' is slaint'.  
 Ca'm bi do bhuannachd de'n t-saoghal through so  
 Ma theid do ruagadh, 'n uair thig am bas,

Do phrìosan bronach na caoidh 's na doruinn  
Nach fosgail ord dhuit am feasd' no lamh.

Gun dail thig 'dh' ionnsaidh an Ti a cheusadh,  
'S a cheannaich reite dhuinn na mhor-ghradh ;  
Cuir umad' armachd 's cha bhi thu cearbach ;  
Is tric a dhearbhadh i anns a bhlar.  
Roimh chlaidh'mh an fhacail tha laidir, sgaiteach,  
Le eagal sgapaidh do naimhdean dan' ;  
'S troimh'n chreideamh fhior-ghlan, an targaid  
chinnteach,  
Cha teid gath millteach a bheir do bhàs.

A dhuine dhiomhain tha'n t-am dhuit gluasad,  
Nach faic thu'n uaigh ; bidh tu innt' gun dail.  
Cuir bhuaith gach iomhaigh, dean greim air Iosa,  
'S bheir E d'a riogh'achd thu'n uair' thig am bas.  
Air clarsaich oir bidh tu 'seinn le solas,  
'S tu 'tabhairt gloir' dha airson a ghraidh ;  
Cha'n fhaic thu truailleachd, cha ruig ort truaighe,  
Bidh tu lan suaimhneis am feasd na lath'ir.



### TEICH 'S TU'N CUNNART.

'S BOCHD an cadal 's an t-suain  
Tha air moran de'n t-sluagh,  
'S iad a' ruith air an cuairt gu siubhlach ;  
'S aobhar mulaid is broin  
A bhi 'faicinn an doigh'n,  
Tha mo smaointinnean mor le curam ;



Tha iad 'gluasad gu dian  
 Ann an cleachduinnean fiar,  
 'S diultadh gabhail ri Criosd gu'n stiuireadh ;  
 Namhaid guineach gun truas  
 Tha 'g an leantuinn gu cruaidh  
 'S e 'g an tarruinn gu bruaich na h-urach.

Thug an Diabhol le ceilg  
 Ar ceud athair fo fheirg,  
 Dh'ith e'm meas 's gu'm bu shearbh a shùgh dha.  
 Cha'n 'eil duine 's an fheoil  
 Tha gun trioblaid 'g a choir  
 Dh'fhag am peacadh sinn leointe, bruite.  
 'N dream 's an olc a bhios 'gluas'd  
 Gus an teid iad 's an uaigh  
 Theid an ifrinn na truaigh' a dhunadh,  
 'S ni cha'n fhaic iad ach gruaim  
 Ann an aodann an Uain  
 'N uair a ghairmear iad 'suas gu cunntas.

'Thi 'tha'n cathair nan gras  
 'Seall a nuas oirnn 'n ad ghradh  
 'S cuir an Spiorad le slaint' g'ar n-ionnsaidh ;  
 'Sgap air falbh na dubh-neoil  
 'Tha cur dorchadais oirnn,  
 Thoir gach dalladh is sgleo dhe'r suilean ;  
 Feuch dhuinn mais' an Ti naoimh  
 Dh'fhuiling bas air a chraoibh,  
 'S an neart buan 'tha na laimh gu'r stiuireadh.  
 Las 's gach cridhe, gun smàl  
 Coinneal shoillseach do ghrais,  
 'S bheir sinn urram gach la is cliu dhuit.

Duisg, a pheacaich gun dail,  
 Teich gu h-ealamh do'n airc,  
 Faic an stoirm 'tha gu lar gu bruchdadh :  
 Seall air Iosa 'dol bas  
 Fo na mhallachd na d'ait',  
 'Fhuil tha silleadh gu lar gu siubhlach !  
 Creid na throcair led' chridh',  
 Thoir dha d'anam gu'dhion,  
 'S thoir le gradh mar do Rìgh dha umhlachd.  
 Cha bhi cunnart no càs  
 D'a luchd-leanmhuinn gu brach,  
 Bheir E leis iad na ghras gu 'luchairt.



## TILL BHO D'DHROCH SHLIGHIBH.

MUR is beo mi, tha'n Slanaighear  
 Gach la ruinn ag eubhach,  
 Cha'n e iarrtas mo chridh-s'  
 Sibh 'dhol a phriosan na peine.  
 'S e bu mhath leam, gu'm biodh sibh  
 Ann an rioghachd an eibhneis.  
 Pillibh, pillibh bho'r truailleachd,  
 'Dh'ait' na truaigh' c'uime 'theid sibh ?

Eisd a pheacaich, 's le naire  
 Treig gach grainealachd uamharr  
 'Bha thu cleachdadh bho d'oige,  
 'S bha 'toirt broin ort is truaighe.  
 Bha thu'g altrum gu dileas  
 Peacadh diochuimhn' is danachd ;

Bha thu d'thrail dha do mhiannan  
'S air do riaghladh le Satan.

Mura treig thu do dhoighean  
Chi thu doruinn do-innste  
'N uair a thilgeas am bas thu  
Air a chlar na do shineadh.  
Bidh mu'n cuairt dhuit an lasair  
Laidir bhras nach fas iosal ;  
A chnuimh ghuineach nach basaich  
Bidh 'gad chnamh, 's cha tig crìoch ort.

Pill bho d'pheacannan 's bidh tu  
'M feasd an rioghachd na gloire,  
Bidh na h-aingil mu'n cuairt dhuit  
'S bidh an t-Uan toirt dhuit eolais.  
Bidh tu dluth air a chathair,  
'S bidh tu 'gabhail an orain  
A bhios taitneach r'a eisdeachd,  
'S d'anam eibhinn, lan solais.



## TREIG DO GHRAINEALACHD.

'DHUINE thruaigh, ciamar 'tha thu  
Anns an fhasach so 'gluasad ?  
'Bheil thu amaideach, diomhain,  
'S air do lionadh le uabhar ?  
Bheil thu suarach mu'n Bhiobull  
Is mu fhirinnean luachmhor ?  
An ni fuathach leat urnaigh  
Air do ghluinean an uaigneas ?

Bheil thu gluasad an neoghloin ;  
 Ni an fheoil a tha 'riaghladh ?  
 Bheil cul-chaineadh leat taitneach !  
 Bheil do thlachd ann am briagan ?  
 'M bi thu 'diultadh le eucoir  
 An cuid fein 'thoirt do dhaoine ?  
 Ris na mionnan am bi thu ?  
 An ni binn leat cainnt dhraosta ?

Bheil do chridh'air an t-saoghal  
 'S tu ag aoradh gach la dha ?  
 Bheil a mheirle riut fuaighte ?  
 Bheil thu suarach mu'n t-sabaid ?  
 Bheil thu gnathachadb ainneirt  
 'S deanamh aimhreit le speis d'i ?  
 Bheil do theanga fo'n Diabhol  
 Gu 'bhi 'deanamh nam breug leath'?

Bho gach grainealachd tionndaidh  
 Is gabh curam dheth d'anam,  
 Mu'n toir Dia thu gu cunntas  
 'S nach bi cuil ann 'ni d'fhalach  
 Cuir do chul ris gach faoineis  
 Anns an t-saoghal neo-chinnteach s'  
 Na bi'g eisdeachd ri d'namhaid,  
 'S e do bhas a tha dhith air.

'N uair a chairear fo'n fhoid thu  
 Cha bhi trocair r'a foatuinn ;  
 Cha bhi'n innleachd nan aingidh  
 Tigh'nn a gainntir na daorsa.  
 Bidh mar righ ort an Diabhol  
 'S e gad phianadh gun truas dhiot,

'S corruich lasrach an Ard-Rìgh  
 Bidh gu brach tigh'nn a nuas ort.

Na bi 'd'ghoraiche 'diultadh  
 An Ti chliuitich a cheusadh.  
 Thig an creideamb g'a ionnsaidh  
 'S tu 'cur cul ris gach eucoir.  
 Thig an diugh ; dh'fhaoidt'nach bi' thu  
 Anns an tìr so am maireach.  
 Thig 's an gairdeanan Iosa  
 Bidh tu cinnteach a slainte.



## THIG AN DIUGH.

DUISG, oganaich mhichuramaich,  
 'N diugh seall ri Prionns' nam buadh.  
 Na abair, "Thig mi 'maireach uig',  
 A dh'fhaotuinn slainte bhuaith'."  
 Gach aon nach h-eil a sealltainn ris  
 Fo dhiteadh trom tha gluas'd ;  
 'S ma gheibh thu bas gun eolas air,  
 Theid thu do dhoruinn bhuaìn.

Na eisd ri guth a bhrengaire  
 A bhios 'nad dheigh gu teann,  
 'S ag radh riut, "Na bi smaointeachadh  
 An drast mu'n t-saoghal thall ;  
 Tha'n Tighearn' iochdmhor, trocaireach,  
 Carson bhiodh bron 'nad chom ?  
 Nach deachaidh Iosa 'cheusadh  
 'Chosnadh reit 'do dhaoine dall' !

“Faodaidh tu ’bhi ailgheasach  
 Bho’n ’tha thu laidir, og ;  
 Bidh tu cho fad’ s an fhasach so  
 Ri aon neach ’tha’n diugh beo ;  
 Gu’m foghainn dhuit fas diadhaidh  
 ’N uair a bhios tu liath gun treoir ;  
 ’S a lagaicheas na miannan sin  
 Dha’n tug thu srian cho mor.

“Cha’n fhaigh thu moran sholasan  
 An tir na gloire ann ;  
 ’S e’n saoghal so a’s fearr na i,  
 Do ghradh thoir dha gu teann.  
 Ged ’ghabhas tu toiliuntinn ann  
 Cha teid do dhiteadh thall ;  
 Nach cual’ thu tric mu’n mheirleach  
 ’Chaidh a thearnadh air a chrann.”

’N diugh creid ’s an Ti a sheall oirnn  
 ’N uair a bha sinn cailte, truagh ;  
 ’S le ’fhulangas ’n ar ’n-aite  
 ’Fhuair dhuinn coir air slainte bhuain.  
 Nach ni ro-aingidh graineil dhuit  
 ’Bhi dha gach la ’toirt fuath’  
 ’Bhi ’diultadh aoraidh ’s graidh thoirt dha,  
 ’S le ’namhaid dan ’bhi ’gluas’d ?

’N diugh creid ann, ’s bidh tu’n aonadh ris :—  
 Bidh Spiorad naomh nan gras  
 ’N ad chridh’ gu siorruidh ’chomhnaidh,  
 Bidh tu’d theampall glormhor dha.  
 Bidh E ’toirt eolais luachmhoir dhuit  
 Air gloir an Uain ’s a ghradh :

Gu'n glan E bho gach truailleachd thu,  
'S bheir E dhuit suaimhneas arl.

Cha diobair Criosd na geugan sin  
A thagh E-fein na ghradh,  
S a shuidhich E na fhion-lios  
A tha grianach dionach blàth,  
Tha E gach la 'toirt suil orra,  
'S tha iad gu h-ùr a fàs ;  
'S am measan caoine blasda  
Tha 'cur orra tlachd na lath'r.

'N diugh thig dh'ionnsaidh 'n t-Slanaigheir,  
'S cha teid thu 'chradh a sios ;  
Lan-shabhailte na ghairdeanan  
Bidh tu gach la dhe d'thim ;  
'S 'n uair 'bhios do chuairt 's an fhasach so  
Le gath a bhais aig crich,  
Bheir E leis fein a chomhnaidh thu  
Do thir na gloir 's na sith'.

'S i sin an duthaich bheairteach,  
Ged nach ann le pailteas oir ;  
Tha nithean maiseach alainn innt'  
Nach fas an tir a bhroin s'.  
A mhuinntir tha ga h-aiteachadh  
Cha'n fhailinnich 'chion loin ;  
Tha gradh is gras is ceartas innt'  
'S cha'n fhaicear i fo neoil.



## LEAN IOSA.

EISD, a pheacaich tha gun churam  
 'S teich a dh'ionnsaidh 'n t-Slanaigheir  
 Mu'n teid dorus Neimh a dhunadh,  
 Cha'n 'eil d'uin' ach gearr an so.  
 Seall a suas ris 'dh'fhaotuinn eolais  
 Air a ghloir 'tha 'dearrsadh ann ;  
 Earb le d'chridhe ri 'fhuil phriseil,  
 'S gabh mar rìgh gu gradhach ris.

Giulain suaicheantas an Uain,  
 'S cha toirear buaidh le d'namhaid ort ;  
 Seas le cruadal latha bhuaireidh,  
 'Dh'aindeoin duais na h-aicheidh E.  
 Ni E troimh gach càs do stiùireadh,  
 Bidh E dluth le 'shlainte dhuit ;  
 Bidh tu 'gleidht' mar chlaich a shùla  
 Re do churs' 's an fhasach so.

'N uair bha Peadar anns a phrìosan  
 Thug E dìon gu grasmhor dha ;  
 Chuir E teachdair 'thuige 'dhuig e  
 'S a thug 'dh'ionnsaidh chairdean E.  
 Thuit a cheanglaichean dheth fuasgailt'  
 Ged bu chruaidh mu 'lamhan iad ;  
 'S dh'fhosgail an geata mor iarunn  
 Farsuinn, fial, le failte dha.

Eutrom gheibhear leat a chuing  
 A dh'aindeoin claidh is sarachaidh :  
 Mar mhil bhlasda bidh a reachd leat,  
 'S bheir E neart gu grasmhor dhuit.



'S 'n uair a ruigeas tu a rioghachd,  
 Tir na sith' 's a ghairdeachais,  
 Bidh tu seinn a chliu gu binn  
 Is cha bhi dith gu brach ort innt'.



### GLEANN NA H-IRIOSLACHD.

A PHEACAICH thruaigh, mhi-churamaich,  
 Bi 'dusgadh a do shuain ;  
 Gu'n dail thig 'dh'ionnsaidh 'n Ti sin  
 'Cheannaich sith dhuinn 's a thug buaidh.  
 Gu'm beil E tairgse saorsa dhuit  
 Bho d'dhaorsa 's bho gach truaigh' ;  
 Gu'm bheil E tairgse leirsinn dhuit,  
 'S do sheulachadh le 'shluagh.

Do bheatha tha neo-chinnteach  
 Anns an tir 's am bheil ar cuairt,  
 Tha 'ghrian 'dol 'n Iar gu siubhlach  
 'S a tigh'nn dluth tha'n oidhche bhuan,—  
 An oidhche dhubhach bhronach  
 Anns an crom na neoil an nuas  
 Is anns an teid do chàradh  
 Air na clair 's do cholunn fuar.

Ma theid thu null thar Iordain  
 'S tu gun eolas air an Uan,  
 Gu brach cha deanar trocair ort  
 Ged bhios do dhoruinn cruaidh.—  
 Cuir cul ri d'uile-dhiomhanas  
 'S am fireantachd bi gluas'd ;

Rach 'sios do ghleann na h-irioslachd,  
'S bi 'sireadh 'n t-saibhreis bhuaain.

'S e sin an gleann a 's fearr  
A tha 's an fhasach so gu leir,  
Na naoimh bidh ann a sraideamachd  
Is pairt diu 'sileadh dheur.  
Bidh bron airson am peacaidh orr',  
'S iad 'beachdachadh gu geur  
Air gradh do-innst' an t-Slanaigheir  
'S a ghrainealachd 'th'annt' fein.

'S a ghleann so bidh na buachaillean  
A' cuartachadh an treud'.  
Ri'm Maighstir, moch is anamochann,  
Bidh iad 'g an earbs' gu leir.  
Gu'm bi iad air an gluinean ann,  
'S an suilean ris air neamh,—  
Nach mor an t-aobhar farmaid iad ;  
'S faoin airgiod lamh-ri'n dreuchd.

Ged a theid na cealgairean  
Do'n ghleann g'an dearbhadh fein  
Gur h-ann fo chleochd an ainmeachais  
'Thig seanachas as am beul.  
'S e chiu airson an gnìomharan  
An ni d'an tug iad speis,  
An corr cha bhi de dhuais aca  
'S iad truailidh ann am beus.

Gur daoine truagha baoghalt' iad  
Nach glan ach taobh de'n mheis.  
Gur h-uaighean 'rinneadh aluinn iad,  
Gidheadh tha graineil breun.

Cha chreid iad gu'm beil tinneas orr'  
 S cha chuir iad 'shireadh leigh.  
 Ri'n oibribh fein tha carbs' aca  
 Gu'n cur an seilbh air neamh.

Gur mor gu'm b'fhaide seachduin leo  
 Gan cleachdadh fein 's a ghleann  
 Na bliadhn' air feadh nam fasaichean  
 A'sàsachadh an sannt'.  
 Cha'n 'eil an Slanaighear luachmhor dhaibh,  
 Gur truaghain iad 'tha dall.  
 S gach slighe 's cearra chitear iad ;  
 S e 's crìoch dhaibh a bhi cailt'.

Gur sona do na daoine sin  
 'Tha 'saoithreachadh 's a ghleann.  
 An siol a chuir iad fasaidh dhaibh,  
 Bidh barr aca 'bhios trom.  
 Ri 'cheile cuirear saibhreas leo  
 Nach caill iad aig a bhas.  
 Bho'n bha iad beo do dh'Iosa  
 Bidh iad leis na riogh'chd gu brach.

An dream 'fhuair dhachaidh sabhailte  
 Do'n aite 'bha 'g an dith  
 Tha'n lathair Dhe ri gairdeachas  
 Gun leon, gun chradh, gun sgios.  
 De'n uisge bheo mar 's miannach leo  
 Gach la tha iad ag ol,  
 Is craobh nam measan 's taitniche  
 Gu buan tha aca 'n coir.

Gur h-iomadh duine sonraicht'  
 'Bha na fhogarach 's a ghleann

'S an naimhdean ann an toir orra  
 'S ag iarraidh 'n leon gu trom.  
 Ghluais Ioseph anns an Eiphit ann,  
 Bha eagal De na chom,  
 'S gu'm b'eolach bha rìgh Daibhidh  
 Air feadh 'aileanan ri am.

Na faidhean bh'ann 's bu chruadalach  
 Iad 'dh'fhulang truaighe 's claidh,  
 Bu dileas ri linn Ahaib iad ;  
 Cha d'fhailinnich am buinn.  
 Bha neart le feart nan gras  
 A toirt dhaibh caileachd anns an stri,  
 Ged 'chlachadh 's ged a shabhadh iad  
 Cha d'aicheidh iad an Rìgh.

Chaidh Hesechia sios  
 Air feadh nan lagan 's isle 'th'ann,  
 'N uair thainig feachd Asiria  
 G'a mhilleadh le neart lann.  
 Ri urnaigh anama dh'eisdeadh  
 'S thainig aingeal treun an nuas  
 A' sgrios a' naimhdean morchuisseach ;  
 Bha iad gun deo gu luath.

'S a ghleann so dh'imich Daniel  
 'S e'm Babilon fo bhinn ;  
 'S 'n uair thilgeadh air na leoghuinn e  
 Rinn Rìgh na gloire a dhion.  
 Bha'n eaglais la na caingeis ann,  
 'S gach aon a sealltuinn suas  
 Is chuir an Ti chaidh ardachadh  
 A Spiorad grasmhor nuas.

Cornelius bha 'fuireach ann  
 'S bu duin' e nach robh cli.  
 'N a shealladh 's iomadh adh a bh'air ;  
 'S bha slaint aig ann is sith.  
 Gu'n d'rinn e moran storais ann ;  
 'S cha'n or a chuir e cruinn :  
 Ri 'urnaighean chaidh eisdeachd,  
 'S uile-dheircean bha air chuimhn'.

A mhuintir a bhios dileas ann  
 Cha bhi orr' dith gu brach.  
 Tha'n Tighearn 'gabhail curaim diu  
 Mar chlaich a shùl gach la.  
 Gach ni 'thig anns an t-saoghal so  
 Air daoine bidh gu'm feum  
 Ma tha nan cridhe tlachd aca  
 Do bhudhan taitneach Dhe.

Gur mor an t-aobhar gairdeachais  
 'S na laithean so, 'th'aig sluagh ;  
 'S an t-saorsa th'air a gnathachadh  
 'S gach aite deas is tuath.  
 Tha Iubhaich 'treigsinn 'n aingidheachd  
 'S a dol do'n ghleann air chuairt,  
 'S Mohammedanaich 's Pavanaich  
 'Bha 'cur ri crabhadh truagh.

Tha sluagh 'tigh'nn as gach duthaich,  
 Ach cha dumhlaich iad an gleann.  
 Cha chluinnear stri mu mhòrachd ann  
 'S gun aite sonraicht' ann.  
 An seanachas an Ti 's airde  
 Tha luchd-aiteachaidh a ghlinn'

'S a ghuth 's a bhriathran glormhor  
'Toirt dhaibh sith is solas cuim'.

'S e'n solas gleann na h-irioslachd  
'Seach firichean na pois'  
'S an robh an t-abstol Peadar,  
'N uair a fhuair e'n leagadh mor.  
Tha'n t-uisge 's fearr na aibhnichean,  
'S tha ghrian fìor-chaoimhneil da ;  
Tha fàsgadh 'n am na stoirme ann,  
'S gur boidheach gorm e 'ghnath.

A Thighearn' deonaich dhomhsa  
'Bhi ri m'bheo a fuireach ann.  
Cum m'anam bho fhein-fhirinteachd,  
Is leanam Ios' gu teann.  
Bho ghathan ma luchd-mioruin  
Dean mo dhion a dh'oidch' 's a la ;  
Gach freumh de'n pheacadh spion asam,  
Is glan mo chridh' nad ghradh.



## COMHRADH.

EADAR AM BIOBULL AGUS AM PEACACH.

AIR dhomh 'bhi latha sraideamachd  
Feadh fhasaichean nan gleann,  
Gur h-iomadh smaointinn fhailinneach  
A tharlaidh a bhi'm cheann.  
Gu'n d'dhirich mi cho ard orra  
'S gu'n robh mi'm barr nam beann ;

'S b' iad sin na beanntan cunnartach  
Do dhuine, 's e air chall.

Gu'n d'rinn mi tacan fuirich orr'  
Go muladach le bron ;  
Cha d'fhuair mi na bha'm dhith orra,  
Ged bha mi sgith gu leoir.  
Gu'n robh mi 'ruagadh suaimhneis  
'N uair a bha mi uallach og,  
'S an diugh tha mi nam sheann-duine,  
'S am bata crom nam dhorn.

Tha preasaichean am aodann,  
Thainig caochladh orm 'tha mor ;  
Mo spionnadh tha air claonadh bhuan,  
Tha'n aois an deigh mo leon.  
Gar h-ann air solas saoghalta  
'Bha mis' an gaol 's an toir ;  
Mo chridh' cha tug mi'n t-Slanaighear  
'S cha robh mi dha 'tigh'nn beo.

Air beanntan ard an diomhanais  
Mo shuilean dh'iarr gu suain,  
'Us chaidil mi gun churam orm  
Ged 'bha mi dluth air bruaich.  
Fear-turais thainig 'm ionnsaidh  
Agus ghlaodh e rium le gruaim,  
Bi 'g eiridh, 'dhuine ghoraich  
Tha na leoghainn dhuit mu'n cuairt.

Ghrad-dheirich 'mi le eagal  
'S mi an teagamh ciod a bh'ann,  
Rium labhair e gu siobhalta,  
'S bha brioghalachd na chainnt :—

“Gur neonach dhuit ’bhi diomhanach  
 A dìreadh feadh nam beann  
 ’S na laithean so cho priseil  
 Gus an siol a chur ’s an fhonn.”

Gu’n d’tharruinn mi gu comhradh ris,  
 ’Us dh’fheoraich mi dheth ainm ;  
 Bha coltas duine coir air  
 ’S bha e foghlumte gun chearb.  
 ’N uair ’dh’fharraid mi’n robh or aige,  
 Gu’n d’ghabh e moran feirg’ ;  
 ’S ’n uair ’chunnaic mi nach cordamaid’  
 Gu’n d’thoisich mi ri falbh.

Ach thuirt e, Na bi ’gluasad  
 Gus am faigh thu bhuan mo sgeul.  
 Tha mise ’m dhuine firinneach,  
 Cha bhi mi deanamh bhreug.  
 ’S e ’their iad rium am Biobull ;  
 ’Us dhuit innsidh mi gu reidh  
 Mu ni a ’s fearr gu mor dhuit  
 Na na bheil de dh’or fo’n ghrein.

’S O, ma ’s e thus’ an duine sin,  
 Gur h-urramach do chliu ;  
 Gur fiosaich’ thu a dh’innseas dhomh  
 Gach ni a tha dhomh dluth.  
 Nan deanamh tu mo sheoladh  
 Far am faighinn or na dhuinn  
 Bu shona mi ’s e dhith orm,  
 Gu’n robh m’ inntinn air bho thùs.

O ’s bochd an rud a dh’iarr thu orm,  
 Cha’n ’eil do chiall ach faoin.



Nach b'fhearr dhuit a bhi diadhaidh,  
 'S tu air liathadh leis an aois !  
 De'dheanadh or nan Innsean dhuit  
 'S tu 'toirt do chridh' do'n t-saogh'l !  
 'N uair chrìochnaiceadh do bhliadhnachan,  
 Bhiodh e le 'riadh dhuit daor.

Bheil thu an duil nach b'fheaird' mi  
 A bhi saibhir ann an ni ?  
 Nam faighinn sòlas nadarra  
 Bhiodh ailgheas ann am chridh'.  
 Da fhichead bliadhna rainig mi  
 'S tha aireamh mhor 'g am dhith  
 Mu'n dean mi'n ciad a shlanachadh,  
 'S mu'n cairear mi's a chill.

Nan gabhadh tu mo chombairl'-sa  
 Cha bhiodh do ghnòthach cli :  
 Gu saibhir bheirinn eolas dhuit  
 A threoir' cheadh thu gu sith.  
 Tha nithibh luachmhor sonraicht'  
 Ann an stor-thaigh an Ard-Rìgh ;  
 'Us mur-a faigh thu coir orra  
 Theid thu gu doruinn shior.

Gu de na nithean sonraichte  
 'Th'aig Rìgh na gloire shuas ?  
 Tha airgiod agus or aige  
 Gu'n dortadh oirnn a nuas.  
 Nam builicheadh E storas orm,  
 Gu de an cor 'bhiodh bhuan ?  
 Mo mhiannan leis gu'n sasaichinn  
 'Us m'inntinn lan de dh'uaille.

'S tu 'dh'iarradh a bhi 'siubhal  
 Anns an t-slighe dhubhaich, chaim ;  
 Sligh' nan daoine baoghalta  
 'Th'aig dia an t-saoghail s' air laimh.  
 Ma leanas tu air imeachd innte',  
 Chi thu aig a ceann  
 Gu'm b'fhèarr dhuit a bhi dichìollach  
 Am fion-lios nan dluth-chrann.

Ged 'rachainn-sa do'n fhion-lios sin,  
 Cha deanainn gnìomh, ach call ;  
 Cha b'eol dhomh cìod a dheanainn ann,  
 'S cha'n iarrainn a bhi ann.  
 Cha do chleachd mi ruamhar,  
 Tha mi'm thuathanach ro-mhall ;  
 Us deire cha teid mi dh'iarraidh ;  
 Bidh mi'm bliadhn' air feadh nam beann.

Gur amaideach na beachdan  
 A fhuair fàsgath ann ad chridh' ;  
 'S gach tìr bha mise chomhnuidh,  
 'S bha mi beo le iomadh linn,  
 Ach riamh cha'n fhac mo shuilean  
 Neach a chuir a chùl ri Ios'  
 A dol do thalla'n t-suaimhneis ;  
 'N uair a ghluais e as an tìr s'.

Is duilich leam a ghraitinn riut  
 Gur 'danadas do chainnt ;  
 Tha e na chreidimh failinneach  
 Gu'm bi ar laithean gann.  
 Tha mis' am beachd gu'n sabhalar  
 Le Dia na ghras gach dream,

Le fulangas ar Slanaigheir  
A bhasaich air a chrann.

Gur mor mo bhron an t-aineolas  
'Tha teannachadh ad cheann ;  
Mur teid tre ghràs a ghluasad as  
Gur truagh a bhios tu thall.  
Nach h-'eil Iehobha 'g innse dhuinn  
Gu'm bi na miltean caillt' ?  
Gu'n tugadh Criosda sealladh  
Do gach fear a tha na dhall !

Cha mhor nach h-'eil mi 'runachadh  
Tigh'nn 'dh'ionnsaidh Chriosd gun dail,  
'Us cul a chur ri m'pheacannan  
'S gach cleachdadh faoin gu brach.  
Gu de ma theid mo ruagadh  
'Sios do theine buan a chraidh !  
Ach stadam 'na biodh curam orm  
Cha teid mi'n uir an drast.

Nach cual' thu mu'n fhear shaibhir  
Bha mu 'shaibhlean lan de phròis ;  
Gun fhios da leum am bàs air,  
Us bha crìoch air laith'n a shoigh.  
'S nach smaointich thu air Fèlics  
A bh'air chrith 's e 'g eisdeachd Phoil',  
Gidheadh gu Criosd cha tainig e,  
Ghluais e ri 'la 's an fheoil.

Mu iomadh duine beairteach  
Gu 'bheil eachdraidh dhuinn ag inns' ;  
An t-uachd'ran uaibhreach Greugach  
Fhuair an saogh'l dha fein fo chis.—

Ach innis dhomb, am fac thu neach,  
 Le 'bheairteas fhuair do'n tir,  
 Anns nach 'eil aire no uireasbhuidh,  
 No mulad, bas, no sgios.

Cha ghabh an tir sin ceannach  
 Mar 'tha amadain an duil,  
 Gheibh daoine bochda us diblidh innt',  
 'S theid iompairean air chul.  
 An truagan leointe Lasarus  
 Le Abr'ham fhuair do'n Chuirt ;  
 'S an duine saibhir ardanach  
 Thog suas an cradh a shuil.

Ma 'shaoileas tu nach diult E mi,  
 Thig mi a 'dh'ionnsaidh Chrìosd.  
 Gu'n teid mi air mo ghluin da  
 'S bheir mi umhlachd da bho m' chridh'.  
 Ach 's peacach 'tha ro-ghraineil mi,  
 Bu traill do m'mhiannaibh mi ;  
 Gun Dia gun dochas bha mi  
 A tigh'nn beo gach la de m'thim.

Mar 's beo mi tha an Slanaighear  
 Ag radh ri peacaich thruagh,  
 Cha'n aobhar solais dhomhsa  
 Sibh a dhol gu doruinn bhuain.  
 Ma thig an neach a's graineile  
 'S a's taireile 'measg sluaigh,  
 Le sòlas gheibh e failte bhuan ;  
 'Se tearnadh a tha bhuan.

Tha tairgse Chrìosd ro-sholasach,  
 'S gu 'bheil e 'leon mo chridh'

Cho fad 's a lean mi faoineasan  
 'S mi 'diultadh saors' 'us sith.  
 Bha'n amaideachd gam threorachadh  
 Bho m'oig' an rathad cli.—  
 Ard-chliu do Dhia gu'n d'chomhlaich mi  
 'N diugh faidhe mor an Rìgh.

Gur mise 'm faidhe firinneach  
 A dh'innseas dhuit a choir,  
 Gach aon a ni rium eisdeachd  
 Gheibh lan-eibhneas ann an glòir.  
 'Null theid mi do na tìrean  
 'S am bheil iomhaighean de'n or,  
 'Us their mi ris gach truaghan,  
 Feuch an t-Uan a chaidh a leon !

Gur h-eibhinn dhaibh an teachdaireachd  
 A thig a mach o d'bheul.  
 Gu'n leig thu'n truailleachd fhaicinn dhaibh  
 'S gu ceart gu'n stiuir thu'n ceum.  
 Gu'n toir thu 'mach a prìosan iad  
 Gu 'dhol do rioghachd Dhe ;  
 'S gu'n treig iad an droch-chleachdainnean,  
 'S am beachdan faoin gu leir.

Gur h-iomadh duine borb  
 A bha 's an dorchadas na reis,  
 A' siubhal ann an grainealachd  
 'S a ruagadh sgaile breig',  
 'Thug mise le mo sheanachas ris  
 Gu anam earbs' gun èis  
 An laimh an Ti a ghradhaich sinn  
 'S a thug 'n ar n-ait' E-fein.-

Gur h-ioghantas ro-mhor  
 Na tha de dh'eolas ann ad cheann,  
 Cha'n fhasainn sgith gu brach dhiot  
 Thug do bhriathran slaint' do m'chom.  
 Ged 'gheibhinn or nan Innsean,  
 Us gu bheil na miltean ann,  
 Cha ghabhainn e 's do chuibhteachadh ;—  
 Gu'm fag mi frith nam beann.

Theid m'eolas-sa a sgaoileadh  
 Feadh an t-saoghail anns gach cearn ;  
 Gu'n teid mi 'measg nan Iudhach,  
 Far an robh mi'n tus a tamh.  
 Ged 'chuir iad bhuath' air fogar mi  
 Thug moran diu dhomh gradh ;  
 'S gur h-iomadh uair a leubh mi dhaibh,  
 Mu'n Treun-fhear 's am bheil slaint'.

Gur truagh an ni mar threig iad thu,  
 'S nach eisd iad ri d'ghuth binn ;  
 Mar dhoill cha'n fhacas ailleachd leo  
 Am Prionns' na slaint' 's na sith'.  
 'S ann sheall iad air mar mhealltair  
 'Bha ri call air feadh na tir' ;  
 Ri crann na doruinn sparr iad E,  
 'S fhuil bhlàth a' ruith a sios.

'S e Criosd 'a dh'ordaich dhomhsa tigh'nn  
 'S do chomhlachadh 's an ait s' ;  
 Tha aige gradh do-innse dhuit,  
 Air nach tig crìoch gu bràch.  
 Mur bhith E chaidh do mharbhadh  
 Leis na leoghainn cholgarr' dhàn,

'N uair rinn thu'n cadal truagh ud  
Air a bhruaich 'bha corruch ard.

O m'anaim mol an Ti sin  
'Thug bho shiorruidheachd dhuit gradh ;  
'S a dh'fheuch an diugh do ghoraich dhuit,  
'S a threoraich thu gu 'shlaint'.  
A Dhe thoir neart nad throcair dhomh  
Gu 'bhi 'tigh'nn beo da 'ghnath ;  
Thug E a taigh na daorsa mi,  
'Fhuil chraobhach shil nam ait'.



## TURAS A CHRIOSDAIDH.

'S E mo sgeula r'a inns'  
Mar 'dh'fhalbh an Criosdaidh air thuras,  
Thug e 'chul ris an t-saoghal,  
'S cha b'e aobhar a mhulaid,  
Dh'fheuch an Spiorad dha 'thruailleachd  
Us a thruaighe 's a chunnart ;  
'S dh'fheuch e dha nach robh dion dha  
Ach 's an Ti sin a dh'fhuiling.

Thuir an Diabhol na cheilg ris,  
'S e lan feirg' agus mioruin,  
Cha ghabh Iosa gu brach riut.  
'S creutair graineil nach fiach thu ;  
Ged a bheireadh E 'neamh thu,  
Gu de'm feum da a ni thu ?  
Cha'n 'eil annad ach slaoightear  
A tha 'toilltinn 'bhi'm prìosan.

Thuir an saoghal gu fòil ris  
 'S mor do ghoraich' gu cinnteach ;  
 Seall gach ni tha fo m'riaghladh s'  
 'Thoir dhuit riarachadh inntinn.  
 Ged 'tha'n Tighearna'n gruaim riut  
 'S tu gu truaigh' air do dhiteadh,  
 Tha e tuilleadh us luath dhuit  
 A bhi 'gluasad gu Iosa.

Thuir fein-fhirinteachd ghraineil,  
 Cum na h-aintean le dichioll ;  
 Bi gu tric air do ghluinean,  
 'S leubh le curam am Biobull,  
 Rach do'n t-searmon gach Sabaid  
 'S na dean tair air an fhirinn,  
 'S air sgàth d'oibrichean mora,  
 Gheibh thu gloir ann an Sion.

Cha do dh'èisd e ri 'm briathran,  
 Ged bu dian iad 'ga theumadh,  
 Chaidh e 'shealltainn an ait  
 An deach ar Slanaighear a cheusadh ;  
 Far'n da sheas E 'n ar n-aite,  
 Far'n do phaidh E ar n-eirig,  
 Dharrs a ghloir air a shealladh,  
 'S thug E thairis e-fein dha.

Thuit gach eallach gu talamh,  
 'S liònadh anam le sòlas :  
 Spion an Triath dheth a luireach  
 'S le deis' uir rinn E 'chomhdach.—  
 Chum e roimhe gu siubhlach  
 'Dh 'ionnsaidh duthaich na gloire ;



Se 'toirt molaidh do'n Ti sin  
'Dhoirt 'fhuil phriseil na throcair.

'S iomadh deuchainn a fhuair e  
Re a chuairt anns an tìr so ;  
Bhiodh an Diabhol 'ga bhuaireadh,  
'S bha mor-thruailleachd na inntinn :  
Ach bha Thriath a toirt neirt dha  
Gu bhì gaisgeil us dileas ;  
Us gu grasmhor 'ga stiuireadh  
Ann an cùrsa na firinn.

N uair a chrìochnaich a laithean  
Ann am fasach a bhroin so,  
Rinn na h-ainglean a ghiulan  
'Staigh do luchairt na gloire.  
Fhuair e soarsa bho thruailleachd ;  
Cha ruig buaireadh gu'leon air ;  
Cha bhì deoir air a ghruaidhean ;  
Tha an suaimhneas a's mo aig'.

Tha e'n comunn an t-Slanaigheir,  
Carraig laidir a dhòchais ;  
Tha e'n tìr an ard-mholaidh,  
Us an t-soluis 's an eolais ;  
Tìr na maise 'san t-saibhreis ;  
Tìr nan aibhnichean sòlais,  
'Sa bheil uisge na beatha  
'Tigh'nn bho chathair na trocair.

'Pheacaich chailte, 'bì dusgadh ;  
Tog do shuilean ri Sion  
Treig do chleachdainnean salach,  
'S iarr gu cala na sìthe.

Cum do shuil air d'Fhear-Saoraidh,  
 'S air a ghaol tha na chridh 'dhuit!  
 Lean gu dlùth anns a bhlàr E,  
 'S theid gu lar do luchd-mioruin.

Ge b'e aon a ni earbs'  
 A gairdean anfhann na feola,  
 Mar rinn Pharaoh a charbad,  
 Gheibh e cearbach gu leoir e.  
 Leum na tonnan gu gruamach  
 Air an uachdaran mhor ud;  
 'Sthuit e-fein agus armait;  
 Dh'fhagadh marbh anns an ròd\* iad.

'N uair thig Criosda le ainglibh  
 Theid a naimhdean a mhùchadh;  
 Ach mar dhearrsadh na greine  
 'N lathair eibhneachd a ghnuise  
 Bidh gach aon a thug gradh dha  
 'S d'a lagh ard a thug umhlachd.—  
 'Dhe, dean mise de 'n aireamh  
 Theid 'san la sin a chrunadh.



### LEANTUINN AN UAIN.

'S ANN le leantuinn an uain  
 Tha na naoimh a toirt buaidh 'san stri,  
 Ged bhios cunnart nan cuairt  
 Gu'n dean E-san le buaidh an dion.

\* Ròd, seaweed.

Bidh iad beo air a ghaol,  
 Fhuair e còir dhaibh gu daor air sith ;  
 'S 'n uair a theid iad do'n uaigh,  
 Bidh gach trioblaid us truaigh' aig crich.

Cha dean buaireadh, no'n fheoil,  
 Cha dean curam, no bron, no sgios,  
 Cha dean beatha, no bàs  
 'Chaidh an sgaradh bho'n ghradh tha'n Ios.  
 Bidh an namhaid nan deigh,  
 'S bidh am peacannan breun 'gan claidh ;  
 Ach bidh ceannard an àidh  
 'Toirt dhaibh misnich 's gach càs, us dion'.

Le a bhas air a chrann  
 Thug E 'naimhdean gu teann fo chis ;  
 'S thug E talamh us neamh  
 Gu bhì 'n caidreimh a cheil' a rìsd.  
 Tha E sealltainn a nuas  
 Air gach duthaich le truas a chridh',  
 Tha E tairgse dhuinn saors' ;  
 C' uime rachadh a h-aon a dhith ?

Bidh an dream dha 'n tug Ios',  
 Saorsa shiorruidh bho'n diteadh trom,  
 Gaisgeil, calm' anns an stri ;  
 Ni iad seasamh gu dileas teann ;  
 'S iad fo'n bhrataich a's fearr  
 Chaidh a thogail an aird ri crann,  
 Bidh an naimhdean air ruaig  
 'Dh 'aindeoin geurad us cruas an lann.  
 'S bochd dheth 'n duine nach d'fhuair  
 Eolas fìor air a thruailleachd mhoir,

Us air maise agus gradh  
 An Ti 'rinneadh 'n ar n-aite 'leon.  
 Dh'aindeoin eolais a chinn  
 Agus aideachadh mìn a bheoil,  
 'S ann ri fhireantachd fhein  
 A tha earbsa gu leir, na phròis.

'N uair a thairneas an t-eug e,  
 Le 'luideagan breun mu dhruim,  
 A thoirt cunntais do Dhia  
 As gach smaointinn, us gnìomh, us rùn,  
 Chi e 'ghoraich 'sa chall,  
 'S mar-a bha e na dhall gun tùr,—  
 Cha chuir aingeal air failt',  
 Geata neimh bidh gu bràch air duint'.

'Se 'bhios sona na daoine  
 A chuir cùl ris an t-saogh'l le'n cridh';  
 'Sa bha 'gluasad gach la  
 Mar-ri caraid an graidh le stri.  
 Bidh iad comhl 'ris na chuir,  
 Ann an trusganaibh ura grinn;  
 Air an crunadh le glòir,  
 'S iad a' seinn da le orain bhinn.

Ach an dream 'bha 'toirt fuath  
 Do 'n Fhear-Shaoraidh rè'n cuairt 's an fheoil  
 Bidh 's na lasraichean dearg,  
 'Siad a' fulang fo'n fheirg a's mo.  
 Urrad 's boine bho mhiar  
 Cha 'n fhaigh aon diu 'nam piantan mor';  
 Chrìochnaich latha nan gràs,  
 Cha 'n 'eil duil ac' gu bràch ri glòir.

'N dream 'tha 'leantuinn an Uain  
 Tha nan creutairean nuadh trie ghràs ;  
 Air na nithibh 'tha shuas  
 Bidh an inntinn a gluas'd gach la ;  
 Bidh iad tric anns a chuil  
 'Siad ag urnaigh le rùn us càil ;  
 Tha an tlachd an lagh Dhe  
 'Siod ag iarraidh lan gheill 'thoirt da.

Duisg a pheacaich a d'shuain ;  
 Tha thu 'n suidheachadh truagh le cinnt',  
 Aig an lagh tha thu'n sàs ;  
 'S crionach dhon' thu, gun stath, gun bhrìgh.  
 De ma thig ort am bàs,  
 'S do thoirt leis mar-a tha thu 'n chill ?  
 Cha dean aithreachas feum  
 'N uair a ruigeas do reis a chrìoch.

Cha'n fhuil ghobhar no tharbh  
 'Bheir de 'n anam air falbh a phlaigh,  
 Ach fuil phriseil an Uain  
 'Chaidh a reubadh gun truas, gun bhaigh.  
 Seall, o m'anaim, a suas,  
 'S faic E 'fulang le buaidh na d'ait ;  
 Cuir do dhoigh ann gu leir,  
 S bi 'ga leanachd le eud gach la.



## SAIGHDEARAN CHRÌOSDA.

'S ANN tha 'n t-urram gu stri  
 Aig sàr-shaighdearan Chrìosd  
 Cha ghabh aon diu a chaidh ratreut.

Ni iad seasamh gu dian  
 Ann an aobhar an Rìgh  
 Gus an toir iad gu crìch an streup.

Cha dean cogadh no cràdh,  
 Cha dean gorta no plaigh,  
 Cha dean beatha no 'm bàs e-fein,  
 Na fir chalm' ud, gu bràch,  
 'Chur bho leanachd an t-sàir  
 Tha 'g an stiùireadh 'sa bhlar 's gach ceum.

Gur-a maiseach an dealbh,  
 Na fir chruadalach, gharbh,  
 Air an comhdach le armachd Dhe.  
 Fo Thriath cliuiteach an graidh  
 Theid iad sìos do na blair,  
 'S iad gun eagal, gun sgàth roimh bheud.

Bidh orr' clogad na slaint  
 A toirt dìon' dhaibh 's a bhlaire  
 Bho chruaidh-bhuillean luchd-aicheidh Dhe.  
 'S air am broilleach nau'n cuairt  
 Chithear fireantachd bhuan  
 An Ti naoimh a thug buaidh gu treun.

Bidh an leasraichean trom'  
 Air an crioslachadh teann  
 Leis an fhirinn, sar-bhann nach geill.  
 Us bidh soisgeul na sìthe  
 Mar bhrogan fo'm buinn  
 Agus creideamh 'gan dìon mar sgeith.

Bidh ac' claidheamh nach fann  
 A chur catha, nan laimh,  
 'Siad a' cogadh fo'n Ceannard treun,—

'Se sin armachd nam buadh  
 Leis an cuir iad an ruaig  
 Air an naimhdean neo-thrucant', breun.

Ged is daoine iad tha calm  
 Us a choisinn deadh-ainm  
 Cha'n 'eil aon diu 'cur earbs' ann fein :  
 'S ann ri ceannard an aidh  
 A tha'n suil anns a bhlar  
 Ain son buaidh air gach namhaid breun.

'S e sin Ceannard a 's fearr  
 A bha riamh ann am blar ;  
 Ged a strìochd E le làn-toil fein.  
 Thug a ghradh E a nuas  
 Do an tìr so air chuairt  
 A thoirt beatha bith-bhuan da threud.

Ged a laidh E 'san uaigh  
 Le dubh-mhìorun an t-sluaigh,  
 Dhuisg E rithisd a suas gun bheud.  
 Thug E buaidh air a bhàs,  
 Thug E 'n gath as do chach ;  
 Uile-naimhdean fo 'shailtean gheill.

Gur-a h-ìomadh deadh-bhuaidh  
 A th' air gaisgich an Uain ;  
 Gur-a freagarach stuam' am beus.  
 Bidh iad tric air an glun  
 Us an aghaidh r'a chuirt ;  
 Us cha seall iad le suil nan deigh.

Bidh iad fialaidh le'n laimh ;  
 Bidh iad ciallach an cainnt ;  
 Cha bhi briathran gun sgoinn nam beul.

Bidh an cridhe 'ga leon,  
 'S cha bhi 'n inntinn air doigh  
 Gus a faigh iad an fheoil fo gheill.

Bidh iad ait anns an Ti  
 'Fhuair dhaibh reit' agus sith ;  
 Cluinnear oranan binn nam beul.  
 Tha an tlachd anns an aithn'.  
 Tha d'a cheile aca gradh ;  
 'S ann air slighe na slaint tha'n ceum.

Ged-a tha iad an drast  
 A' dian-chogadh gach la  
 'N aghaidh naimhdean tha laidir breun ;  
 Bidh iad fhathast le'n Rìgh  
 'Mealtuinn sonais us sith ;  
 'S iad gun churam, gun sgios, gun chreuchd.

Gheibh iad beairteas nach gann  
 Anns an rioghachd tha thall  
 'N uair a ruigeas iad ceann an reis'.  
 Bidh sar-Cheannard an graidh  
 'Toirt gach ni dhaibh a's fearr ;  
 'S cha dean namhaid gu brach dhaibh beud.

Bidh iad eibhinn a gòl  
 De na h-uisgeachan beo  
 A tha sruthadh bho throcair Dhe.  
 Bidh gu pailt air a bhord  
 Mana ur ac' mar lòn,  
 'S iad a' dearrsadh mar ghloir nan reul.

Eisd, a pheacaich gun chiall  
 A tha 'siubhal gu dian  
 'S tu aig athair nam briag air shrein.



Ma theid thusa do'n uaigh  
 Mar-a tha thu 's an uairs',  
 Bidh tu caillt' ann an truaighe gheir.

Tha ar beatha san fheoil  
 A' dol seachad mar cheo  
 'Ruith air aodann an fheoir roimh'n ghrein.  
 Bi ag eiridh gun dail  
 Us lean Iosa do'n bhlar,  
 'S gheibh thu dachaidh am Phàrras De.

A Thi 'dh'fhuing 'n am ait  
 Deonaich dhomhsa 'bhi 'fàs  
 Ann an eolas nan gras fod' sgeith :  
 'S 'n uair a ruitheas mo la,  
 Biodh e fada no gearr,  
 Thoir dhomh sith ann ad àros fein.



## AN COGADH NAOMH.

### I.

AN ROIMH-RADH, NA NAIMHDEAN, AGUS  
 CRUINNEACHADH AN FHEACHD.

'S TRIC le muinntir an t-saoghail  
 A bhi 'n caonnaig 's an stri' ;  
 'S iad a cogadh gu laidir  
 'Dh fheuch co 's fearr a ni gnìomh,  
 Chithear armailtean dana  
 Do na blair a dol sìos ;  
 'S chithear luingeas air saile  
 'Chumail naimhdean bho thir.

'S fad o 'n thoisich an aimhreit  
 Us an t-ainneart tha mor,  
 Dhuig an cogadh an Cain,  
 Mharbh e bhrathair gu h-òg.  
 Bha an claidheamh 's gach linn  
 A cur nam miltean fo 'n fhoid ;  
 Dhoirteadh aibhnichean fala,  
 Tre shannt, an-ìochd, us prois.

'S truagh nach tigeadh clann-daoine  
 Anns an t-saoghal 's gach ait,  
 Gu bhi 'cogadh le naomhachd  
 Fo Fhear Saoraidh nan gràs.  
 Dheanadh E-san an seoladh  
 'Chur an ordagh a bhlair ;  
 Bha E-fein anns a chomhrag,  
 'S fhuair E leoin 'bu mhor cradh.

Tha ar naimhdean ro-lionmhor,  
 'S tha iad miorunach, breun ;  
 Tha iad cuilbheartach, briagach,  
 'S fuath do Dhia annt' gu leir.  
 An t-sean nathair, an Diabhol,  
 Tha gu dian as ar deigh ;  
 'S tha an saoghal 's ar miannan  
 'G ar sior-iarraidh dhaibh fein.

Chaidh an trompaid a sheideadh,  
 'N uair a dh'eirich an Rìgh ;  
 Chuireadh teachdairean gleusda  
 A thoirt sgeul air 's gach tìr.  
 Thigibh, bha iad ag eubhach,  
 Thigibh 's geillibh do dh'Ios',

Thug E buaidh air a bhas dhuibh  
'S chuir E Satan fo chis.

'S iomadh ait agus fine  
As na thioail an Triath  
Na fir threun a tha mar-ris,  
'S iad 'ga leanachd gu dian.  
Tha iad eibhinn na champa,  
Tha iad taingeal fo 'rian ;  
'S gur h-e'n tlachd a bhi 'labhairt  
Mu 'mhor-mhathas 's mu 'ghniomh.

## II.

CUNNTAS AIR A THABHAIRT LE FEAR DE 'N FHEACHD  
AIR MAR THAINIG E GU 'BHI NA SHAIGHDEAR  
AIG CRIOSDA ; NO, A GHAIRM NEAMHAIDH.

BHA mis' uair, ars' a h-aon diu,  
Anns an daorsa bu mho :  
Bha mo chul ri m'Fhear-Saoraidh  
'S mi do 'n t-saoghal 'tigh'nn beo.  
Fhuair mi sealladh 's a Bhiobull  
Air mo bhinn 's air mo leoin,  
'S chuir mi romham gu'm fagainn  
Staid na grainealachd mhoir.

'N uair a ghluais mi air thuras  
Bha mor-mhulad am chom ;  
Gu'm b'e aobhar mo ghearain  
Meudachd m'eallaich 'se trom.

Bha mi faicinn mo chunnairt  
 Us mi uireasbhach lom ;  
 'S ann 'bha m'fhireantachd fein  
 Mar luirich eitidh lan tholl.

Ged-a bhithinn 'ga caradh  
 Dad ni' b'fhearr cha bhiodh i ;  
 'S cha robh doigh air a' glanadh,  
 Bha i' salach gu 'brigh.  
 'S mur-a faighinn i bhuan  
 Ma 'n cuirt' 's an fhuar-leaba mi ;  
 Rachadh m'iomain gu truaighe  
 Le mo thruailleachd a sios.

Bha mi'n ceo a bha dumhail  
 'S air mo shuilean bha sgleo ;  
 Cha bu leir dhomh an gaol  
 A bha'm Fhear-Saoraidh, no 'ghloir ;  
 Ann am anam bha teagamh,  
 Agus eagal ro-mhor,—  
 Bha mi 'smaointinn air tilleadh,  
 'S mi a' sileadh nan deoir.

Bhean an Spiorad ri m'chrìdh'  
 Us Chualas binn-ghuth ag radh ;—  
 "Thig 'gam ionmsaidh-s' gu h-ealamh  
 'S tuitidh d'eallach gu lar.  
 Gheibh thu trusgan a 's riomhaiche  
 Na'n sioda 'th' aig each ;  
 Culaidh eireachdail sgiamhach,  
 'S tha i deante mar tha.

'S culaidh mhaireannach bhuan i,  
 Culaidh uasail nan gràs

'Chuireas dreach air fear 'truailidh,  
 'S a bheir suaimhneas us slaint.  
 'S deise 'dh 'fhanas glan ur i,  
 Cha bhean stur d'i gu bràch ;  
 'S deise 'mhùchas gach tein' i,  
 'S cha mhill peileir i 'm blàr.

Cheannaich mise gu daor i,  
 'S mi 's an t-saoghal's air chuairt ;  
 Air a chraoibh ann ad eirig  
 Chaidh mo reubadh gun truas :  
 Ach gheibh thusa gu saor i,  
 Tha mo ghaol dhuit do-luaigh ;  
 'S ann gu d'theastadh bho dhoruinn  
 'Dh' fhag mi 'ghloir a bha shuas."

Chlisg mo chridhe le eibhneas,  
 'S thug mi leum thuige null ;  
 Lasaich eallach mo ghuailibh  
 'S thuit e fuasgailte dhiu.—  
 "O m'Fhear-saoraidh 's mo Rìgh Thu  
 Bha Thu dileas ri m'chùl  
 Ged bha mise lan truilleachd,  
 'S am neach suarach, gun diu.

Bidh mi tuilleadh ad armailt,  
 'S faoin leam airgiod no or ;  
 'S e mo shòlas 's an t-saoghal so  
 'Bhi 'g aoradh dha d'ghloir.—  
 Dean led' Spiorad mo stiuireadh  
 Cum mo shùil ort ri m'bheo ;  
 Dean mi dileas fo d'bhrataich ;  
 Na leig gealtachd am chòir."

## III.

## FEACHD CHRISDA.

'S IOMADH saighdear 'tha gluasad  
 Fo Thriath buadhach no glair'.—  
 Cuid diu misneachail laidir,  
 'S cuid diu sgàthach gu leoir ;  
 Cuid diu aidhearach, eibhinn,  
 'S cuid diu creuchdte 's fo bhron ;  
 Cuid air liathadh le aois diu,  
 'S cuid diu aotrom, clis, og.

'S daoine 'rugadh a rìsd iad,  
 'S ris an fhirinn a dh'eisd.  
 Tha iad truacanta, baigheil,  
 'S tha mor-ghradh ac' d'a cheil'.  
 Tha ac'fuath do gach peacadh  
 Gach droch-cleachdadh, 's mi-bheus ;  
 B'e am miann a bhi 'g imeachd  
 An lagh Iosa 's gach ceum.

Bidh iad tric air an gluinean  
 Us an suilean ri 'n Triath ;  
 'S gur-a math leo bhi 'g eisdeachd  
 Ris gach sgeul 'thig o bhial.  
 Tha e ionmhuinn 's gach doigh leo ;  
 Tha a ghloir mar a ghrian ;  
 Tha an cridhe air a ghradh daibh,  
 'S e 'dol bàs air an t-sliabh.

Gur iad fein am feachd alainn,  
 Latha blair air an raon,

'S iad 's an eideadh a's taitnich'  
 A theid fhaicinn air laoiach.  
 Tha gach ball de'n cuid armachd  
 Laidir, dealrach, gun ghaoid.—  
 Ni iad seasamh 's an laraich,  
 'S cha'n ann failinneach, faoin.

## IV.

## AN CEANNARD. AM BROSNAHADH-CATHA.

ORRA fein tha'n Triath calma,  
 Fhuair e ainm thar gach sàr :  
 Thug E buaidh air an Diabhol,  
 Thilg E sios e fo 'shail ;  
 As an uaigh rinn E eiridh  
 'Dh 'aindeoin geur-ghath a bhais  
 'S thug E miltean de threubhan  
 Gu bhì 'geilleachduinn dha.

'N uair a bha E 'san fhearann s',  
 'S e a ceannach dhuinn slaint',  
 Bha E trocaireach, caoimhneil,  
 Bha E aoibheil a ghuath.  
 Math gach duine bha dhith air ;  
 Rinneadh miltean leis slàn.  
 'S tric a ghlan E na lobhair  
 A bha lobhadh 's a cnamh.

Do na doill thug E leirsinn,  
 'S chuir E eibhneas nan com ;  
 Thug E 'n bhothar a chlaisteachd,  
 'S chuir E neart san fhear fhann ;

Chuir E 'm balbhan gu 'seanachas  
 Gu neo-chearbach na champ ;  
 'S chuir E 'm bacach gu leumnaich  
 Mar fhiadh eutrom nam beann.

Ri chuid saighdearan gaolach  
 Tha 'm Fear-Saoraidh ag radh ;—  
 Na biodh eagal 'n ur n-inntinn,  
 Bidh mi-fhìn leibh 's gach càs.  
 Bithibh misneachail, treubhach ;  
 Buailibh beuman gu dàn :  
 'S cumaibh cuimhn' air na rinn mi  
 Air a chraoibh ann bhur n-ait.

'N dream a chogas le dichioll  
 Fhad 's a bhios iad 's a ghleann',  
 Theid a chrunadh mar rìghrean  
 Anns an rioghachd tha thall.  
 Leigh'sidh plasd' de'n fhuil phriseil  
 A ruith sìos air a chrann  
 Uile-chreuchdan gach firein  
 A bhios dileas le 'lann.

Ach an dream a tha gluasad  
 Fo mo shuaicheantas ard,  
 'S nach bi dileas 's an stri dhomb,  
 Bidh am prìosan gu brach.  
 Cha bhi grian ac' no solus,  
 Sith, no sonas, no slaint ;  
 Bidh iad mar-ri 'm Fear-Buairidh,  
 'S e gun truas diu nan càs.



## V.

BLAR. A BHUAIDH DHEIREANNACH. GUIDHE  
A BHAIRD AIR A SHON FEIN.

FAIC a' cath anns an araich  
Am feachd laidir aig Criosd.  
'S iomadh saighdear 'tha craiteach  
Agus saraichte, sgìth.  
Tha na gaisgich a's treine  
A faotuinn deuchainn gu leoir.  
Ged bu chalma Rìgh Daibhidh  
Fhuair e sàrachadh mor.

Tha na cealgairean breugach  
Air bheag feum anns a bhlar ;  
Cha'n 'eil sgil ac' air snaidheadh  
Leis a chlaidheamh gu làr ;  
Tha na saighdean 'gan reubadh,  
'S iad gun sgeith 'sa bheil stàth.  
Tha na naimhdean gan saltairt,  
'S a cur as daibh, gun bhaigh.

Na fir ghaisgeil a's dluithe  
Do cheann-uil nam mor bhoadh,  
Tha ri gnìomharan mora,  
'S a sior-leon an luchd-fuath'.  
Tha fein-fhireantachd 's ardan  
'Dol roimh 'n claidhean air ruaig,  
Dh'aindeoin innleachdan Shatain,  
Troimh neart grais bheir iad buaidh.

'N uair 'thig Breitheamh an t-saoghaoil  
Do gach aon 'thoirt a dhuais,

Theid an Diabhol 's gach namhaid  
 'Chur a 'lathair le gruaim :  
 'S bidh gach saighdear a 'dearrsadh  
 Ann an ailleachd bith-bhuan ;  
 'S iad gun churam, gun sgios orr',  
 Thainig crìoch air gach truaigh'.

O nach seall Thu le truas  
 Air duine truailidh 'tha dall ;  
 Air mo thuras troimh 'n fhasach s',  
 'S gun mo laithean ach gann.  
 Thoir dhomh sealladh, mo Shlanaigheir,  
 Air a ghradh a tha 'd' chom,  
 'S theid mi 'chogadh fo d'bhrataich,  
 'S biodh do neart a cur leam.



### FEIN-MHEALLADH.

Is lionmhor iad 'tha gu dian a gluas'd  
 'S an t-slighe bhronaich gu doruinn bhuan  
 Us iad an dùil gu bheil iad gu siubhlach  
 A 'dol gu luchairt ard-Phrionns' nam buadh.

Bu teann am Pharasach ann am beachd  
 Gu'n robh e fein ris gach ni bha ceart,  
 'S bu mhor a dhimeas air maor na cise  
 A bha cho diblidh na thigh'nn a steach.

Na urnaigh chluinnt e a' seinn mar cheol  
 Nach robh e gluasad an truailleachd mhoir  
 Mar 'bha na truaghain a bha mu'n cuairt dha,  
 'S gu'n robh e stuam 'agus truacant', còir.

Bha anam truagh air àt 'suas le pròis  
 Na mhaitheas fein bha e 'cur a dhoigh ;  
 An traisg 'san urnaigh nach robh le durachd,  
 'S nach seas an cunntas da aig a mhòd.

Na h-oighean gorach le fonn bha 'gluas'd,  
 'S iad 'dol an comhdhail 'n fhir-phòsda nuaidh ;  
 Gidheadh bha 'n lochrain gun ola bheo annt' ;  
 Cha rodh ac' eolas air meud a luach.

Na h-oighean glic' fhuar a staigh gu luath  
 Do thaigh-na-bainns', ach bha iadsan truagh ;  
 Bha'n dorus duint' orr' 's cha'n eisdt' an urnaigh  
 Bho'n cridhe tùrsach 'bha iad 'cur 'suas.

'Fhir 'tha ga d'ainmeachadh fein air Criosd,  
 A bheil thu 'g earbs' ris le d'uile chridh' ?  
 'Bheil thu 'toirt graidh dha, 's a coimhead aintean,  
 'Sa 'g iarraidh 'shlaint' thar a h-uile ni ?

Bi gluas'd a lunndair' 'tha 'diultadh Chrìosd ;  
 Tha facal Dhe 'cur an ceill le cinnt'  
 Ma thig am bàs ort 's tu an staid nadair  
 Nach faic thu slaint' ach gu'n teid thu dhìth.

A Rìgh nan rìghrean a tha gu h-ard  
 Dean sealltainn 'nuas oirnn le iochd us gradh,  
 Math dhuinn ar fiachan air sgàth an Ti sin  
 'Thug suas mar iobairt E-fein 'n ar n-ait'.



## AM BUAIREADAIR.

THA naimhdeas 's an Diabhol do Dhia us do  
dhaoin',

Do mhaitheas, do dh'àilleachd, do dh'àdh, us do  
ghaol.

'S e 'thlachd sinn 'bhi' gluasad an truailleachd an  
t-saoghail s',

'S an t-slighe 'bheir sios sinn do phriosan na  
daors'.

Bu tràth chaidh e 'n ghàrradh gu Adhamh us  
Eubh' ;

'S le 'chomhairlean fhuair e gu luath iad fo gheill.

Na crùn a bha 'dearrsadh mar ailleachd na grein'

Thuit sios air an lar, 's chaidh an adh leo air  
sgeith.

'N uair shiolaich sliochd Adhaimh 's gach aite  
mu'n cuairt

Chuir Satan annt' neoghloin us morchuis us fuath.

Sheall Dia orra 'n corruich, 's bho dhorsan nan  
speur

Bhrùchd tuil a chaidh thairis air 'n talamh gu leir.

Bha 'm bàs a nis 'saltairt fo'chasan gach ni ;

Bha inntinn lan solais 's gach beo 'dol a dhìth,

Ach Noah 'san t-seachdnar 'bha steach leis fo  
dhion.—

Fhuair iadsan lan-shabhailt air ard-bheinn gu tir.

Bha Satan gu luath 'dol mu'n cuairt mar-a abh'st,

'S a buaireadh sliochd Noah gu teoma 's gu dàn.

Luchd-Aiteachaidh Shodoim 's Ghomorrailh dha  
gheill ;  
Bha'm peacannan uamharr, 's iad gluasad na  
dheigh.

Le cumhachd na feirg ud 'tha anabarrach geur  
Leum diogh'ltas gu buadhach a nuas orr' bho  
neamh.

Bha pronnasg us teine 'gam milleadh le cheil',  
Us loisgeadh gu'n grund iad nan smùid ris an  
speur.

Bha Satan 'san fhasach gach la 'dol mu'n cuairt  
'Sa buaireadh nan daoine le Maois a bha gluas'd.  
Fo iul thug iad aoradh 'nam faoineis gu truagh  
Do'n laogh a rinn Aaron de dh'fhàineachan chluas.

Ghrad-lionadh leis Corah na dobheirt le'uaill,  
'S thuit tein' air a dh'fhag air an lar e na ludth.  
Rinn Datan 's Abiram dha strìochdadh gu faoin,  
'S an talamh shluig beo iad, 's bu bhronach an  
glaodh.

Fo 'stiuireadh chuir Achan, 'n uair bha e 'sa  
chàm, p,  
Aur falachan t-airgrod gu cealgach le sanut.  
Chaidh tharruinn do'n mhachair 's a chlachadh  
gu bàs ;  
'S chaidh Dia leis an t-sluagh 's thug iad buaidh  
anns a bhlar.

Gu Daibhidh, 'm fear-ciuil, an rìgh cliuiteach,  
's an sàr,  
Chaidh Satan us ghluais e gu uaill e a' chlàidh 'n.

Dh'at corruich Iehobhaidh, 's bha bron anns  
gach ait'

'S am bas 'cur nam mìltean gu dith leis a phlaigh.

Tha Satan gach la anns gach ait 'dol mu'n cuairt  
'S a sgaoileadh a liontan 'tha lionmhor roimh  
shluagh,

'S ga'n glacadh 's 'gan turruinn nan aineolas  
truagh

Do dh'ifrinn na doruinn 's a bhroin a tha buan.

O moladh biodh dhasan a thainig a nuas

'Chur Shatain fo 'shàiltean 's thoirt slainte da  
shluagh.

Le gràdh thoir do chridh 'dha, 's na fhirinn bi  
gluas'd,

'S 'n uair fhagas tu 'n tir s' theid thu 'n riog-  
hachd 'tha shuas.



### SEASMHACHD IOB.

THA 'm fear-millidh a' gluasad

Gu dian siubhlach mu'n cuairt anns gach àit,

Bidh e 'caitheamh a shaighdean

Ann an broilleach gach saighdeir gach la.

Chaidh e 'bhuaireadh an fhirein

Bha 'n Arabia spìosrach a' tamh,

Ach cha d'ghlac e na lion e

'Dh'aindeoin innleachdan miorunach, dàn'.

'Dh'ionnsaidh Iob thainig teachd'rean

Rinn an naigheachd neo-thaitneach 'thoirt dha,

Gu'n do chaill e gach ni 'bh aig' ;  
 'S gu'n robh oiglaich 'bha dileas da ghnath,  
 Us a nigheannan oga  
 'Sa mhic aluinn gun deo air an Iar.  
 Reub e 'fhalluinn us shleuchd e  
 Ann an Iathair a Dhe na chruaidh-chàs.

Thuirt e, Thi a tha riaghladh  
 'S ann an ceartas a deanamh gach ni,  
 Gun or, gun urram, gun earras  
 Thainig mise nam leanabh do'n tìr s',  
 'S lomnochd cuiridh mo chairdean  
 Ann an ciste nan clar mi' 'sa chill ;  
 Thugadh dhomh 's thugadh bhuam leat ;  
 Thoiream moladh bithbhuan dhuit bho m'chridh.

Le trom-neasgaidean lionadh  
 Iob bho mhullach a chinn gu a shail ;  
 Ghabh e slige ga sgriobadh  
 'Se san luathre na shìneadh an cràdh.  
 Thuirt a bhean ris, " Am bi thu  
 Do dh'Iehobhah a strìochdadh ri d'la ?  
 Mallaich E 's E gun trocair  
 'S rach a chomhuaidh fo'n fhoid leis a bhas."

Fhregair esan,— "'Bhean ghorach  
 Tha do chainnt 'cur ri doruinn mo chridh',  
 'N gabh sinn saibhreas us slainte  
 Bho Iainh chumhachdaich ghrasmhoir ar Rìgh',  
 Us an diult sinn le ardan  
 Bochdainn, trioblaidean, cràdh, agus sgios ?  
 Bhiodh e ceart do'n Ard-Riaghlair  
 Ar grad-thilgeadh gu piantan a sìos."

'Dhe, dean mise dhuit dileas  
 Mar bha Iob anns gach ni ri mo la.  
 Anns gach cor biodham strìochd 'dhuit,  
 'S thoiream moladh bho m'chridh' dhuit le gradh.  
 Dubh mo pheacannan lionmhor  
 Mach a leabhar do chuimhne gu bràch.  
 Thoir bho 'n bhuaireadair dìon dhomh,  
 'S cum mo shuil air an Ti 'sheas nam ait.



### DILLSEACHD AGUS DUAIS NAN ABSTOL.

'N UAIR a dh'eirich an Treunfhear,  
 'S e gun chreuchd air, gun fhailinn,  
 Chaidh E 'thional a dhaoine,  
 'S iad air sgaoileadh 's gach aite.  
 Chuir E 'bhuidheann ri 'cheile,  
 'S bha iad eibhinn na lathair.—  
 'S thug e àithne dhaibh ìmeachd  
 'Thoirt fo chis dha gach aite.

Thoirt fo chis dha gach aite  
 Ghluais gu dàna na treun-laoich,  
 'S iad gun eagal, gun churam ;  
 Bha an suil anns gach ceum ris.  
 'S glan a dhearbhadh iad fo bhrataich  
 A bhi sgairteil, cruaidh-bheumnach.—  
 Sheas iad uile le cruadal,  
 Cha do ghluais iad gu 'threigsinn.

Cha do ghluais iad gu 'threigsinn ;  
 Bha iad eudmhor nan cridh 'leis.



Bha ac' cuimhn 'air na rinn E  
 Air a chraoibh 'dh'fhaotuin sith 'dhaibh.  
 Bu tric 'thugadh dhaibh tamailt,  
 Bu tric saraichte sgith iad'  
 Bu tric 'thugadh dhaibh buillean  
 'S chaidh an cur ann am prìosan.

Chaidh an cur ann am prìosan  
 Air sgàth 'n Ti a thug gaol dhaibh  
 Ach 's ann 'chunnt iad mar urram  
 A bhi 'fulang na aobhar.  
 Aig an Triath bha dhiu cùram,  
 Bha a shuil orra daonnan.  
 S thug E 'luchairt an aidh iad,  
 'N uair a dh'fhag iad an saoghal s'.

'N uair a dh'fhag iad an saoghal s',  
 Bha ac' saorsa bho thruaighean,—  
 Cha ruig naimhdean gu brach orr',  
 'S cha dean Satan am buaireadh.  
 Cha bhi acras no sgios orr'  
 'S cha bhi ni 'cur orr' bruaillein,  
 'S iad a seinn le toilinntinn  
 Ann an rioghachd an t-suaimhneis.

Ann an rioghachd an t-suaimhneis  
 Tha an duais aig na sàr laoich.  
 Chaidh le naomhachd an comhdach,  
 Trusgan glormhor na slainte.  
 Tha 'm Fear-Saoraidh toirt eolais  
 Agus sòlais na ghràdh dhaibh.  
 Tha ac' beatha neo-chriochnach,  
 Tha gach ni ac' a's aill leo.

CRAOBH-SGAOILEADH AN T-SOISGEIL  
ANNS AN TIR SO.

Tha naigheachd anns an rioghachd so  
A ruigeas linn no dha ;  
'S a bhios na h-aobhar taingealachd  
Do'n chlann nach do rinn fas.  
Tha 'n soisgeul air a mhìneachadh  
Le firinn us le gradh  
A mach air feadh nan coilltichean,  
'S gu'n cluinn iad e 's gach ait.

Bha cheann tri-fichead bliadhna  
Bha an t-ait' so fiadhaich fàs,  
Gun taigh, gun duin' ach Innseanaich ;  
'S e'n diugh gu tiorail, blàth.  
Gu'n d'ullaich am Fear-Saoraidh e  
Do dhaoine 'bha nan càs,  
'S a chuireadh thar nan cuantan  
Leis na h-uachdarain gun bhàigh.

An sluagh air tùs a thainig ann  
Bha iomadh la gun doigh  
Am fearann bha ri 'reiteach' ac',  
'S bha 'n clann gun fheum 's iad og.  
'Bu tric iad claidhte saraichte  
'S a failneachadh 'chion loin ;  
Bu tric le fuachd a' fulang iad,  
'S am mulad bha 'gan leon.

Mu'n tainig Maighstir Seumas thuc',  
An teachdair' eudmhor, suaire,

Bha iad gun neach gu'n treorachadh  
 'S dluth-cheo orra mu'n cuairt.  
 Thug esan moran leirsnn dhaibh  
 Mu eifeachd fuil an uain  
 Gu glanadh dhinn gach grainealachd  
 'S gu'r sabhaladh bho thruaigh'.

Gur h-iomadh ait ri la-san  
 'Bha nam fasaichean fo choill'  
 Us mathainn fhiadhaich 'chomhnuidh annt',  
 'S loin\* chabrach mhor na loinn.  
 Bu tric air bhrogan sneachd e  
 'Dol air astar feadh na tir' ;  
 Bu tric 'bha fuachd us acras air,  
 Bu tric e tartmhor, sgithe.

Ard-chliu do'n Ti 'tha riaghladh,  
 Do nach h-'eil do-dhiannte ni ;  
 An diugh tha eich us carbadan  
 A' falbh air feadh na tir'.  
 Tha biadh us deoch gu leoir againn  
 'S gach ni tha oirnn a dhith.  
 'S tha iomadh aodhair' gleust' againn  
 A tabhairt sgeul mu Ios'.

Am Biobull tha 'n ar laimh againn  
 An cainnt a thuigeas sinn,  
 A chainnt a bh'aig ar mathraichean  
 'S a bhios gu brach leinn binn.  
 Mu innleachd mhoir na slainte  
 Tha 'n diugh eolas ard 'san tir  
 'S tha moran innt' r'am faotuinn  
 Thug do dh'Ios' le gaol an cridh'.

\* Lon, a moose.

Gu'n d'ullaich Dia taigh-foghlaim dhuinn  
 Na throcair mhoir tha buan,  
 'S bidh eolas air a sgaoileadh as  
 Mu chionta dhaoin 's mu'n truaigh';  
 Mu cheartas Dhe 's mu 'naomhachd  
 Us mu chaomhalachd 's mu 'thruas;  
 'S mu 'n t-saorsa 'cheannaich Iosa  
 Leis an iobairt 'thug E 'suas.

Gur t-obar anns an fhasach e,  
 'S tha 'n t-al so dheth ag ol;  
 Gur craobh e 'meadhon garraidh  
 Tha de thoradh làn gu leoir;  
 Gur lochran e 'tha 'soillseachadh  
 'S an oidhch' le solus mor.—  
 'N oid-fhoghlaim a tha teagasg ann,  
 Tha freag'rach air gach doigh.

Aig triuir a chaidh ann ionnsachadh  
 Tha 'chainnt dheas shughmhor, bhinn,  
 A chleachd a bhi 's an duthaich  
 'S an robh sinn an tùs ar tim;  
 'S bho 'm bilibh innte cluinnidh sinn  
 Am briathraibh cuimir, fìor,  
 An naigheachd thaitneach, fhallain  
 'Bheir o amaideachd an cridh.

'S e' n soisgeul sgeul a's luachmhoire  
 A chuala cluas ri tim.  
 Gur sgeul e 'dh'fhagas sòlasach  
 Am peacach bronach tinn.  
 S an leis tha 'n spiorad grasmhor  
 A toirt slainte dhuinn us sith;

'S gur h-eachdruidh tha do-rannsaicht 'e  
Os-ceann a h-uile ni.

Tha 'n soisgeul binn a' sgaoileadh  
'N iomadh ait' 'san t-saogh'l an drast ;  
Tha gathan Grian na Firinteachd  
'Dol do gach tir le 'm blàths,  
Luchd-teagaisg diadhaidh truacant'  
Tha 'dol thar nan stuadhan ard ;  
Tha sluagh 'cur cùl ri'n iomhaighean  
'S a tigh'nn gu Ios le gradh.

Ged 's iomadh ait' 's an t-saoghal  
'S a bheil daoine 'n diugh aig Criosd  
Tha curam de gach aon diu aig'  
'S E 'toirt dhaibh naomhachd cridh'.  
Ged gheibh iad anradh 's sàrachadh,  
Na tonnan ard ged 'bhios,  
Bheir E do chala sabhailt' iad,  
'S bidh iad gu brach fo dhion.

A shluagh bidh uile chomhnaidh leis  
'S iad saor o bhron s o chràdh  
Bidh oighreachd ghlan neo thruaillidh ac'  
Nach mill droch-shluagh no 'm bas.  
Mar ghrein bidh iad a soillseachadh  
'S an cridh' le aoibhneas làn ;  
A' seinn na h-aleluia  
Le caithream ciuil gu h-ard.

Ri dol mu'n cuairt na rìgh-chathrach  
Cha 'n fhàs iad sgith no fann  
'Toirt cliu do'n Tì a ghradhaich iad  
'S a sheas nan ait fo'n bhann.

Le 'fhuil ghlan E gach truailleachd bhuap'  
 'Bha fuaighte riu gu teann,  
 Us chrùn E iad nan rìghrean  
 Anns an rìoghachd 'bhios gun cheann.

The first settlers in Pictou County were six families who came from Maryland in 1767. It was in 1773 that the Highlanders from Lochbroom arrived in the ship *Hector*. "Maighstir Seumas," Dr. M'Gregor, came in 1786. The first Gaelic-speaking ministers educated in Pictou Academy under Dr. M'Culloch were, the Revs. Angus M'Gillivray, Hugh Ross, and Hugh Dunbar. Mr. M'Gillivray was ordained in 1824, and died in 1869.



## NEOCHINNTEACHD AR BEATHA.

'PHEACAICH chailte gun chùram  
 A do chadal bi dusgadh a suas;  
 Teich, 's do bheatha neo-chinnteach  
 'Dh'ionnsaidh baile an didein gu luath,  
 Is fìor ghoirid an uine  
 Gus am bi thu 'gad ghiulan aig sluagh,  
 'S tu fo chumhachd an rìgh sin  
 'Bheir gach duine ri tim leis do 'n uaigh.  
 Mar fhaoin-fhaileas 'san fheasgar,  
 'S e gu siubhlach a' greasad a d'lath'r;  
 Mar cheo tan' air na sleibhtibh,  
 'S e roimh ghaithibh na greine a snamh;

Mar spàl ealaimh na beairte,  
 Mar eun clis 'se le 'neart 'dol troimh ghleann,  
 Mar ghaoith dhein air uchd mara,  
 Tha do laithean 'dol thairis nan deann.

Thig do cholunn gu talamh  
 Ach gu crich cha tig d'anam gu bràch ;  
 Bidh e mar-ri 'Fhear-Saoraidh,  
 No le 'namhaid an daorsa 's an cradh.  
 Co a thuigeas no dh-innseas  
 Meud an fhad tha 's an t-siorruidheachd mhoir,  
 'Bheil thu deas gu dhol innte,  
 'S tu 'nad namhaid do dh'Iosa 's da ghloir ?

Tha an saoghal so carach  
 'S iomadh doigh air an dallar leis sluagh ;  
 Bidh e 'gealltainn dhuinn sonais  
 Bho gach faoineis bhochd dhona neo-bhuan ;  
 'S tha thu 'g eisdeachd ri 'bhriagan,  
 'S tu a seoladh fo 'riaghladh gu truaigh'.—  
 Till us iarr 'chum a chala,  
 'S nach bi cunnart no gaillionn no stuadh.

'N uair a sheallas am bàs ort  
 Theid do mhais 'agus d'ailleachd air chul ;  
 Bidh do mhorchuis us d'ardan  
 Air an leagadh le tair anns an uir.  
 Bidh do thaighean 's do storas  
 Aig daoin' eil 'ann an coir air dhuit falbh ;  
 Am fear-saibhir a's gionaich'  
 Cha toir bonn leis do dh'ionad nam marbh.

An neach morchuiseach ard thu,  
 Tha ri tàir air do bhraithrean ad' chridh ?

Gu de 'dheireas dha d'mhòrachd  
 'N uair a chairear fo 'n fhoid thu 's a chill?  
 Ged is neach thu tha cleachdte  
 Ri 'bhi 'labhairt gu smachdail 's gach stri,  
 Cha bhi eisdeachd aig d'fhacal  
 'N uair a leubhar an ceartas do bhinn.

Na bi ceann-laidir, gàbhaidh,  
 'S nach 'eil annad ach sgail' anns an fheoil;  
 Air a bhàs cha tig cadal,  
 Tha e tarruinn gun stad leis fo'n fhoid.  
 Cha'n 'eil fios gu de 'mhionaid  
 'S an cuir Dia e 'gad' shireadh s 'gu mòd.  
 Dh'fhaoidt' mu 'm priob thu do shuilean  
 Gu'm bi d'anam fo dhunadh am bron.

Bha Samaria 'n eigin  
 Air an teannachadh geur a chion bidh;  
 Rinn am misneach an treigsinn;  
 Bha iad toileach air geilleadh le sith;  
 'N uair a dh'innis am faidhe  
 Gu'm biodh pailteas am maireach 'san tìr;  
 Gu'm biodh tomhas air sècel  
 Air a reic gus am feum de mhin mhìn.

Thuirt an t-Uachdaran stràiceil  
 Aig an robh an treas àite fo'n Rìgh,  
 Ged a dh'fhosgladh na neamhan,  
 Ciamar dh'fhaodadh an gràs sin a bhi?  
 Fhuair e sealladh le 'shuilean  
 Mar a dh'innseadh mu'n chuis da le cinnt',  
 'S chaidh a shaltairt 's a mhùchadh  
 Anns a gheata gun churam d'a chrìch.



Bha aig namhaid nan Iudhach,  
 Hàman fuileachdach prionnsail na prois',  
 Moran oir agus airgid ;  
 B'ard a chumhachd us ainm us a ghloir :  
 Bha mor-mheas aig an rìgh air,  
 Cha robh iochd'ran 's an tìr bha cho mor ;  
 Ach bu ghrad ris an làr e ;  
 Chaidh a chrochadh mar mheairleach air ròp.

Ananias 's Saphira  
 Chaidh a ghlacadh ag innse nam breug.  
 An nì 'chumadh bho Dhia leo  
 'S an taigh-chumhann cha deanadh dhaibh feum.  
 'N eaglais fhaicsinnich Chrìosda  
 Tha'n diugh oighreachan lionmhor nan deigh,  
 Mar tha'n dream 'bhios ag aoradh  
 'Chum 's gu'm faicear le daoìn' iad 's an treud.

Bu duin' uaibhreach rìgh Hèrod ;  
 Bha e farmadach, feineil, gun truas.  
 Shìn e lamh, 's e gun eagal,  
 Air an dream a bha 'teagasg le buaidh.  
 Airson aingidheachd dhàna  
 Bhual an t-aingeal e'n lathair an t-sluaigh ;  
 Dh'eirich cnuimheagan breun ann,  
 'S chuir iad crìoch air an eucorach thruagh.

'N uair thig deireadh an t-saoghail  
 Cruinnichidh Dia a shluagh gaolach r'a cheil' ;  
 As gach duthaich us fine,  
 As gach rioghachd us ionad fo'n ghrein.  
 Cha bhi bròn aca tuilleadh ;  
 Cha bhi leon orra, buille, no beum.

Bidh iad mar-ris na h-aingil,  
'S ris an Ti sin a cheannaich dhaibh reit'.

Theid na h-aingidh a dhiteadh ;  
Theid an iomain gu prìosan a bhroin ;  
Far nach mùchar na teinntean  
'Bhios nan lasraichean puinnsein ri 'n sroin.  
Cha bhi sòlas no aoibh ann,  
Cha bhi la ann, ach oidhche gun cheol.  
Cha bhi moladh 'ga sheinn ann,  
'S bidh ann mallachadh oillteil 's gach doigh.

An Ti 'cheannaich dhuinn slàinte  
Tha toirt cuiridh na ghràdh do gach dream.  
Do gach aon a bheir geill dha  
Bheir E saorsa bho eucailean trom'.  
Seall, a pheacaich, mar bha E  
Fulang doruinn 'n ad ait air a chrann,  
Treig do chleachdainnean graineil  
S lean led' chridhe gach là E gu teann.



### ABHAINN IORDAIN.

'N UAIR a pheacaich ar sinnsreadh  
Chaill iad iomhaigh na gloire.  
Thainig truailleachd nan inntinn,  
'S thainig crìoch air an sòlas.  
An lagh naomh bha 'gan diteadh  
'Dh' ionnsaidh prìosan na doruinn.  
Fhuair am bas iad fo chis da,  
'S bha toilinntinn gu leoir air.

Tha am bàs le 'ghath buadhach  
 Dol mu'n cuairt anns gach aite,  
 'S e 'cur roimhe gach duine  
 'Chur gu buileach fo 'shailtean.  
 Cha'n 'eil iochd ann ri creutair,  
 'S e 'bhi 'creuchdadh 'tha 'dhith air.  
 Cha deach as bhuaith ach Enoch  
 'S am faidh' eudmhor Elisha.

Thug e Abraham cliuiteach  
 A thoirt umhlachd mar rìgh dha.  
 An triath morail sin Maoise  
 'S an tìgh chaol chuir e sìnte.  
 Rinn e greim air Eoin Baiste  
 Ged bu ghaisgeil an laoch e.  
 Rinn na h-abstoil dha strìochdadh  
 'S thainig crìoch air an saothair.

Cha'n 'eil innleachd aig daoine  
 'Ni 'san t-saoghal so dìon daibh ;  
 Tha am bas a sior-tharruing  
 Leis do thalamh na siorruidheachd.  
 Bha Methusela aosmhor  
 Thar gach aon a bha riamh ann ;  
 Gidheadh thainig am bàs air  
 'S as an fhasach so thriall 'e.

'S gearr an uine 'theid ar fagail  
 'N ar luchd-taimh anns an tìr so.  
 Na chaidh seachad de'r saoghal  
 Tha mar fhaoin-sgeul a dh' innseadh.  
 Mar an spàl tha ar n-uine  
 'Ruith gu dluth gu ceann-criche ;

No mar cheo 'dol na dheannaibh  
Thar nam beannaibh roimh dhian-theas.

Gu'm b'e Abel na naomhachd  
An ciad aon a chaidh thairis  
Do thir aoibhinn Chanàain,  
'S bha e 's namh na chuid fala.  
Tha'n diugh mìltean gun aireamh  
'S an tìr alainn sin mar-ris,  
'S iad a' moladh an t-Slanaigheir  
A thug gradh dhaibh 's a ghlan iad.

'S aobhar uamhais d'a rìreadh  
'Bhi 'dol 'sios gu sruth Iordain,  
Do na daoine tha gluasad  
A reir truailleachd na feola.  
Cha'n fhaigh duine dhiu thairis  
'Dh'ionnsaidh fearann an dochais ;  
Bheir an sruth iad, 's e laidir,  
'Sios do dh'aite na doruinn.

Gheibhear daoine anns an eaglais  
'Tha gun eagal Iehobha,  
Mar bha creutairean graineil  
Anns an aire a bh'aig Noah :  
Ach an rioghachd na naomhachd  
Cha bhi aon 's am bi fòtus,—  
Neach a mhilleas no thruailleas  
No a ghluaiseas an do-bheairt.

'S beag am feum a ni lochrain  
'Dhol an comhdhail fear-bainnse,  
'S iad gun bhoinne de dh'òla,  
Cha tig solus no soills' bhuap'.

'N uair a ruisgear an cleoca  
 'Bha 'ga chomhdach de'n t-slaightear  
 Theid a thilgeadh do thruaighe ;  
 'S bidh a dhuais aig an t-saighdear.

'N uair theid fithich na ceilge  
 Nach dean seirbhis air fogairt,  
 'S ann a thilleas na calmain  
 Ann an earbsa ri trocair.  
 Tha gach aingidh a' gluasad  
 A reir truailleachd na feola,  
 Ach gach firean tha 'faotuinn  
 'S an Fhear-Shaoraidh an sòlais.

Chi sinn daoine math, dileas,  
 A' dol sìos gu bruaich Iordain,  
 Lag an creideamh us sgàthach,  
 'S goirt tha'n namhaid an toir orr'.  
 'S chi sinn cuid 's iad a' gluasad  
 Mar laoiach bhudhach gu comhrag ;  
 Tha mu'n coinnimh gu soilleir  
 Triath an t-soluis 's na gloire.

Thar sruth Iordain gu sabhailt',  
 'Dh'aindeoin Shatain us truailleachd,  
 Gheibh gach aon a tha leanachd  
 An Ti 'cheannaich dhuinn suaimhneas ;  
 'Tha le sòlas ag ol  
 De'n charraig ghlormhoir a bhuaileadh,  
 'S a tighnn beo air a mhana,  
 Biadh nan aingeal ard-bhudhach.

Gheibh iad thairis do'n tir sin  
 'S am bi sìth agus suaimhneas,

Tir a chiuil us a mholaidh  
 Tir an t-sonais nach gluais bhuap',  
 Tir an t-soluis 's an t-samhraidh,  
 Cha bhi geamhradh no fuachd innt' ;  
 Tir na maise 's na slainte,  
 Tir gan namhaid, gun bhruaillein.

Ged bha Lasarus bochd dheth  
 Làn de lotan 's de chreuchdan,  
 'S e na shuidhe aig an dorus  
 Comhl' ri conaibh nan treudan,  
 'N uair a chaidh e thar Iordain  
 Bha gach leon a bh'air leighste ;  
 Rinn na h-ainglean a ghiulan  
 Gus a chuir an robh'n t-eibhneas.

Gu bheil eachdraidh 'n fhir shaibhir  
 Bha le sgarlaid air eideadh,  
 'S e a ruagadh faoin-shonais,  
 Cur gu soilleir an ceill dhuinn,  
 'N uair theid duine thar Iordain  
 'Dh'àite bhroin us an leir-sgrios  
 Nach bi doigh aig air faotuinn  
 'Dh'ionnsaidh saors' agus eibhneis.

Smaointich, anaim neo-bhasmhoir,  
 Air cho gearr 's a tha d'uine ;  
 Air do pheacannan sgreamhail,  
 'S air an teine nach mùchar ;  
 Air sruth Iordain a beucaich  
 'S tu leat fein a tigh'nn dluth dha,  
 'S teich gu Iosa 's E 'g eubhach  
 Thig le d'chreuchdan am ionnsaidh.

Bheir E ola nan gras dhuit,  
 'S anns gach càs bidh a shuil ort ;  
 Bheir E trusgan na bainns' dhuit,  
 Ged-a b'aingidh do ghiulan ;  
 Bheir E sith dhuit us slainte,  
 'N dara bàs cha tig dluth dhuit ;  
 Ni E glan na chuid fala thu,  
 'S theid le caithream do chrunadh.

'Thi 'tha 'riaghladh am Flaitheas  
 Ann an cathair na glorach,  
 Seall a nuas oirn an caoimhneas  
 'S thoir na doill gu 'bhi eolach ;  
 Leig dhuinn fhaicinn ar truaighe  
 Gloir an Uain us a throcair,  
 'S dean sinn deas airson gluasad  
 'Null thar fuar-shruthaibh Iordain.



## UAMHAS A BHAIS.

O 'DHUINE thruaigh nach duisg thu 'suas,  
 Nach smuainich thu an trath.  
 Nach seall thu 'n uaigh, thu air a bruaich,  
 'Si 'gabhail bhuainn gach la.  
 Tha cuid de 'n t-sluagh 'bha dhuit mu'n cuairt  
 Nan laidhe 'n suain a bhàis ;  
 Cha'n 'eil e'n dualchas dhuit 'bhi buan  
 'S nach fearr do bhuaidh na càch.

Tha'n t-am dhuit gluasad a do shuain,  
 Bi 'dol air chuairt gun dail ;

Nach faic thu 'n t-Uan a chaidh a bhualadh  
 'S a thug buaidh le 'bhàs.  
 Thig 'ga ionnsaidh le làn-durachd  
 'S bi 'toirt umhlachd dha ;  
 Treig an saoghal na toir gaol dha,  
 'S e 'gad aomadh cearr.

'N uair thig an t-Eug le ordagh Dhe,  
 Co'n neach nach geill na lath'ir ?  
 Ge mor do bhosd a neart do dhorn  
 Cha toir thu comhrag dha.  
 Gu'm fag e dall thu, us gun chainnt ;  
 Gu'n treig do lann 's do lamh ;  
 Gu'm fag e leoint' thu, 's gheibh e coir ort  
 'Dh'aindheoin d'eolais aird.

'S e rìgh nan uamhas e do'n t-sluagh  
 'S an olc 'tha gluas'd gach la ;  
 A diultadh eisdeachd ri guth Dhe,  
 'S air fuil na reit' ri tair.  
 Tha e 'gan spionadh bho gach ni  
 Dha'm bheil an cridh' toirt graidh.  
 'S 'gan toirt a sìos gu truaighe dhian ;  
 Cha'n fhaic iad sìth gu bràch.

Ar namhaid innleachdach tha 'g inns'  
 Do shluagh gach tìr a ghnath,  
 Gu'm foghainn dhuinn tigh'nn 'dh'ionnsaidh  
 Chrìosda  
 Beagan tim roimh 'n bhàs.  
 Ged bhios am breugaire 'gad theumadh,  
 Na toir eisdeachd dha.



Eisd bho do chridh ri Triath na sith',  
'S bheir e dhuit dion na ghràs.

Bha ann neach araid uair a bha  
'Dol 'thogail shaibhlean ur',  
A chur de bhiadh annta na dheanadh  
Iomadh bliadhna dh'uin',  
'S a dol a radh ris fein gu dàn,  
"Ith 's ol gach la le sunnd ;  
Bho'n tha gu leoir nam thaighean stoir  
Gu'm bi mi beo co dhiu."

Ann an cheart am 's an robh na cheann  
Na beachdan mealltach, truagh s',  
Thug gath a bhàis e 'dh'ionnsaidh 'n lair,  
'S bha crìoch air laithean uail'.  
Bu bheag a dhuil r'a thoirt gu cùnntas  
Ann an uin' cho luath.—  
Co 'chuireadh earbsa 'n stòras talmhaidh !  
Biodh ar n-ionmhas shuas.

O moladh dh'asan 'thug dhuinn gradh  
'N uair 'bha sinn graineil truagh !  
Ghabh E ann fein geur-chlaidheamh Dhe  
A chum 's nach creuchdte 'shluagh.  
Fhuair E dhaibh coir air saors' o bhron,  
Air gloir 's air sòlas buan ;  
Am bas dhaibh bidh na theachdair' sith'  
A bheir gu crìch gach truaigh.

Cha'n urrainn daoine no ainglean naomha  
Gradh 'n Fhir-Shaoraidh inns',  
Cha d'inntrich trian an cridhe riamh  
De 'mhaitheas fial gun chrich.

Tha neart na ghairdean gus ar tearnadh  
Ged is graineil sinn.—

A pheacaich bhasmhoir, duisg gun dail  
'S le gradh thoir dha do chridh'.



### DEAN DEAS AIRSON A BHAIS.

'S AOBHAR broin mar-a tha thu,  
'Pheacaich ghraineil gun churam ;  
Tha ard uabhar na beatha  
'S an t-sligh' leathain 'gad stiuireadh.  
Tha do namhaid gu seolta  
'Cumail sgleo air do shuilean ;  
'S tu, le miannan na feola,  
'Toirt gu deonach dha umhlachd.

Tha thu salach ad nadar  
'S tha 'n Ti 's aird' ann an diomb ruit.  
'S tha 'n lagh naomh 'ga do dhiteadh  
'Dh'ionnsaidh prìosan na tùrsa.—  
Tha an t-am agad eiridh,  
'S tigh'nn le eibhneas a dh'ionnsaidh  
An Ti 'dh'fhuiling 'n ar n-àite,  
'S do na h-àintean 'thug umhlachd.

Nach do leubh thu mu'n oig-fhear  
'Dh'fhalbh gu proiseil a dhuthaich.  
Bha e amaideach, gòrach,  
Chaith e 'storas gun chùram.  
'N uair bha uireasbhuidh lòn oir,  
'S e gun chomhdach, ach ruisgte,

Dheirich ciall ann, 's gu athair  
Ghabh e'n rathad gu siubhlach.

Chunnaic athair e 's leum e  
'Dheanamh greim air le dùrachd ;  
Bha a chridhe làn sòlais  
E 'thigh'nn beo 's nach robh duil ris.  
Dh'iarr e 'chulaidh a b'fhearr  
A thoirt, gun dail ann, 'ga ionnsaidh,  
Chuir e uime sàr uidheam  
'S chuir e'n suidhe luchd-ciuil dha.

An Ti 'chruthaich gach duine  
Tha 'gad chuireadh s' 'ga ionnsaidh.  
Cha'n 'eil tlachd ann ad bhàs aig' ;  
Tha e làn de dheadh run dhuit.  
Treig do pheacannan graineil,  
'S thig na lathair le ùmhlachd ;  
Bheir e mathanas slàn dhuit,  
'S bheir e àite na chuirt dhuit

'N uair a theid thu do'n leaba  
Seall na th'agad de rum innt'.  
'N leaba 's cuinge 's a's isle  
Bidh tu sinte'n gearr-uine,  
Ann an talamh na di-chuimhn'  
Far an crion thu gu smùrach.  
Tha do bheatha 'san fhasach so  
Mar sgàil a bhiodh siubhlach.

'N uair a sheallas am bàs ort  
Gus do laithean a dhunadh.  
Cha'n fhaigh urram no saibhreas  
No do chairdean dhuit uine ;

Cha toir spionnadh do ghairdein  
 No do shlainte dha diultadh ;  
 'Dh'aindeoin d'ailgheis 's do mhorchuis  
 Bheir e 'chomhnaidh fo'n uir thu.

Na bi 'g earbs' as an oige,  
 'S tu ri goraich' us sugradh.  
 Falbh gu ionad nan uaighean,  
 Seall mu'n cuairt ann le curam.  
 Tha do cho-aisean sint' ann,  
 'Bha cho innleachdach tùrail  
 'Sa tha thusa, mu'n dh'fhalbh iad,  
 Us cho meanmnach, bras, luthmhor.

Chi thu 'n sin do luchd-eolais ;  
 Fear an fhoghluim 's an t-umpaidh.  
 Tha 'm fear liath ann 's an leanabh  
 Ged nach b'ionnan da'n giulan.  
 'S tha na naimhdean cho samhach  
 'S ged bu bhraithrean bho thùs iad,  
 'S iad a' feitheamh 's an gladhar  
 Sluagh an t-saoghail gu cunntas.



## SMAOINTINNEAN MU'N BHÀS.

GUR muladach a tha mi ;  
 Mu'n bhàs tha mi 'smaointinn.  
 Gach latha tha na mìltean  
 Do'n chill leis ag aomadh.  
 Ma bheir e mise 'sios leis  
 Do phrìosan na daorsa

Gu'm b'fhearr nach deachaidh m'arach  
 Gu àiteach an t-saoghail.

Is truagh mi, mar-a tha mi  
 Gach la air mo bhuaireadh ;  
 Mo naimhdean guineach, fiadhaich  
 Tha 'g iadhadh mu'n cuairt dhomh ;  
 'S a sgaoileadh an cuid liontan  
 Le innleachdan fuath'sach,  
 Gu m'tharruing dh'ionnsaidh ditidh  
 An rioghachd an uamhais.

Gur h-ìomadh latha 'bha mi  
 Nam thrail do m' luchd-mioruin ;  
 Gun smaointinn air a bhàs  
 No gu'm fagainn an tìr so.  
 Mo thruaighe cha bu leir dhomh,  
 No m'fheum air fuil Iosa ;  
 Mar ainmhidh bha mi baoth,  
 'S ann air faoineis 'bha m'inntinn.

'Fhir-Shaoraidh a tha glormhor  
 'S do throcairean fialaidh,  
 Nach tagair thu mo chàs  
 Bho na phaidh Thu na fiachan !  
 O tarruing le do ghràs mi  
 Fo sgaile do sgiathan,  
 'S gu'm bithinn air mo thearnadh  
 Gu bràch ann ad fhianais.

Nach smachdaich Thu gach namhaid  
 'Tha'n drast as mo dheigh-sa.  
 A creach thoir bho 'n fhear laidir,  
 'S dean fardach dhuit fein diom.

Bho'n dh'fhuiling Thu 'nam aite  
 Na fàg us na treig mi.  
 O tarruing a staigh dluth mi,  
 Us stiuir anns gach ceum mi.

Thoir sealladh air do ghloir dhomh  
 Le dòchas ri slainte ;  
 'S gu'm bidhinn air mo dhùsgadh  
 'Thoir umhlachd dha d'àintean.  
 Thoir soilleireachd troimh 'n cheo dhomh  
 Na neoil cuir a m'lathair ;  
 Us glan mi bho gach truailleachd  
 'Tha fuaighte ri m'nadar.



### BRUACH IORDAIN.

CHaidh mo cheum ann am maillead,  
 'S tha mo shealladh 'gam threigsinn.  
 Tha mi dluth air bruaich Iordain,  
 'S gur-a bronach mo sgeula.  
 Bha mi 'diultadh mo chridh'  
 A thoirt do'n Ti 'chaidh a cheusadh,  
 Bha mi 'leanachd mo namhaid,  
 'S mi mar thrail a toirt geill dha.

'Nuair bu choir dhomh 'bhi smaointinn  
 Air an aon ni' bha feumail,  
 Gur h-e bruadaran diomhain  
 'Bh'ann am inntinn ag eiridh.  
 Bha mi 'siubhal nam beann  
 'S a ruith gu teann air bheag cille,

'Ruagadh sholasan faoine,  
Mheall an saoghal na dheigh mi.

Tha mo pheacannan lionmhor,  
'S ann am chridh tha gach truailleachd ;  
'S tric fein-fhirinteachd ghraineil  
'Tigh'nn gu dana mu'n cuairtdhomh.  
'S iomadh lot 'thug mi dhasan  
'Sheas 'nam aite le truas dhìom.  
Tha mi'n cunnart mo bhathadh,  
'S a bhì'n aite na truaighe.

A Thi 'dh'fhuiling do cheusadh  
'S ann riut fein tha mo ghearan ;  
Ged-a tha mi làn eucail  
'S tusa 'n leigh 'ni mo ghlanadh.  
Tha na leoghainn a' beucaich  
As mo dheigh gu bhì'm charaibh,  
Biodh do ghairdean 'gam dhion bhuap',  
'S thoir dhomh sith ann am anam.

Soillsich solus do ghrais  
Am chridhe graineil, làn fotuis,  
Dean mo tharruing ga d'ionnsaidh  
A thoirt umhlachd ri m'bheo dhuit.  
Geal mar shneachda dean m'fnagail,  
'S thoir mi sàbhailt thar Iordain,  
Gu bhì seinn 's a toirt cliù dhuit  
Ann an duthaich an t-sòlais.



## BARTIMÈUS AN DALL.

BHO bhaile sunndach nan dluth chraobh boidheach  
 Bha Iosa 'gluasad troimh 'n t-sluagh 'bha domhail.  
 'Nuair chual' an dall co a bh'ann, le sòlas  
 Gu h-ard ris dh'eubh e, "Thoir leirsinn dhomhsa."

Bha cuid de 'n t-sluagh 'bha le gruaim ag ràdh ris,  
 A dhuine ghoraich, bi' stòlda sàmhach ;  
 Ach cha do dh'eisd e ; chaidh eubh ni b'airde,  
 Us fhreagradh urnaigh le Prionns' na slainte.

Cha robh e'n teagamh, bha chreideamh laidir,  
 Gu'm b'e 'm Messia an Ti 'bha lamh-ris ;  
 'S gu'n robh e caoimhneil us aoibheil baigheil  
 Gu toirt a leirsinn do chreutair graineil.

Bhean Triath na slainte le gradh ri 'shuilean  
 Us fhuair e 'leirsinn a reir a dhùrachd.  
 Bu shona bha e, bu shlainteach, sunndach ;  
 Bha 'chridhe air Iosa, 's e 'sior thoirt cliu dha.

A dhuine dhoill thig gun fhoill a dh'ionnsaidh  
 An Ti a cheusadh 's cha teid do dhiultadh.  
 Bheir E gach lann dhiot 'dh'fhag dall do shuilean ;  
 Us chi thu 'throcair us gloir a ghnuise.

## SEIDEAR AN TROMPAID.

THIG an Ti sin a cheusadh  
 Us a reubadh gun truas ris,  
 Ann an gloir thar gach smaointinn  
 'S ainglean naomha mu'n cuairt dha.



Theid an trompaid a sheideadh,  
 'S theid na sleibhtean air ghluasad,  
 Teichidh ghrian as na speuran,  
 'S bidh gach creutair fo uamh-chrith.

Cluinnear fuaim anns na h-uaignean ;  
 Bidh an sluagh asda 'bruchdadh ;  
 'S chithear crith air an fhairge,  
 'Sa cuid mharbh a cur cùl rith'.  
 Theid gach anam d'a choluinn  
 Bidh e toilicht' no diombach  
 A thoirt cunntais a dhoighean  
 Aig a mhòd a bhios dùmhail.

Theid na daoine 'bha gluasad  
 An lagh uasal na slainte  
 'Thoirt do thalla na gloire,  
 'S bidh an comhnaidh gu brach ann ;  
 Ach na daoine 'bha 'gluasad  
 A reir truailleachd an nadair,  
 Theid a thilgeadh do phriosan  
 'S cha tig crìoch air an cràdh ann.

Smaointich, m'anam, le curam  
 Air a chuir a bhios fuath'sach ;  
 Faic na h-aingidh an eigin  
 'S corruich Dhe tigh'nn a nuas orr'.  
 Cuir do dhoigh ann an Criosda,  
 'S bheir e dìon dhuit 'san uair sin ;  
 Cha bhi eagal no eis ort,  
 'S tu fo sgeith-san a' gluasad,



## AN LATHA MOR.

BIDH la ann a bhios fuath 'sach,  
 Le'n gluaisear an saoghal,  
 'N uair thig an Ti a chreuchdadh  
 'Sa cheusadh le daoine.  
 Bidh iadsan nach tug speis dha  
 Ag eubhach 's a caoineadh  
 'S cha chluinn iad ach Air falbh bhuam,  
 'S theid fhearg orra 'thaomadh.

Gur soilleir an sin 'chi iad  
 Gach ni anns na chlaon iad ;  
 Mar bha iad dona, diomhain  
 'S an inntinn gun naomhachd ;  
 Mar bha iad ri sior-dhimeas  
 Air Iosa 's air aoradh,  
 'Sa siubhal le an namhaid  
 Gu aite na daorsa.

Gach duine bidh an la sin  
 An lathair na curtach,  
 A thabhairt do'n Ti 's airde  
 A'n talantan cunntas.—  
 Bidh Pilat us Caiphas  
 'S an cairdean fo ioghnadh,  
 Na bhreitheamh orr' tha'n Ti sin  
 A dhit iad 'sa sgiurs iad.

Gur sona dheth 'bhios iadsan  
 'Thug gradh do'n Fhear-Shaoraidh,  
 'Bha 'giarraidh a bhi beo dha,  
 'Sa comhrag na aobhar.

Gu'n coinnich iad 's na neoil E  
 Le sòlas nach caochail.—  
 Bidh aca dachaidh shiorruidh  
 An rioghachd na saorsa.



## AN DA BHUIDHEANN.

AN Ti 'bha suarach aig uail nan Iudhach  
 'S a chaidh gun truas ris gu cruaidh a 'sgiuersadh  
 Tha tigh'nn a nuas a thoirt sluaigh gu cunntas ;  
 Bidh latha doirbh ann, 's an stoirm a bruchdadh.

An trompaid seidear 'san speur gu laidir,  
 'S na bhios 's na h-uaignean nan suain gu sam-  
 hach  
 Grad-dhuisgear suas mar-a fhuair am bàs iad ;  
 Bidh cuid diu truagh us cuid buadhach, adhmhor.

Theid bratach Shioin a thoirt an lathair  
 'S bidh clann na rioghachd fo dhion gu sàbhailt',  
 'Toirt cliu le binn-cheol do'n Ti thug gradh dhaibh,  
 'S le fuil a chridh' a fhuair sith us slaint' dhaibh.

Gach aon bidh eibhin, le'n eideadh alainn,  
 Mar bhoillsgeadh greine 'san speur a' dearrsadh,  
 Le'n trusgan firinteachd 'sios gu'n sailtean,  
 A Choisinn Criosda air sliabh Chalbhàri.

Lean iad an Treun-fhear le eud 'san fhasach s',  
 A chuing bha aotrom 'sa ghaol 'gan tàladh.  
 'Nis gheibh iad oighreachd le ainglibh arda,  
 'S bidh iad gu siorruidh gun dith, gun fhailinn.

Na daoine faoin 'bha 'toirt aoraidh trailleil  
 Fo'n chulaidh dhathte 's am faicte 'n crabhadh,  
 Cha'n fhaigh do Shion :—ni Criosd an aicheadh ;  
 Cha d'lean iad riamh E 's cha dean e'n tearnadh.

Ni E an ruagadh le gruaim a lathair  
 A dh'ionnsaidh gainntir an naimhdean laidir.  
 An cogais bheo bidh 'gan leon gu craiteach  
 Us fearg Iehobha 'ga h-ol gach la leo.

Bidh luchd nam breugan 's na h-eucoir comhl' riu,  
 Na daoine sanntach bha'n geall air storas,  
 An dream bha uaibhreach, gun truas, gun trocair,  
 'S gach aon bha 'glusad an truailleachd fheola.

A Thi a cheannsaich ar naimhdean laidir ;  
 Seall ann an truas oirnn ; is truagh mar tha sinn ;  
 O, cuir fo ghluasad le buaidh na enamhan  
 Tha'n gleann a bhuairidh gun luaidh air fhagail.

A Thighearn Iosa nach till thu trath sinn !  
 Thoir sinn dha d'fhion-lios gu bhi a'fàs ann.  
 Ged chinn sinn fiadhaich air friamhan Adhaimh  
 Cuir blàth as ùr oirnn, 's leig driuchd do ghràis  
 oirnn.



### LATHA BHREITHEANAIS.

EISD a pheacaich 'tha gun churam,  
 'S gabh ri cumhnanta nan gràs ;  
 Seall an uine 'ruith gu siubhlach,  
 'S tu 'dol dian a dh'ionnsaidh bhais.

Latha mor tha tarruing dluth dhuit ;  
 Chi thu 'chuis nach creid thu'n drast.  
 Bheir an Tighearn thu gu cunntas  
 'N uair a dhuisgear mairbh gach ait.

Latha 'n uamhais, latha truaighe,  
 Latha cruadalach do phairt ;  
 Latha bronach, latha doruinn ;  
 Bidh luchd-dobheirt ann an càs.  
 Latha sòlais do na h-oighean  
 Aig an robh an lochrain làn ;  
 Dol an comhdhail an Fhir-phosda,  
 Bha ac' ola bheo nan gràs.

'S latha cinnteach e mu'n d'innseadh  
 Leis an Ti sin nach dean breug.  
 Bheir e crìoch air obair dhaoine  
 'S air gach faoineis 'tha fo'n ghrein.  
 Thig am Britheamh uile-ghlormhor  
 Troimh na neoil le ainglibh treun' ;  
 'S bidh an saoghal uile air ghluasad  
 Leis an fhuaim 'bhios feadh nan speur.

Seididh 'n t-aingeal 's airde 'n trompaid ;  
 Criothnaichidh am fonn's an cuan ;  
 Clisgidh ifrinn 'sa luchd-comhnaidh,  
 Thainig la na doruinn chruaidh.  
 Bruchdaidh 'suas na mairbh gu dùmhail  
 As an uir us as a chuan ;  
 Cuid diu slainteil, sona, sunndach,  
 'S cuid diu tùrsach, dubhach, truagh.

Mar a ghrian aig aird' a morachd  
 Bidh gnuis ghlormhor Triath na slaint' ;

Mar thoirm aibhnichean a' dortadh  
 Le beanntan mora 'dh'aon ait,  
 No mar thairneanaich a' reubadh  
 Neoil nan speur bidh a ghuth ard ;  
 Mar lasair dhein bidh a shealladh,  
 Us teichidh 'n talamh le sgàth.

'S Breitheamh naomh E nach dean eucoir,  
 A tha leirsinneach 's gach cuis,  
 Nach meas pearsa seach a cheile  
 'S nach toir breith a reir an gnuis'.  
 Cha teid fianaisean leis eubhach,  
 Cha bhi feum orra na chùirt.  
 Gniomharan gach aoin gu soilleir  
 Chi E mu choinnimeh a shùl.

Cha bhi duine de shliochd Adhaimh  
 Nach bi'n lathair aig a mhòd ;  
 Cha bhi neach a dh'fhaodas fana'shd  
 'S a chuan ghreannach no fo'n fhoid.  
 Bidh an dream ann a bha aosmhor,  
 'S an dream a chaochail 's iad og ;  
 An dream a bha saibhir uasal,  
 'S an dream a bha truagh gun doigh.

Chi rìgh Hèrod ann an Triath sin  
 'Bha e 'g iarraidh 'chur gu dìth  
 Us chi Pilat us Caiàphas,  
 'S an co-bhraithrean nan droch-ghniomh,  
 An Ti glormhor sin a sgiurs iad  
 'S iad 'ga dhiultadh mar an Rìgh ;  
 Us chi thusa, pheacaich uaibhrich,  
 Am Fear dha'm bheil fuath do chridh'

Bho chathair rioghail a cheartais  
 Bheir Triath nam feartan a bhinn ;  
 Gheibh gach neach a reir a ghluasaid  
 An laithean a chuairt 's an tir s'.  
 Air a dheas-laimh bidh na daoine  
 Bha 'g iarraidh naomhachd le stri ;  
 Ach iadsan le'm b'fhuathach aintean  
 Gheibh an aite air a laimh-chli.

Their E ris an t-sluagh a lean E,  
 "Thigibh 's mealaibh tir na glòir ;  
 Nuair a bha mi ann am eigin  
 Fhuair mi eideadh bhuaibh us lòn.  
 'Nuair a bha mi anns a phrìosan  
 Bha sibh cuimhneachail gu leoir  
 Tigh'nn a shealltainn air mo chreuchdan  
 'Dh'fheuch an leighseadh sibh mo leoin.

Na an cridhe chreid iad fhirinn  
 'Tha ni 's priseile na 'n t-òr ;  
 Lean iad e le gradh us dichìoll  
 Ged bu tric iad sgith gu leoir.  
 Thug iad umhlachd da chuid reachdan  
 Chuir iad fhacal ann an suim ;  
 Bha iad graineach air a pheacadh,  
 Bha iad cleachdte ris a chuing.

Mar na reultan bidh an dearrsadh  
 Ann an duthaich aird na glòir' ;  
 Ann an comunn ris na h-ainglibh,  
 'S iàd nan oighreachan le coir.  
 Cha 'n fhaic iad tuilleadh na naimhdean  
 'Bhiodh le ainneart air an toir ;

Cha bhi mulad air an inntinn,  
'S gleusaidh iad gu binn air ceol.

Mar-ri 'n Triath bidh iad na luchairt,  
'S theid an crunadh leis le buaidh ;  
Suidhidh iad aig bord na bainnse  
Ann an aoibhneas a bhios buan.  
Fhuair iad lotan troma, craiteach,  
Anns an fhàsach so nan cuairt ;  
Ach 'san tir ud cha bhi leon orr',  
Thiormaich Dia an deoir a suas.

Cha teid bacadh air an crabhadh ;  
'Chaidh cha 'n fhàs a h-aon diu tinn ;  
Cha bhi cealgair anns an aireamh ;  
Cha bhi grainealachd an cridh'.  
Fhuair iad seachad air gach gabhadh ;  
Cha ruig cràdh orra no sgios.  
Tha an sòlas aca 's airde ;  
Tha ac' beatha us slainte us sith.

'S iad luchd-leanmhuinn an Fhir-Shaoraidh ;  
'S iad a chaoraich, 's iad a naomh ;  
'S iad a chairdean, 's a luchd-eolais  
'Bhiodh a 'comhradh ris gun fhoill.  
Thug E gradh dhaibh 'n uair a bha iad  
Salach graineil agus caillt' ;  
'S 'n uair a dh'fhuiling E a cheusadh,  
'S ann a cheannach reite dhaibh.

Their am Breitheamh ri 'luchd-fuatha ;  
" Bithibh bhuan do thruaighe 'triall.  
Cha 'n 'eil aite dhuibh nam rioghachd ;  
Cha do chreid sibh m' fhirinn riamh.



Na biodh suil agaibh ri trocair ;  
 Air bhur doruinn cha tig crìoch.  
 Claoidhear leis an dara bàs sibh  
 Bho na shàsaich sibh bhur miann."

'S cruaidh an dealachadh ri 'n cairdean,  
 'S iad 'gam fagail as an deigh.  
 Cha do gheill iad do na h-àinteann,  
 'S iad ri tair air fuil na reit'.  
 Rinn iad cumhnanta ri Satan  
 Anns an fhasach aig an fheill.  
 Bha iad dileas anns gach càs dha ;  
 'S iad a nis gu bràch a threud.

Tha an Diabhol 'sa chuid ainglean  
 'Gan cur cruinn gu guineach dàn,  
 Tha e 'gluasad leo air astar  
 'Dh'ionnsaidh cairtealan a chraidh.  
 Theid an slochd a dhunadh tharta,  
 'S cha tig aon diu as gu bràch ;  
 Gainntir glaiste, smuid 'gan tacadh,  
 Stoirm nan lasraichean 'gan cnamh.

Tha an anam uile an eigin ;  
 Tha gach feith dhiu ann an cradh.  
 Tha iad claoidhte, tha iad brònach ;  
 Threig gach dòchas iad gu bràch.  
 'S doruinneach dhaibh duais a pheacaidh,  
 'S iad aig ceartas ann an sàs.  
 'S bidh an cogais dhaibh ag innse  
 Nach do thoill iad ni na b'fhearr.

Tha ac' slabhraidhnean bho Shatan  
 Ann an aite crun na gloir'.

Tha ac' gul us giosgan fhiacal  
 Ann an aite 'n aoibhneis mhoir.  
 Tha nan laimh ac' cupan feirge,  
 'S ged—a bhios e searbh nam beoil,  
 'S a sior-mheudachadh an iargain,  
 Feumar 'bhi gu dian 'g a ol.

Tha tiugh-dhorchadas mu'n cuairt daibh,  
 Oidhche uamhasach gun chrich ;  
 'S iad a' snamh 's an loch nach tragar,  
 Ach gu bràch cha 'n fhaigh iad tir.  
 Aig a pheacadh tha lan-bhuaidh orr' ;  
 'S am fear-buairidh tha 'gan claidh.  
 Cha bhi suil a ghabhas truas diu ;  
 Chrath an t-Uan iad bhuaith' a chaoidh.

Cuis an uamhais ! Faic an saoghal  
 'S e na chaoiribh dearg mu'n cuairt.  
 Tha gach gaoth na neart a seideadh  
 'S rànaich dheisneach air a chuan.  
 Tha gach aitreabh a thog daoine,  
 Gach preas agus craobh nan luath.  
 Tha na lasraichean ag eiridh,  
 'S a leaghadh nan speur a nuas.

'S aobhar ioghnaidh e r'a smaointinn  
 Mar tha daoine 'n diugh gun tùr  
 'Ruagadh solasan an t-saoghail  
 'S e cho caochlaideach na chùrs.  
 Ged-a ni e cholunn uaibhreach  
 'Chumail suas car beagan uin',  
 Gur beag 'fheum do 'n anam ghraineil  
 'Nuair a thairnear e gu cuirt.

Cuiream ceist riut, 'fhir tha leubhadh,  
 No tha 'g eisdeachd ri mo dhàn.—  
 Bheil aithn' agad air an Leigh?  
 An deach do sheulachachadh le gras?  
 'N e do mhiann a bhi 'cur urrainn  
 Air an Urras a thug gradh,  
 S a cheannaich dhuit le fhuil luachmhoir  
 Saors' agus suaimhneas, us slaint'.

No an neach thu a tha 'gluasad  
 Leis a Bhuaireadair gach la  
 'Dh'ionnsaidh phriosain tha gun iochdar,  
 S tu ri dìmeas air gach àithn'?  
 Stad, 's an Ti a chaidh a cheusadh  
 A sior-eubhach riut an gràdh.  
 Eirich, thig gun dail ga ionnsaidh,  
 'S gabh ri cumhnanta nan gràs.



### TIR IMMANUEL.

'S ANN ann an tir Immanuel  
 'Tha 'm fearann aa's fearr brigh,  
 Bidh sòlas aig an anam innt'  
 Nach dealaich ris a chaoidh.  
 Cha bhi gaoid no galair innt',  
 Cha ghearain neach 'bhi tinn ;  
 Gach aon bidh sunndach sabhailte,  
 'S e 'mealtainn graidh an Rìgh.

Tha grian an aidh a' dearrsadh innt'  
 Le 'gaithibh blàtha buan ;

Bidh latha soilleir samhraidh innt' ;  
 Cha'n fhaicear geamhradh fuar.  
 'S e Triath na gloir' a cheannaich i,  
 'S a bheannaich i da shluagh,  
 Ged bha iad ann am miorun da  
 Nan traillean diblidh, truagh!

'Si sin an duthaich adhmhor  
 Anns an araichear na naoimh,  
 Gun bhiadh, gun deoch, gun aodach,  
 Us gun s-aothair a ni'n claidh.  
 Gach meas a's fearr tha fàsinnte,  
 'S gu bheil gach àilleachd innt' ;  
 Is tir 's a bheil gach beairteas i,  
 Us Ceartas, gràdh, us sìth.

Cha bhi innt' bron no mulad,  
 'S ann a bhios gach duine 'seinn  
 'Toirt cliu us gloir us urram  
 Do'n Ti dh'fhuiling air a bheinn :—  
 An Ti a ghlan gu grasmhor iad  
 Bho'n grainealachd gu leir,  
 Us a rinn rìghrean arda dhiu  
 Na luchairt adhmhoir fhein.

Cha'n fhaicear namhaid guineach innt',  
 No uireasbhuidh no cradh ;  
 Cha'n fhaicear ni a' crionadh innt',  
 No tuiteam sìos gu lar ;  
 Cha'n fhaicear ni a thruailleas innt',  
 No deoir, no uaigh, no bàs.—  
 'S tha cuan nach traigh de shòlas innt'  
 'S an dean na h-oighean snamh.

Gur sona dheth na daoine  
 Tha'n tir fhaoilidh, fhial na sith' ;  
 Cha'n 'eil innt' ni cur bruaillein orr',  
 Tha'n truaighean uile aig crìch  
 Tha'n Tighearn' Ios' le' lathaireachd  
 A sasuchadh am miann ;  
 Tha aca comunn adhmhor ris,  
 'Se 'dearrsadh mar a ghrian.

Tha sgeadachadh ni' 's riomhaich' orr'  
 Na th'air na righrean 's aird' ;  
 Us trusgan glan na fireantachd  
 'Gan comhdach sios gu'n sail.  
 Tha cruin nach searg gu siorruidh orr' ;  
 Thug Ios' iad dhaibh na ghràs ;  
 'S tha craobh na beatha cinntinn dhaibh,  
 'S gu'n gabh iad dion fo 'sgail.

Tha muileannan do-aireamh  
 Ann an duthaich aird nam buadh ;  
 'S iad uile 'n comunn brathaireil,  
 'S neo-bhasmhorachd nan snuadh.  
 Tha ainglean Dhe ag ìmeachd innt',  
 'S gur dileas iad do'n Uan ;  
 'S gu bheil na daoine 's fearr innt'  
 'Bha 'san fhasach so air chuairt.

Tha Enoch's Abràham innte,  
 'S rìgh Shaleim bu mhor cliu.  
 Tha Maois innt' agus Samuel  
 Us Daibhidh am fear-ciuil.  
 Tha Elia 's Elisha innt',  
 S am faidhe dileas Eóin ;

Us tha na h-abstoil dhiadhaidh innt',  
'S na fianaisean bha mor.

Mo Shlanaighear, mo Shlanaighear,  
Seall orms' ad ghràs a nuas.  
M'uil' earbsa tha 's an iobhairt  
Tha neo-chriochnach ann an luach.  
O glan mi bho gach grainealachd  
A tha 'gam fhagail truagh ;  
'S dean deas mi a thoirt coinnimh dhuit  
An tir an t-sonais bhuan.

DR. MACGREGOR'S HYMNS.





## MEMOIR.



THE Rev. James M'Gregor, D.D., was born at St. Fillans, at the lower end of Loch Earn in Perthshire, in December, 1759. He went through his literary course at the University of Edinburgh. He studied theology under the Rev. William Moncrieff at Alloa. He belonged to the Anti-Burgher branch of the Presbyterian Church in Scotland. He arrived in Pictou, Nova Scotia, 20th July, 1786.

Dr. M'Gregor was for many years the only minister in the eastern part of Nova Scotia. When he came here the people were very poor. He endured many trials and great hardships. His life, which was published in 1859 by his grandson, the Rev. George Patterson, D.D., is a very interesting work. His remains, including "A Defence of the Religious Imprecations and Denunciations of God's Wrath, contained in the Book of Psalms, against the Enemies of the Gospel," "An Essay on the Duration and Character of the Millennial Age of the Church," "A

Guide to Baptism," &c., were published the same year. The first edition of his hymns appeared in 1819.

I have in my possession the whole of Dr. M'Gregor's Gaelic manuscripts.

They consist of the following works:—"Oran Gaoil air Anna Buchanan 'sa Bhliadhna," 1785; "Leabhar Aidmheil a Chreidimh;" "Leabhar nan Salm;" "Dain a Chomhnadh Crabhaidh." He translated 106 of the Psalms into Gaelic metre.

In a letter written in 1819, he speaks as follows of his poems:—"I composed these poems in part travelling through the dreary wilderness of America, hoping they might do some good, but seeing little prospect of it. The three which I sent last, bid as fair in my opinion, to be useful in the way of instruction as any of them. The poems have not yet come this way, and I know not whether the mistakes be few or many. I mean to send you one poem more—viz., 'On the Sin and Misery of Man by Nature'; also an additional verse to two or three of those already made. Gratitude requires that I should make a verse for the Tract Society."

The following poems, it is evident, are the last that Dr. M'Gregor composed; to one of them, the poem, "On the Sin and Misery of Man by Nature," he expressly refers in the above extract. They are excellent poems.

Dr. M'Gregor's hymns are most valuable for the purpose of conveying a correct knowledge of the doctrines of the Bible. They are indeed a

system of theology. They deserve to be widely circulated, and carefully studied.

I have seen Dr. M'Gregor spoken of as an imitator of Duncan Ban M'Intyre. He imitates no poet either in English or Gaelic. It is true that in two or three of his poems he quotes a few lines from Duncan Ban; but it would be absurd to suppose that the poems of Duncan Ban or of any other Highland bard could be of any use whatever to him in composing his "Aonadh ri Criosd," or his "Saorsa bho'n Lagh."

Dr. M'Gregor has been blamed by some persons for the airs to which he composed his hymns. He composed them to the airs which he knew, and which the Highlanders, scattered up and down through the woods of this country, could sing. He sang "Of God's Love" to the air of "Coire-Cheathaich," and what air more suitable for his purpose, that of conveying religious instruction, could he have selected?

Dr. M'Gregor was a thorough Highlander, and a good poet. He was an able theologian, and a most devoted Christian. He was the means in the hands of God of doing a vast amount of good in his day, and though dead, he yet speaketh. He may well be styled the apostle of Pictou. A. M'LEAN SINCLAIR.

EAST RIVER, PICTOU,  
NOVA SCOTIA, 19th December, 1876.

## NA DEICH AINTEAN.

1. Na bitheadh agad Dia ach mi.
2. Na lub do dh'iomaiigh glun no cridh'.
3. Na luaidh-sa ainm do Dhe gu faoin ;
4. 'Us la na Sabaid coimhead naomh.
5. Do d'athair 'us do d'mha' ir thoir geill.
6. O fheirg 's o mhorta cum thu fein
7. O adhaltras bi glan gun lochd.
8. Na gaoid aon ni ged robh thu bochd.
9. O cheilg 's o bhreugaibh cum do bheul
10. Na sanntaich ni nach buin duit fein.



## STAID NADAIR CHLOINN DAOINE.

THA nadar peacach truagh chloinn daoin'  
 Na aobhar eagail mor ;  
 Oir tha e 'n aghaidh nadair Dhia  
 'S cha-n fhiach leis gras no glair.  
 Cha-n fhiach leis ni 'sam bith ta math,  
 Cha-n fhaic e cron 'san ole ;  
 Ach leanaidh e gach cleachdadh baoth  
 Mar ni ta saor o lochd.

A chluasan fosgailt 'ta gun sgios  
 Do 'n ti a mheall gach linn,  
 Ceart mar gu-n labhradh e guth Dhe  
 'S cha-n eisd e 'n soisgeul binn,  
 Ta bhun gu h-iomlan as a bhreig  
 Cha-n eisd e 'n fhirinn ghlan ;  
 'S an t-salchar ta a thlachd gu leir  
 Is breun leis ni gun smal.

Cha ghabh a edir facal Dia  
 Mar riaghailt cleachdaidh dha ;  
 Na aghaidh cogaidh e gu dian  
 Ga fhiaradh anns gach càs  
 Ta sonas fìor na dhonas leis  
 'S e greasad uaith gun tàmh,  
 Ceart mar gu-m b'ifrinn flaitheas De  
 'S gu-m b'eucail nimhe 'shlaint'.

Ta cabhag air a dh'ionnsaidh 'n t-sluichd  
 Is cluich leis naitheas\* trom ;  
 Mar gu-m bu toil leis teine dian  
 'Bhi beo gach ial na chom.  
 Cha ghabh e Dia mar oighreachd bhuan  
 No Mhac ro-uasal ard ;  
 Cha ghabh e nithe spioraid Dhe,  
 Cha leir dha maise annt'.

Tha Dia na fìrinn 'us na treis  
 Mar dheamhan leis ro-ghrand',  
 'S e 'toirt do 'n Diabhol Dia an t-sao'il  
 Gach aoradh 'us gach gradh.  
 Bu mhiann leis Iosa Criosd mac Dhe  
 'Bhi ceusd fo mhi-chliu buan ;  
 Am bas 'bhi 'n uachdar air gach re,  
 Gun eiridh tuille uaith.

Bu mhiann leis spiorad Naomha Dhe  
 Us feartan treun a ghrais  
 A bhi mar nithibh suarach, faoin,  
 Aig cloinn nan daoine' fo thair.  
 Bu mhiann leis oibre truailidh breoit  
 Na feol' a thogail suas

\* Naitheas, injury, mischief.

Gu urram ard us pailteas meas  
Am measg nan uile shluagh.

'S e 'bheachd gu-m faicear leis gach ni  
Ged tha e rireadh dall ;  
Cha leir dha chiont 's e mor mar dhun,  
'S e dhuil nach 'eil e ann.

Tha shlighean ceart na shuilibh fein  
Gun ghiamh, gun eucoir chlaon ;  
Tha chridhe marbh do ghealladh Dhe,  
'S dà bhagradh geur maraon.

Tha 'fhireantachd na shealladh fein  
Ro-mhaiseach, cheutach, choir,  
Ged tha i broineagach us breun  
An sealladh Dhe na gloir',  
'S e dhuil gu-n seas e innte saor,  
Gun chiont gun bhaoghal da,  
Ged chaidh sliochd Adhaimh anns gach linn  
A chur fo bhinn a bhais.

Cha d'fhairich e 's a pheacadh riamh  
Cuis iargain a bhiodh geur ;  
Cha-n 'eil e searbh ach milis leis,  
Tha 'leisgeul tric 'na bheul.  
Cha-n 'eil a thlachd an oibrigh naomh ;  
'S neo-chaomh leis pobull Dhe ;  
Tha riarach mhiannan truagh na feol'  
Mar shogh leis us mar ghleus.

'S an t-slighe leathain tha a cheum,  
Cha treig e i le deoin ;  
Tha cuideachd lionmhor maille ris  
'Toirt misnich da na dhoigh.

Tha 'n t-slighe eile aimhle'an teann  
 'S iad gann a ghabhas i,  
 Cha toir iad fein no 'n t-slighe 'th' ac'  
 A bheag de thlachd d'a chridh.

Ged dhean e aidmheil creidimh mhoir  
 Tha gò na thaobh a steach,  
 Tha chridhe naimhdeil' nuair a's fearr  
 A choslas graidh do 'n reachd.  
 Ged chiteadh tric e lubadh ghluin  
 Ri urnaigh fhada reidh,  
 Ta chridhe fad air falbh o Dhia  
 Gun mhiann a bhi d'a reir.

'S e bheachd gu bheil e 'g eiridh suas  
 Gu luath gu sonas fìor,  
 Do reir 's mar dhluthaicheas e ris  
 An sgrìos ta roimhe shìos.  
 Cha chreid e neach a dh'innseas da  
 An gàbhadh 's a bheil E,  
 Ach creididh e gu luath a bhreug  
 O 'n bheul ni mìodal seamh.

An comhairleach ro-dhìleas, choir  
 A sheolas e gu 'leas  
 Cha ghabh e ris mar charaid da  
 Ach mar a namhaid deas.  
 Ach saoilidh e gur caraid fìor  
 Gach diabhol dona dubh  
 Bheir comhairlean an aimhleis da  
 'G a chur an dail an t-sluicld.

Ma thig an Spiorad naomh na choir  
 'Thoirte eolais fallain da

Mu 'n lagh, m' a pheacadh, us m'a thruaigh  
 Mu bhuaidhibh chriosd 's a shlaint' ;  
 Och ! gabhaidh e gach innleachd through  
 Gu fhogradh uaith an cein  
 Mar namhaid borb a thoill a chlaoidh,  
 Gun suim d'a ghne n'a dhreuchd.

Am beagan so a pheacaich sgrìost'  
 Thuirt mis' mu d'staid le gradh,  
 An earbs gu-m beannaich Dia mo rann  
 Gu d' thionndadh ris tre ghras.  
 Mur beannaich E bidh tusa caillt  
 'S mo chainnt-sa dhuit gun fheum,  
 Bidh mis' am amadan ad bheachd,  
 'Us tusa creachdt' le d'cheill.

Ma bheannaich's e, chi thu gun chaird\*  
 Gur earlas beag nach fiach  
 A th'ann mo chainnt, 's nach d'innis mi  
 Mu d'staid ro-chli an trian.  
 Oir chi thu facal De gu leir  
 Toirt sgeil air olc chloinn daoine  
 O Mhaois an tus gu Eoin fadheoidh  
 Gun doigh air leth aig aon.

Seadh, deiream, chi thu facal De  
 Toirt sgeil air olc chloinn daoine,  
 Gach ginealach a bh'ann o thus,  
 Gach duthaich fad an t-sao'il ;  
 Gach fear us bean, gach sean 'us og,  
 Gach beag us mor de 'n t-sluagh ;  
 Na creidmhich fein mu'n d'fhuir iad gras  
 A thug dhaibh nadar nuadh.

\* Gun chaird, without delay.



Gun tuigs air Dia gun toil d'a thoil  
 Ach dol gu h-ole nan deann  
 Mar amadain ga aicheadh ghna  
 Ag radh, Cha-n 'eil E ann.  
 A teicheadh uaithe, 'dh'ionnsaidh 'n t-sao'il  
 Le gaol an cridh gun chaird,  
 A' meas gach sonas 'bhi fo'n ghrein  
 Us criosd gun fheum gun sta.

Chi thu na linnte bh'ann roimh 'n tuil  
 Mar chlaon iad uil' air falbh,  
 Us mar a thruailleadh gach uil' fheoil  
 Le foirneart 's eucoir gharbh ;  
 Mar 'bha gach smuaineach 'us gach run  
 Bha sruthadh dluth o'n cridh'  
 Gu h-iomlan ole us ole amhain,  
 Us ole do ghna, gun chrich.

'S air ball an deigh na tuile chi  
 Thu'n cridh 'bhi dona truagh,  
 An smuaintean us an ruintean fos  
 Bhi ole o'n oige suas.  
 Is tric a leughas tu droch sgeul  
 Air beusaibh Israil Dhia  
 A thagh E o na sloigh gu leir,  
 Mar shluagh dha fein gu fial.

Bu tric a rinn iad monmhor geur  
 Aig teachd o'n Eipht a mach,  
 'S ged 'chum E beoshlaint riu gach la,  
 Do ghna bha gearan ac'  
 'Nam fearann rinn iad tric 's a rìs  
 An ni bha ole na shuil,

'Ga threigsuin ged b'E ghleidh iad riamh,  
'S a' gabhail Dhiathan ur'.

Thoir feairt air Daibhidh anns na Sailm  
'S air Solamh ainmeil, glic,  
Us cluinnidh tu an gearan bochd  
Mu lochd chloinn daoin' gu tric  
Tha'n gearan ceudna aig gach faidh  
Mu nadar olc an t-sluaigh,  
An cridhe cealgach thar gach ni,  
'S am fireantachd gun bhuaidh.

Ruig 'nis na soisgeala gu leir  
Us leubh gur fìor mo rann.  
B'e Criosd a rìreamh 'n Dia ro-ard,  
'S an duine b'fhearr a bh'ann.  
Bha 'ghradh gun ghiomh do Dhia 's do dhaoin'  
Bha 'ghluasad naomb us glic,  
Bha chridh' ro-iriosal 's ro-shuaire,  
A mhein lan truais us iochd.

Bha beatha 'n Dia-dhuin' ud gach ial  
Mar bheatha Dhia nan gras,  
'N ar sealladh chum 's gu-n nochdadh E  
Dhuinn doigh nan neamh 's na slaint',  
Ach thoinndaidh iadsan ris an cul,  
Us dhiult iad E gu tur.  
Bha i'd naimhdeal ris airson a ghraidh  
Ga sharachadh gun sgar.

Do bhuin iad ris gun iochd gun truas  
Us ruaig iad E gu teann ;

Do dhìt iad E le casaid bhreig  
 Us cheus iad E ri crann.  
 'S ged chuir E teachdairean na sìth'  
 A rìs, air eiridh dha,  
 Le reit' thuca nan tairgse mhìn,  
 Do dhiult iad i le tair.

Na smuainich thus', Cha deanainn fein  
 An eucoir ud a chaoidh.  
 Gu dearbh cha bheanainn ri Mac Dhe  
 Gu cheusadh no gu chlaoidh.  
 Mo chreach ! bi sin am barail fein,  
 Cha cheusadh iad Mac Dhia,  
 Ach cheus iad E. Cheus thus' E fos  
 Le seachran mòr do mhiann.

Mar fhreagras gnùis do ghnùis a ghna  
 An sgathan uisge ciuin,  
 Co-fhreagraidh cridhe neach do neach  
 Measg pheacach dall gun iul.  
 Gun teagamh cheus thu Crìosd 'n uair dhìt  
 Thu firinn ghlan a bheil,  
 A lagh 's a shoisgeul maiseach mìn  
 A dhiobradh leat le cheil.

Leubh gnìomhara nan abstol fos  
 Us litrean Phoil us chaich,  
 Us nithear soilleir dhuit gu beachd  
 Staid pheacach thruagh gach àil ;  
 Gu bheil gach duine dhiu gu fìor  
 Gun Dhia, gun Chrìosd, gun earbs' ;  
 An comhnaidh 'dol an aghaidh 'n reachd,  
 Us anns a pheacadh marbh.

Gur Dia 's gur flaitheas daibh an saol,  
 'S na nithe faoin a th'ann ;  
 Cliu, urram, beairteas agus sogh,  
 D'an ruith am feoil le sannt.  
 Ta 'n inntinn fheolmhor ac' na bas,  
 'S i namhaid Dhe gach am ;  
 D'a lagh cha-n 'eil i umhail bìdh,  
 'S cha-n urrainn i bhi ann.

Tre cheud chiont Adhaimh thainig steach,  
 Do'n t-saoghal peacadh 's bas ;  
 Mar righribh taid o 'n am sin riamh  
 A' riaghladh anns gach ait ;  
 Sliochd Adhaimh uil' aca fo chis  
 'Gan ditheachadh gu dluth,  
 Gun deoin nan cridh' no treoir nan laimh  
 An t-aimhleas 'chumail diu.

Mar uaigh anabaich fhosgailt ta  
 An sgornan graineil ac' ;  
 Do labhair iad le'n teangaibh cealg,  
 Us mallachd searbh le tlachd.  
 Ta nimh na nathrach nimh nam beul,  
 Nan slighibh leirsgrios trom ;  
 A dhortadh fal' tha'n casan luath,  
 Us fuath na sith' nan com.

An ioghnadh leat an lagh ro-naomh  
 Bhi diteadh dhaoin 'chum sgrios,  
 'N uair tha an cleachdannan gu leir  
 A diteadh Dhe gun fhios.  
 An ioghnadh leat na cinnich thruagh  
 Bhi ghna am bruailean garbh,

O'n chuir iad cul ri Dia na sith  
Air sgàth nan iodhal balbh.

An iognadh leat a chrìosdachd fein  
Bhi thar a cheil gu dian,  
'S gur fuigheall beag dhiubh 'ghabh ri Crìosd  
A chiosnachadh am miann.  
An iognadh leat gu bheil thu fein  
An eigin tric 's an draip,  
'N uair tha do chridhe sleamhuinn fiar  
'S do chiall a' gleachd ri d'mhaith.

Ach O b'e 'n t-ioghantas gu brath  
Gu-n cluinnt air gras o Dhia  
'Bheir sonas buan an nasgaidh seach  
Do dhaoi air seachran fiar.  
Gu-n cluinnt air maitheanas na's pailt'  
Na airc a chiontaich mhoir,  
Air sith 's air fireanachadh slàn  
Bheir dha air flaitheas coir.

Air nadar nomha grinn ro-naomh  
Do bhaoth ro-shalach bhreun,  
Air oighreachd bheartach ghlan gun chrich  
Do dhiobarach na deirc.  
Air Dia mar chuibhrionn us mar chuid  
Do thrail fo bhruid gu teann ;  
'S air Iosa Crìosd a rinn an t-sith  
Bhi dha na Rìgh 's na Cheann.

Sud uil' aige tre chreideamh Chrìosd  
Mar thiodhlac saor o Dhia,  
A dh'oibricheas an Spiorad naomh  
Gu caomh 's a chridh bha fiat.

Ma seadh, dean greim air Criosd gu teann,  
 'S e nise d'am 's do thrath,  
 Mu'm fas do chridhe bochd na's fuair'  
 'S na's cruaidh' le tuilleadh dail.



### CUIREADH AN T-SOISGEIL.

THIGIBH AM IONNSAIDH-SA, SIBHSE UILE, ETC.

THA daoine taghte ann le Dia  
 D'an tug E riamh a ghradh  
 Ged tha iad ciontach cailte truagh,  
 'S co truailidh ole ri cach.  
 'S ann air an son-san thug E Criosd  
 Mar iobairt-reitich suas;  
 'S an daibh-san bheir E Criosd 's an t-seilbh,  
 Le'n eirmis iad air buaidh.

'S ann daibh a bheir E spiorad Chriosd  
 Us creideamh fìor-ghlan naomh ;  
 'S ann daibh a bheir E beatha bhuan  
 Na lathair shuas gu saor.  
 Sud bheir E dhaibh gun leth-bhreth claon  
 Air neach de chaochladh seors ;  
 Tha 'n tairgse cheudna ac' gu leir  
 'S an cuireadh ceudna fos.

Ann fear 'ni bainis agus cuirm  
 Le suilbhireachd nach beag  
 Do dhorlach choimhearsnach mu'n cuairt  
 'Ta gradhach uasal leis ;

Ged bhiodh nam measg-san cuibhrionn sluaigh  
 D'an tug e fuath le coir,  
 Bidh cuireadh aca-san measg chaich ;  
 Cha-n aill leis iad 'bhi còrr.

Cha chan e riu, Is sibhs' luchd m' fhuath,  
 Na gluaisibh chum na feisd,  
 Ach, Thigibh, oir tha air a bhord  
 Na dh'fhoghnas duibh gu leir.  
 Us ged nach bi E riu an dùil,  
 Bidh aige cliu 'n fhir-fheil ;  
 'S 'n uair 'chuireas iad r'a cuireadh cul,  
 Bidh 'n diultadh orra fein.

Tha tagha Dhe na uaigneas mor  
 Nach eol do dhuil fo 'n ghrein,  
 Cha riaghailt dleasnais e do neach,  
 Ach reachd us soisgeul De.  
 Tha cuireadh Chrìosd na fhacal fein  
 'So bheul a theachdair caomh,  
 'N uair ghabhar e na aobhar earbs'  
 D'ar n-anmaibh falamh faoin ;

Co daingean us co dearbht' le cheil  
 'S ged leughamaid 'san uair,  
 Ar n-ainmeanna gu leir fa leth  
 An leabhar beath' an Uain.  
 Theid neamh us talamh thart gun cheisd  
 Ach seasaidh facal Chrìosd ;  
 A pheacaich eisd r'a cuireadh reidh  
 'S gabh e le creideamh fìor.

O thigibh thugam-sa gach aon  
 Ta sao' ireachadh 's fo chlaoidh,

A ta f'ò eallaich thruim 's fo chuail,  
 Us bheir mi suaimhneas duibh.  
 Mo chuing-sa ceanglaibh ruibh gu teann  
 Us ionnsaichibh mo dhoigh ;  
 Oir ta mi macant' agus mìn  
 An cridh' 'san cleachdadh fos.

Us eirmisidh bhur n-anma truagh  
 Air suaimhneas 'us air sgeimh,  
 Oir ta mo chuing-sa socrach caomh,  
 'Us m'eallach aotrom seamh',  
 Nach tus' a dhuine, 'ta ri sao'ir  
 'S an t-saoghal mhealltach ole,  
 A fhuair 's a dh'fhag rìgh Solamh glic  
 Na bhrìste cridhe goirt ?

Nach 'eil thu 'giulan air do dhruim,  
 Na h-eallaich thruim gach la,  
 Trom-chiont a pheacaidhghin us ghnìomh  
 Gad chromadh sìos gu bas.  
 An lochd cha d'fhuair 's cha-n fhaigh thu fois,  
 Na chois tha truaighe 'm feasd ;  
 Cha 'dfhuair 's cha-n fhaigh thu fois 'san t-sao'l,  
 Oir 's faoinis e gun cheisd.

Nach tu ma seadh fhuair cuireadh Chrìosd  
 Chum suaimhneis fhìor us fois ?  
 Is tu ; 's air chinnt' mur gabh thu e  
 Cha-'n fhaigh thu reit' no clos  
 Na tagh am peacadh us an sao'l  
 Mar chuspair gaoil roimh Chrìosd.  
 Na tagh dhuit ifrinn us a bron  
 Roimh ghloir air neamh gu sìor.



Eisd cuireadh eile leis an Triath,  
 'Sibhs' uil' tha tràisgt le tart,  
 O thigibh chum nan uisge beo,  
 Us olaibh dhiubh gu pailt.  
 Us thus' tha falamh bochd gun seilbh  
 Gun airgiod us gun or  
 Thig chum na feill ta nasgaidh dhuit,  
 'Us ceannaich 's ith do leoir.

Seadh thig us ceannaich chum do thairbh'  
 Gun airgiod us gun luach,  
 Am feill an t-soisgeil bairn' us fion  
 Na ni do dhiol gu buan.  
 Ciod uim' a chaithear airgiod leat,  
 Air ni gun bheatha ann?  
 'S a chaithear saothair leat air ni  
 Gun bhrìgh do d'anam fann?

Eisd rium-sa 's ith an ni ta math  
 Us gabh toil-inntinn mhor  
 Do d'anam ann an cuirm ro-bhlasd,  
 'S am pailteas de gach sogh.  
 Do m'ionnsaidh thig us aom do chluas  
 Ri fuaim mo bhriathraibh tla ;  
 Gabh riu le creideamh glan, gun sgleo,  
 'S bidh d'anam beo gu brath'.

Sud cuireadh Chrìosd a pheacaich dhuits',  
 Is tus' tha tartmhor tràisgt  
 Ag iarraidh sonais anns gach ni,  
 'S gidheadh 'ga dhiobradh gbna  
 A' meas nach 'eil e ann an Dià,  
 'S ga iarraidh feadh an t-sao'il ;

A cur do thalannan 's do thuir  
 A thional smuir us phlaosg.  
 Ma seadh, gabh Criosd 's gach ni na chois  
 An soisgeul Dhe nan gras ;  
 Us gheibh thu saibhreas ann a ghaol  
 Nach toir an sao'l do chach.  
 'S co farsuing cuireadh soisgeil De  
 Ri fad us leud an t-sao'il ;  
 Rium seallaibh 's tearnar sibh gu leir,  
 A chrìochan cein gach aon'.  
 'S co fialaidh cuireadh Dhe nan gras  
 'S nach dean E tair air neach ;  
 " Rium eisdbh-s' 'g am bheil cridhe rag  
 Ta fad o fhìreantachd ;  
 Am fagus m'fhìreantachd bheir mi,  
 Cha bhi i fada bhuaibh ;  
 'Us maill' air bith cha dean mo shlaint'  
 Ach thig i la'ir 'san uair."  
 Tha chuireadh deireannach ro-chaomh,  
 " Gach aon neach leis an aill,  
 'S e bheatha chum an uisge bheo  
 Chum oladh dheth gun chaird."  
 Ta iomadh cuireadh lan de ghras  
 An leabhar aluinn De,  
 'Thoirt aobhar misnich do gach neach,  
 Chum teachd d'a ionnsaidh fein.  
 Na fan ma seadh an cadal trom,  
 Air fonn an sgrios car ial ;\*  
 Ach dhuig gu h-ealamh, tuig do chor,  
 Us can mar so ri Dia.—

\* Car ial, for a moment.

Do d'ionnsaidh thigean fein gu dluth,  
 Is tu mo Dhia 's mo shlaint ;  
 An t-ìochd a dh'fheumas m'anam bochd  
 Is tu bheir dhomh gun chaird.

Nad la'ir ge ciontach lomnochd mi,  
 Tha d'fhireantachd dhomh dluth ;  
 Deadh eideadh maiseach ! gabham i,  
 'S cha bhi mi tuille ruisgt'.  
 'S i chomhdaicheas mo chionta fein  
 O d'uile-leirsinneachd ;  
 Mi-mhais' cha-n fhaic thu orm na's mo,  
 Ach sgiamhachd mhor us dreach.

Ged tha mi 'm thruaghan aineolach  
 Us amaideach gun chiall,  
 Do d'ionnsaidh thigean, 's gheibh mi iul  
 Us teagasg ur gach ial.

Ged tha mi salach truailidh grand  
 Am nadar us am chleachd,  
 Do d'ionnsaidh thigean, ionnail mi,  
 'S an fhuil a's priseil feart ;

'S an tobar phailt a dh'fhosgladh leat  
 Do pheacaich mar tha mis,  
 A ghlanadh neohlaineas an anm'  
 Ta tric a' leanmhuinn ris.

Ged tha mi rag us ceannairceach  
 Us aindeonach o m'oig,  
 Do d'ionnsaidh thigean 'chum 's gu'm pill  
 Thu m'inntinn riut 's mo dheoin.

A thoirt mo thoil 's mo ghean gun sgios  
 Do d'ghealladh fìor gun bhreig,

Do d'lagh ro-uasal 'us ro-choir,  
 'S do d'ordaighean gu leir.  
 Ged tha mi anmhunn lag gun treoir  
 'Chur cath ri m'fheoil 's ri m'mhiann,  
 Do d'ionnsaidh thigean, s gheibh mi treis  
 A ni mo leas gu dian.

O'n tha mi falamh bochd us lom  
 Cha toir mi leam a bheag,  
 Ach thig mi falamh reir do ghairm,  
 'S biom tairgs' 'bhi 'n taic do sheire,  
 Mo Dhia dean coimhead orm uam fein  
 An namhaid encorach  
 A ta le m'chiont gam chur a dhith  
 'S le m'fhireantachd m'an seach.

Thoir uam gach earbs' a m'ghluasad naomh,  
 Oir 's faoin 'bhi taiceadh ris ;  
 Thoir uam anearbs' a saorsa Chrìosd  
 'Us E ga m'dhion o sgrios.  
 Sud abair ; 's ann an spionnadh Dhe  
 Grad-dhean d'a reir le d'chridh' ;  
 Us gheibh thu sochairean an seilbh  
 Thar deilbh do thuigs' am brigh ;

Gach sochair bha aig creidmheach riamh  
 No dh'iarras e am feasd,  
 An Triath ga d'ghleidheadh chum na crìch,  
 'S gach ni bhi chum do leas.—  
 Cum cuimhn' air cuireadh Chrìosd gach la  
 'S a thairgse ghrasmhoir chaoin ;  
 Is barrant creidimh iad a ghnath  
 Dhuit fein 's do chach maraon.

## TAIRGSE SHAOR AN T-SOISGEIL.

“TA M’ATHAIR-SA ’TOIRT-DHUIBH AN ARAIN  
FHIOR O NEAMH.”

THA ’n soisgeul caomh a’ cur an ceill,  
Ged threig sinn Dia nan dùl  
A’ tilgeadh fhacail naoimh le tàir  
Us aintean air ar cùl ;  
Ged chaidh sinn uaith’ air seachran cian  
Le miannaibh peacach grand  
Na h-inntinn fheolmhoir, ’bhios gun sgur  
’Cur uile an gnìomh le cail ;

’Na chaoimhneas gradhach gu bheil E’  
Gu seamh ’g ar taladh rìs  
’Chum reite agus sonas sior  
Tre Iosa ’rinn an t-sith ;  
Le ’umhlachd bheannaicht’ ’us le ’bhas  
An ait’ nan ciontach truagh  
Do ’n tug E ’ghradh le gean ’s le sgoinn  
Ged thoill iad corruich bhuan.

B’i sud an naigheachd shuilbhir chaoin  
’Dh’fhag aobhach toilicht’ mi ;  
Cha b’ionnan ’s gealladh breig an t-saoil,  
Mar fhaileas faoin gun bhrìgh.  
A dhuine pheacaich, chailte, duisg,  
Thoir suil air maitheas De,  
Cia grinn a dhoigh, gu d’thoirt gun dail  
Le tabhachd thuige fein !

Co saor ’s co fial ’sa thug thu riamh  
Do bhiadh air bord do d’bhra’ ir,

Air bord an t-soisgeil ceart co fial  
 Thug Dia dhuit Mac a ghraidh.  
 'S ann uime fein thuirt Criosd, na chainnt  
 Ri sluagh a b'aingidh gne  
 "Ta m' Athair tabhairt dhuibh gu'r diol  
 An arain fhior o neamh.

Gabh e 's bidh sonas ort gu brath,  
 Gabh e gun dail le tlachd,  
 'S mor d'fheum air maitheanas 's an uair,  
 Air fuasgladh 's air cùltaic'.  
 Le 'dhiultadh, d'anam fein na reic,  
 Cha teic na rinn thu 'dh'olc,  
 Grad-ghreas le creideamh 'dh'ionnsaidh Chriosd.  
 Mu'n tuit thu sios do 'n t-slochd.

Grad fhaic do chor fo mhallachd Dhia,  
 Do 'n diabhl a tabhairt geill,  
 Do 'n t-saoghal, us do d'fheoil 'nad thrail,  
 'N ad ablach graineil, breun.  
 Gabh beachd air iochd 's air saibhreas De,  
 'S fad, os\* gach sgeul an suim ;  
 Oir thionnsgainn E roimh thùs an t-sao'il  
 Sar-innleachd saorsa dhuinn.

'S e 'ghaol a fhuair dhuinn Urras mor,  
 A Mhac ro-ghlormhor, ard  
 A chuir E nuas 'n ar nadar fein  
 'Chum 'bhi d'ar reir mar bhra' ir ;  
 Ach saor o lochd, oir chuir se E  
 Thoirt gne a pheacaidh uainn,  
 'Us thug E mar ar n-iobairt E  
 'Chum reite dheanamh suas ;

\* Os, os ceann, above, over.

Deadh reite sheasmhach agus bhuan  
 Ri Dia le luach a bhais ;  
 'S is tlachd leis tiolacan ro-mhor  
 A dheonach air a sgath.  
 Tha aoibhneas sonraicht' aig a ghna  
 Na ghras a nochdadh pailt,  
 Do 'n amhlair ghrand tha dluth do sgrios,  
 'S e 'sealltuinn ris na airc.

'Us uime sin tha 'thairgse mor  
 Thar d'eolais 'us do bhreith,  
 Cha-'n fhurasd' duitse 'chreidsinn uaith  
 Gu-m faigh thu 'nuas a leith ;  
 Oir saoilidh tu le barail mheallt  
 A chridh' 'bhi gann 'us bochd,  
 Ceart mar a bhios do chridhe fein  
 Ri neach 'rinn eucoir ort.

Ach 's e a thiolac dhuitsa Criosd,  
 'S e thiolac beatha bhuan ;  
 'S e thiolac maitheanas gun sgios,  
 'Us fireantachd an Uain ;  
 'S e thiolac Spiorad naomh nan gras  
 Gu d'bhreith 's gu d'arach rìs ;  
 'S e thiolac aithreachas nach crion  
 'Us creideamh fìor le sith.

'S e thiolac tuigse fhallain chaoin,  
 'Us gaol a cridhe nuadh ;  
 'S e thiolac dhuit gach uile ni  
 'Tha dhith ort air do chuairt.  
 Sud uile thug an t-athair naomh  
 Do chloinn nan daoine gun eis

An tairgse 'n t-soisgeil ceart co saor  
Ri solus caoin na grein'.

Us thug E dhuitsa iad measg chaich,  
Cha-n fhearr thu bheag na iads'  
'S cha mhaillid a gheibh thus' do leoir  
Na gheibhear leo-s' da mheud.  
Na bi mar mhuilead no mar each  
Air bheagan beachd us ceill,  
No mar a chuid a's mo de'n t-sluagh  
'Toirt fuath' do 'n sonas fein.

Na h-eisd ri leithsgeul 'chual thu riamh  
'Chur tairgse Dhia air cul ;  
Gabh i le durachd d'anm' gu leir  
Ged tha thu fein ad thruth.  
Na can, Tha'n tairgs' ud tuill' us mor  
Do dheor gun toirt mar mis'.  
Cha-n 'eil i tuille 's mor le Dia  
Tha fialaidh thar do mheas.

Na h-abair-sa le ardan ceilg  
Cha-n fhiu mi tairgs' co fial ;  
Oir com' nach tugadh gras duit roinn  
Nas fearr na thoi'll thu riamh ;  
Na h-abair tha mifein gun neart  
'Chur creidimh ceart an gnìomh,  
Cha chreideamh leats' ni thusa ceart  
Ach neart us creideamh Chrìosd.

Na h-abair tha mo chiont co garbh  
'S mo shalchar fos co mor,  
'S gur dan domh suil a thogail suas  
R i truas o Dhia na gloir.



Ni h-eadh ; ach 's danadas gun chiall  
 Dhuit tairgse Dhia 'chur uait  
 A' meas gur mo do chionta fein  
 Na eifeachd fala 'n Uain.

Oir mar tha morachd Dhe os ceann  
 Gach tuigse 'th'ann 's an t-saogh'l,  
 Tha feartan iobairt Chrìosd 'toirt barr  
 Air lanachd ciont' chloinn daoin'  
 Us ged bu leats' e uil' us corr,  
 Bu leoir dhuit iobairt Chrìosd  
 'Chum maitheanas us naomhachd fòs  
 Us gloir air neamh gu sior.

Ach O na h-abair-sa gu brath  
 Am maireach creididh mi ;  
 An diugh tha gnothach 'measg mo lamh  
 Nach tàr mi leigeil diom.  
 Ta creideamh beo na's asadh dhuit  
 An diugh na bhios e 'n nochd,  
 Bidh fuath do 'n chreideamh 'fàs le dail  
 Gach uair us la 'thig ort.

Is cailteach dail : cha bhachdar leat  
 An cridhe reasgach, cruaidh,  
 O fhas na's cruaidhe us na's meas  
 'S o d'dhruideadh ris an truaigh.  
 Is mealltach dail, cha bhachdar leat  
 O ghoideadh steach do d'chridh'  
 Am barrachd mor de cheilg an t-sao'il  
 A dh'fhagail d'aois gun sith.

Is millteach dail ; cha bhachdar leat  
 An teachdair' searbh am bas

O bheirsinn air an sgornan ort  
 'S do thoirt air falbh gun dail,  
 'S e 'nis, 's e 'nis an t-am a's fearr,  
 'S e 'nise la na slaint'.

Gabh 'nis ri tairgse Dhe gu h-ait,  
 'Us d'anam taic r'a ghras.

Cum beachd co saor 's a ta an tairgs',  
 Gun àirgiod 'us gun or  
 Gun chumha, 'us gun chumhnant ort  
 Gu 'cosnadh, beag no mor.

Na tairg-sa d'fhireantachd ro-bhreun  
 An eiric tairgse Dhia,  
 Ceart mar gu-m bitheadh Esan bochd  
 'S thu fein neo-lochdach riamh.

Na tairg dha creideamh diolan, baoth,  
 Us bliònach gaoil mar-ris.

Na tairg dha àithreachas neo-bheo,  
 'S an dòchas fàs 'thig leis.

Na tairg dha irioslachd na ceilg'  
 'Ta 'm feirg ri slighe Dhia,  
 Na tairg dha ni a dh'fhairich thu,  
 No sùgh a rinn thu riamh.

Na gheibh thu uaith 's e ni dhuit feum,  
 'S cha-n e na bheir thu dha,  
 Cha tig o d'chridhe neoghlan fein  
 Ach salchar breun gun stàth.

'S e run an Tigheurn gras ro-phailt  
 A thaisbeanadh gun chrìoch,  
 Na togair thusa 'dheanamh beag  
 L e d'theagrath\* dona crìon.

\* Teagrath, providing.

Tha thusa falamh 's Esan lan,  
 Gabh thus an tra s' do leoir,  
 'S air triceid d'uireasbhaidh cum beachd,  
 'Chum teachd co tric 'na choir.  
 Cha dean thú dleasdanas am feasd  
 Ach leis na gheibh thu uaith' ;  
 'S ach leis na bheir thu as a làn  
 Gu brath cha toir thu buaidh.

Ach gabh ri tairgse Dhe gach la,  
 'S r'a ghealladh graidh gun sgur ;  
 Rà mhìle gealladh agus tairgs'  
 'Thug E na airgheas\* duit.  
 Le h-eolas, tuigs' 'us eud gabh riu  
 'S le urnaigh luthor, theann ;  
 Oir, 's iad a nì do chridhe gleusd  
 'S do làmhan treun gach am.

A dheanamh seirbheis De gun sgios,  
 Us aobhar Chrìosd 'chur suas ;  
 A chogadh ris na naimhdibh treun,  
 Gun gheilleadh dhaibh car uair.  
 O, 's iad bheir solas duit fadheoidh  
 Aig Iordan dubh a bhais  
 'N uair 'thiormaichear an abhainn duit,  
 'S a leanas tus' an àirc.



### AONADH RI CRIOSD.

“SIBHSE ANNAMSA AGUS MISE ANNAIBHSE.”

CIA maiseach obair saoraidh Dhia,  
 Cia ciatach i 's gach ceum !

\* Airgheas, or oircheas, pity.

Cia mor an gaol 's cia mairthean, buan,  
 'Thug Dia d'a sluagh gu leir!  
 D'a ghradh dhaibh cha robh toiseach riamh,  
 'S cha tig air crìoch am feasd.  
 Ta iomadh comhar air ro-ard,  
 Ro aluinn 'us ro-dheas.

'Se ghradh ro shaor a thagh dhaibh Crìosd  
 'S an t-siorraidheachd gun tus,  
 Mar Shlanaighear 's mar urras calm  
 Mar chuibhrinn anm' 's mar chliu.  
 'S e ghradh ro-shaor 'thug thairis Crìosd  
 Mar iobairt fheartmhoir threin,  
 'Thoirt lagh us ceartais air an taobh  
 Gu'n saoradh o gach beud.

'Se 'ghradh thug dhaibh 'san t-soisgeul Crìosd,  
 Sar-thiolac 'tha do-luaidh,  
 'Us creideamh leis an gabh iad e,  
 Sar-inneal seamh nam buadh;  
 Us maille ris-san lanachd grais  
 Nach traigh a chaoidh nan cian,  
 O'm faighear pailteas daibh gu leir  
 Os ceann am feum 'sam miann.

'Se ghradh thug iads an tus do Chrìosd  
 Le tagha dìonach tla,  
 'S a rithisd anns an t-soisgeul mhin  
 Le creideamh brioghar blath.  
 Le creideamh ghreimicheas gun sgios  
 Ri Crìosd a ghreimich rius',  
 Le fhacal us le Spiorad naomh  
 Tre'm bheil an aonadh dluth.

A leubhadair gabh thus gun dail  
 Ri Slanaighear nam buadh,  
 'Se tairgse nasgadh riut an sith  
 Le ceangal dileas buan.  
 An lorg an nasgaidh ud bidh Criosd  
 Gu siorruith annad fein ;  
 Bidh tus an Criosd gu siorruidh buan  
 Fo dhion a bhuidhean treun.

Bidh comunn eadraibh dileas fìor  
 Le tioralachd 'us thus  
 Bheir thugad cobhair reir a ghrais  
 Us dha-san cliu gun sgur.  
 A reir do bhochdainn agus d'aire  
 Mor-phailteas gheibh thu uaith,  
 Mar 'dh'innseas duit gach samhla caomh  
 Ta 'n sgrìobtair naomh a' luadh.

'Se Criosd an fhionain 's tus' a gheug  
 Ris fein an ceangal dluth,  
 Na's dluith na geug bha riamh an craoibh  
 A dh'fhas an coill o thus  
 'S ann uaith a gheibh thu sugh us brìgh  
 Bheir sineadh dhuit us fas,  
 Do chum gu'n toir thu toradh uait  
 Le buaidh chum cliu a ghrais.

Clach chinn na h-oisinn E'n tigh Dhe,  
 'Se fein an fhìor chlach bhuinn ;  
 'Se snas na h-aitreibh e gu leir  
 O'n steidh gu ruig a druim.  
 Mar chlachaibh beo theid thus 'us each  
 A charamh suas na thaic,

'Chum fas 'n ur teampull bithbhuan, briagh,  
A bhios do'n Triath na thlachd.

A rìs si 'n eaglais corp mhic Dhe,  
'Se Criosd e fein a Ceann ;  
Is ball gach creidmheach anns gach al,  
'Measg chaich tha thus' ad bhall.  
Mar cheanglar ceann us corp ri cheil'  
Le feithibh, uilt, us boinn,  
'S mar bheathaichear an corp o'n cheann  
Gach ball a faighinn roinn ;

Mar sin a ta gach creidmheach beo,  
Ma 's beag no mor e fein,  
Le creideamh ceangailt dluth ri Criosd,  
Gu siorruidh feadh gach re,  
Us gheibh e sochairean nach gann  
O'n cheann gu chumail beo,  
'S gu tuille fais a thabhairt da,  
Gach la le mais us treoir.

Feuch samhladh ceutach eile, feuch !  
'Se Criosd do cheile gaoil ;  
Do cheile gasd a's glaine tuar  
'S a mhein thar smuainte dhaoin'  
O leubhadair nach beachdaich thu  
Gu dur air teistias De,  
Mu'n phosadh ud aig Dia am Mac  
Ri peacach dubh gun fheum.

Mar thuirt E le Isaiah seamh,  
Do Chruithear 'se d'fhear-posd',  
D'fhear-saoraidh Ti naomh Israeil,  
'S e fein Ard-thriath nan slogh.

A rìs mar phosas oigear oigh,  
 D'fhear-togail posaidh thus ;  
 'S mar bhios fear-bainnse ait na mhnaoi  
 Bidh aoidh do Dhe-sa ruit s'.

Mar thuirt E le Hosea rìs  
 Am briathraibh mine bla,  
 Ach posaidh mise thu rium fein  
 'S cha treig mi thu gu brath ;  
 Le firinn ceartas agus coir,  
 Le caoimhneas mor 's le gradh,  
 'Seadh posaidh mise thu rium fein  
 'S cha treig thu mi gu brath.

Mar thubhairt fos an t-Abstol Pol  
 Ri naoimh na Roimh' le failt,  
 A ta sibh posda ris an Ti  
 A dh'eirich ris o'n bhas ;  
 Oir thug E saorsa dhuibh o'n reachd  
 'So'n pheacadh 'n ceud fhear-posd',  
 Le iobradh 'chuirp thug e a bhàs  
 Us thàr E oirbhse coir.

'S mar thubhairt ruinn an Diadhair Eoin,  
 Tha posadh 'n Uain air teachd ;  
 'S a cheile dh'ullaich 's i i-fein,  
 A cheile 's caoine dreach.  
 Tha uimpe eideadh maiseach min,  
 An fhireantachd nach mùth ;  
 An t-anart glan ro gheal 's ro ghrinn  
 Bh'air naoimh gach linn o thùs.

B'e sud an ceangal caomhail caoin,  
 Ni thu a' d aon ri Criosd,

Air chor 's gu-m bi thu reir a ghne,  
 'S gu meal thu e gu fìor'  
 B'e sud am posadh daingean buan  
 Nach fuasgailear am feasd ;  
 Cha tig mi-dhìlseachd, cha tig bas,  
 A chaoidh gu fhagail brist.

Air dhuit 'bhi posda ri Mac Dhe,  
 'S leat fein a shaibhreas mor  
 Is leat a mhais us urram ard  
 Is leat gun chaird a ghloir.  
 Is leis-san d'fhiachan, us cha leat s'  
 Aon pheacadh rinn thu riamh ;  
 Do chionta uile thog e uait  
 Le 'dhioladh buadhach fìor.

Do 'n Ti sin do nach b'aithne giamh  
 Lochd-iobairt rinn an Triath,  
 Chum thus' bhi annsan le a brìgh  
 Nad fhìreantachd le Dia.  
 Tha thusa maille ris-san ceusd,  
 'S an deigh sin tha thu beo ;  
 'S cha tus' tha beo ach tha Mac Dhe,  
 Beo annad fein le treoir.

'N uair thainig E nad dhail an tus  
 Bha thu 'sa pheacadh marbh,  
 Mar chlosaich ghraineil, lobhte, bhreun,  
 Nad eucorach gun tairbh.  
 Ach fhuair thu uaith cobheatha 's cail,  
 O'n bhas cothogail suas,  
 'S na neamhaibh ard co-shuidhe leis  
 Le creideamh deas gun chluain.



Gach teasairginn, gach dion us gaol  
 Bheir daoin d'an ceile graidh,  
 Bheir Criosd sin duits, us tuille fòs,  
 Ri d'bheo le cridhe blath.  
 Oir bidh cofhulangas us baigh  
 A ghna na innigh leat,  
 Nad amhgharaibh, nad eigin chruaidh,  
 'S nad bhuaireannaibh fa leth.

Ged tha thu anmhann lag gun treoir  
 Tha neart gu leoir aig Criosd,  
 Us bidh a chumhachd dhuit ro phailt,  
 Nad laigse us nad sgios.  
 Ged tha thu ainmiseach, us bochd  
 Tha maoin us toic aig Criosd,  
 Gu doichiollach cha bhuin E riut  
 Ach bheir E dhuit do dhiol.

Ged robh an saoghal mealltach, ole  
 Toirt ionnsaidh ort gu geur,  
 Gabh misneach bheir thu buaidh tre Chrìosd  
 A chiosnaich e dhuit fein.  
 Thig amhghar codach, cuirp us ainm  
 Geur lean mhuinn 's fuath nan tràth,  
 Ach bheir thu tuille 's buaidh do ghna,  
 Tre Chrìosd a ghradhaich thu.

Bidh Satan d'eascar air do thoir  
 Gu seolt le buaireadh treun,  
 Ach bruthaidh Criosd e fo do chois  
 Us bheir E fois duit fein.  
 Ta cridhe peacach ann do chom  
 Bhios ort na throm ri d'la,

Ach theid a chlaoidh, bheir Criosd a bhuaidh  
Do d'chridhe nuadh le ghras.

Nis tha thu mosach salach dubh  
Tric 'tional cus de shal ;  
Ach nighear thu am fuil an Uain  
Bheir ise bhuaith gach smal.  
Nis tha thu duaichnidh, grand, gun dreach,  
Le plaigh a pheacaidh ort,  
Ach ni ath-nuadhachadh le d'Thriath,  
Thu sgiamhach grinn gun lochd.

Ciod bhitheas tu cha-n fhaicear nis,  
Ach 's fiosrach thu gu beachd  
Gu-m bi thu cosmbuil ris gun ghaoid  
'N uair 'dh'fhoillsichear a theachd.  
Oir mar a ta E chi thu E  
An solus neimh a chaoidh,  
'S do cholunn dhiblidh gabhaidh snuadh  
A chuirp ro-usal naoimh s'.

'N uair thig, am bas cha bhi thu 'n teinn.  
'S e 's doch' gu-n seinn thu ceol,  
A bhais cia nis do ghat! us uaigh  
Cia nis do bhuaidh 's do bhosd !  
Theid d'anam glan gun smal, gun truail,  
'S an uair a dh'ionnsaidh gloir  
D'Fhir-saoraidh, Flath nam flaitheas ard,  
Ceannfeadhna slaint' a shloigh.

Us bidh do cholunn mharbh 's an uir  
Sior-cheangailt dluth ri Criosd,  
Us eiridh tu 'san latha mhor  
Le mais' us gloir nach crion.

Oir seasaidh tu le h-aoibhneas ard  
 An la'ir a Bhreitheimh choir,  
 Us thig do bhinn a mach gu caoin  
 O d'charaid gaoil, d'fhear-posd'.

Theid Criosd s a shluagh a's aillidh cliu  
 An sin gu cuirt an Rìgh,  
 Us dearrsaidh ort-s' a ghnuis le failt'  
 Ged bhiodh tu 'n drast ro-chli,  
 Cha-n fhaca suil, cha chuala cluas,  
 Cha d'smuainich cridhe riamh  
 Ro-mheud an aoibhneis us an tlachd  
 Bhios ac' an sud gach ial.

Bidh urram Chrìosd ro-fhad osceann  
 Gach Prionnsachd 's cumbachd ard,  
 Gach neart, gach uachdranachd, us ainm  
 A ghairmear bhos no thall.  
 Ach 's e sud ardachadh d'fhir-posd,  
 'S da ghloir is leat-sa roinn ;  
 Co-ghloir, co-shonas, 'us co-uaille,  
 'S thu fuaight 'ris mar cho-oighr'.

Gach meas o dhaoin 's o ainglibh naomh  
 A gheibh d'Fhear saoraidh treun  
 Bidh dhuit-s' mar chliu 's mar aobhar graidh,  
 Do thaobh bhur daimh d'a cheil'.  
 Cha bhi na h-aingil 's binne cliu  
 Co dluth air Criosd riut fein ;  
 Is ceile thus', is oclaich iads'  
 Gu d'riarachadh gu leir.

Cha-n fhaic thu chaoidh am measg nan sluagh  
 Bhios shuas an sud gu h-ard,

Aon uasal mar do charaid gaoil  
 'Ta aonaicht' riut tre ghràs.  
 Bidh aoidh co beannaicht' air a ghnuis,  
 Bidh shuil co caomhail tlath,  
 S gu-n cum E deadh-ghean air gach aon,  
 Ro-aobhach, ait gun chaird.

Cha bhi 'sa chuideachd mhoir gu leir  
 Aon bheul nach seinn a chliu,  
 No suil nach beachdaich air le tlachd  
 A' faicinn mais' a ghnuais.  
 Chi thusa maise Dhe us dhaoin  
 Na ghnuis bhios caoin riut fein ;  
 Us bidh tu maille ris a chaoidh  
 An aoibhneas lan nach treig.

O chreidmhich cuimhnich d'uailse fein  
 'Us uails' do cheile choir.  
 Na dean rud suarach, no rud nar,  
 Rud grand a choisneas bron.  
 Na lean droch cleachdadh, no mi-dhoigh  
 An t-seors 'a cheus do Thriath,  
 Gabh masladh Chrìosd mar shaibhreas mor,  
 B'e sud a ghloir nach b'fhiach.

Na sòr do neart, do chiall, do chliu  
 Le durachd 'thoirt do Chrìosd,  
 Na sor thu fein 's do chuid thoirt seach  
 Mu'm faic thu'n reachd 'dol sìos.  
 Cuir suas a ghloir le d'chrìdh' gu leir,  
 Le eud 's le gradh gun cheilg ;  
 'Se fein do Dhia 's do bheatha chaoidh  
 N uair thuiteas daoì fo 'fheirg.

A chealgair dhona tha thu'n duil  
 Gur caraid thu do Chrìosd,  
 Ge coigreach thu air nithibh shuas,  
 Ge fuaight' ri nithibh shios.  
 De Chrìosd Cha bhuin duit ach an t-ainm,  
 Tha d'earbs 'a bunchar meallt' ;  
 Tha thu teachd dluth do Dhia led' bheul,  
 'S do chridhe 'n deigh do shannt.

Grad mhosgail, seall, us tuig do chealg  
 'S an fhearg a thoilleanas i,  
 Ma thilgear thu 'san teine bhuan  
 Thig uamhann ort gun chrich.  
 Gabh Crìosd a bheir dhuit creideamh beo,  
 'Bheir gras us gloir mu'n seach ;  
 A bheir dhuit leigheas do gach creuchd,  
 Us cridhe treibhdhireach.

A dhaoi gun churam 'us gun gheilt  
 Nach teich o'n fheirg ri teachd,  
 Tha thus' ad thraill do'n fhear a's mios'  
 'Sior-bhristeadh air an reachd.  
 Is beag do mheas air Triath na gloir,  
 Cha-n aill leat posadh ris  
 Grad-mhosgail, tuig do ghoraich trath,  
 Oir thig am bas a chlisg.

Tha Aon-mhac Dhe a suiridh' ort,  
 Ge boch 's ge suarach thu ;  
 'S E deas gu gabhail riut gun dail  
 An ceangal gradhach dluth.  
 Sud tairgse 's fearr a chualas riamh,  
 Gabh i gun fhiamh, gun sgàth,

Us gheibh thu saorsa o' gach ole  
'S bidh sonas ort gu brath.

Om' anam fein gabh sealladh fìor  
Air diomhanas gach ni  
Fo'n ghrein a theid seach mar sgail  
'S nach tig a la'ir a rìsd.  
Tog dhiubh 'us thoir do chridh' gu leir  
Do nithibh Dhe ta buan ;  
Na nithe taiceil, brioghar, blast  
Ta 'n tasgaidh aige shuas.

A Dhe na firinn 'us na slaint',  
Dean dileas gradhach mi  
Do chum gu'n lean mi riut gu dluth  
Le uile run mo chridh'.  
Gabh truas de'm bhra' iribh, clann nan daoin'  
Th' air seachran claon gun cheist ;  
O taom a nuas de d'Spiorad Naomh  
Na dh'aomas iad ri 'n leas.



### SAORSA O'N LAGH.

“CHA BHI AIG A PHEACADH TIGHEARNAS OIRBH,  
OIR CHA-N 'EIL SIBH FO'N LAGH ACH FO  
GHRAS.”

O CHREIDMHICH ann an Criosd, cha bhi  
Art diteadh chaoidh ni 's mo.  
Reir Spioraid Chriosd sior-ghluais gu teann,  
'S ni h-ann a reir na feol',

'Se Iosa Criosd an t-urras treun  
 'Thug geill do'n lagh 'n ad ait,  
 'S a choimhion air do shon gun dith  
 Gach ni a ta 's an aithn'.

'S e dh'fhuiling air do shon am bas,  
 Fo mhallachd craiteach Dhia,  
 Am peanas sin a thoill do lochd  
 'San t-slochd gu cian nan cian.  
 Sud fireantachd a's iomlain brigh  
 'Ni d'fhireanachadh chaoidh,  
 Mar neach gun pheacadh gin no gnìomh  
 A bhunaich riamh 'n ad shaoi.

Sud d'umhlachd-sa do lagh an Triath,  
 'S cha-n iarr E ort an corr,  
 Sud d'fhulangas le'n tug thu riar  
 Do cheartas Dia na gloir'.  
 Tha'n umhlachd 'thug a mhac do Dhia  
 'Ga riarachadh ni 's fearr  
 Na umhlachd bheireadh clann nan daoin  
 O thus an t-sao'il gu brath.

Tha fulangas uil'-fheartmhor Chriosd  
 A' dioladh 'cheartais aird  
 Na's fearr na fulangas chloinn daoin  
 Ged chaoineadh iad gu brath.  
 Trid creideamh leis am posar thu  
 Gu dluth ri Iosa Criosd  
 Bidh 'bhas us umhlachd as do leith-s'  
 Mar gu-m bu leat iad riamh.

Us air an sgàth-san fhuair thu coir  
 Na h-oighreachd moire shuas,

Sar-choir gun mhearachd us gun ghiomh.  
 A sheasas siorruidh buan.  
 Cha-n 'eil thu aig an lagh fo chis,  
 Cha dit e thu gu brath ;  
 Cha bhean a mhallachd riut am feasd,  
 Oir tha do dhleasnais lan.

Trid Iosa tha thu saor o'n reachd,  
 Na cleachd bhi taiceadh ris.  
 Cha bhuin a ghealladh dhuit le coir  
 No aintean fòs a nis.  
 'Nad aite choimhlion Criosd gach aithn',  
 Cha d'fhag E dhuit-s'a h-aon :  
 Tha'n gealladh agad ann an Criosd,  
 'S a bheatha shior gu saor.

Ma dh'agras lagh nan oibre thu  
 Grad-stiuir e' dh'ionnsaid Chrìosd,  
 'G radh, "fhuair thu umhlachd iomlan uaiths,  
 'S E m'urras buan 's mo dhion."  
 Ma dh'agrar thu mu'n mhallachd fos  
 Na sòr grad-earbs' a Criosd  
 "Na mhallachd rinneadh E 'n am ait,  
 Mo ràthan E gun ghiamh."

O'n lagh na h-iarr-sa bunchar sith  
 Do d'anam diblidh truagh,  
 Oir mathanas no comhnadh caomh  
 Cha-n fhaod thu fhaighinn uaith  
 Ma bhios tu taiceadh ris an lagh  
 Thig thu gu dragh gun dail ;  
 Oir their do chogais riut gun cheisd  
 Cha-n 'eil do dhleasnais lan ;



Us buailidh 'm bagradh thu gu trom,  
 'N ad chom bidh trioblaid mhor.  
 Theid d'aoibhneas uil' air fogradh 'n cein,  
 Us eiridh guth do bhroin ;  
 Ceart mar nach buineadh dhuit-sa Criosd  
 No ghealladh fìor gun bhreig,  
 Ach mar gun teirgeadh tur a ghràs,  
 'S gu-m biodh a bhas gun fheum.

Ma 's aill leat aoibhneas cum do shuil  
 Air umhlachd 's bas do Thriath ;  
 Trid creideamh 's bunchar iad do d'earbs',  
 Neo-chearbach feadh gach ial.  
 Do 'n lagh cha-n 'eil thu ann am feich,  
 Dhiol d'urras fein an t-suim,  
 Ach tha thu 'm fiachaibh mor do Chriosd  
 A dhiol do luach 's nach maoidh.

Thoir taing do Chriosd a rinn thu saor,  
 Thoir dha do ghaol gu leir.  
 Bi aoibhneach anns an t-sochair mhoir  
 A dheonaich E dhuit fein.  
 Na shaorsa phriseil feuch gu-n seas  
 Thu daingean deas ri d'bheo,  
 N a gabh mu d'mhuineal chum do chlaoidh  
 Trom-chuing an lagh' ni 's mo.

Ach cuimhnich fulangas us bas  
 Do Shlanaigheir ro-threin.  
 Dean bun a ghealladh us a ghras  
 Gu laidir, gramail, gleusd.  
 Ciod e ma seadh ? 'M bi thu co baoth  
 'S gu-n toir thu gaol do 'n olc ?

Gu-m peacaich thu gu h-aingidh, dan,  
Mar neach gun ghras, gun toirt ;

A chionn o'n lagh gu bheil thu saor  
'S nach daorar thu am feasd,  
Gu-n thaisbein Criosd duit neart a ghaoil  
'S a ghras ro-chaomh gun cheist ?  
Nar leigeadh Dia,—Cha-n fhaod e bhi  
Gu-n sìn thu mach do lamh  
Le ceannairc bhuirb an aghaidh 'n Ti  
'Thug didean dhuit o'n bhas.

Am bheil thu saor 's gidheadh ad thrail  
Fo chois do namhaid gheir ?  
N e d'fheudail Criosd, 's gidheadh am bi  
Thu 'n sith r'a eascar treun ?  
Nar leigeadh Dia, Cha-n fhaod E bhi  
Nach bi do chridhe lan  
Le gradh do Chrìosd a thairneas thu  
'Thoir umhlachd shaor d'a aithn.

Cha-n fhaod ; oir tha e cinnteach fìor  
Gu-n lion E dhuit do chridh',  
Le uile ghrasaibh spioraid fein,  
'S le feart a's treine brìgh.  
'S e meas an Spioraid aoibhneas, gaol,  
Sith, caomhalachd, 'us stuaim,  
Fad-fhulangas 'us firinn mhath  
Le macantas gun chluain.

Ta iad sud uile nise sgriobht'  
'Nad chridh gu' soilleir buan ;  
Us stiuirèar leo gu beothail gleusd  
Do cheumanna gach uair.

Tha 'n uile ghne reir aithne Dhe,  
 'S a reir a thoil' ro-choir.  
 'S am fad is beo dhuit ni iad stri  
 Gu dileas ris an fheoil.

An lagh sin o'n do shaoradh thu  
 Le umhlachd Chriosd chum bais,  
 An deigh a choimh-lionadh chuir E  
 Gu seamh E ann ad laimh,  
 Gu 'bhi na riaghailt beatha dhuit  
 Neo-thuisleach 'us neo-chlaon,  
 A stiuireadh d'ann' gu direach, reidh  
 'S a cheum ta sona naomh.

An lagh ud thug an t-Athair Dia  
 Mar riaghailt uasal, choir  
 D'a theaghlach urramach 'us sheamh  
 Air neamh 's air talamh fos.  
 Bidh chlann 'ga h-ionnsachadh gu dluth  
 Re fad an uine bhos ;  
 'S 'n uair theid iad suas bidh iad gun sgios  
 'G a cur an gnìomh gun chlos.

B'i sud an umhlachd shaor neo-ghann,  
 Cha' b'ann a chosnadh duais ;  
 Cha b'ann le miodal teanga tlath,  
 Ach gradh a cridhe nuadh ;  
 Cha b'ann le eagal diteadh 'n reachd,  
 Ach tlachd an tabhairt geill ;  
 Cha b'ann mar thrail, ach b'ann mar mhac  
 An achlais athar fein.

Ma 's leanabh thus' an teaghlach Dhia  
 Lean riaghailt d'Athar fein,

Us meas mar chliu s mar shonas i  
 Gu crìch do chuairt fo'n ghrein,  
 Bidh fuighleach leibideach de'n fheoil  
 'Gad shlaodadh'n comhnaidh leis,  
 Gu earbs' a fireantachd an lagh'  
 'S gidheadh i glemhi-dheas.

Ach faicill ort ! 'S e sud do namh ;  
 Gu brath na treig-sa Crìosd ;  
 Na treig-sa fhìreantachd no ghras  
 Air sgàth ni lomlan ghiamh.  
 'S a cheum ta cronail, baoth, gun bhrìgh  
 Cha-n fhaigh thu sith no fois,  
 Ach gruaim an athar 's milidh i  
 Gach sonas cli ta bhos.

Oir ged nach leig E 'mhallachd ort  
 Bidh 'n t-olc dhuit cailteach searbh  
 'S math gean do Dhe seach gean an t-sao'il  
 'T a fealltach faoin gun dealbh.  
 Thoir feairt, gach daoi a ghabhas fath  
 O shaorsa ghrasmhoir Dhe  
 A dheanamh uile gu-n teid e chaoidh  
 Gu claidh na h-ifrinn dhein.

So brìgh na cuis' ; si umhlachd Chrìosd  
 'S an dioladh rinn a bhas,  
 'S cha-n umhlachd through a thig o d'chridh's'  
 Ni firean dhiot gu brath.  
 S i d'umhlachd shaor trid feartan grais  
 O'n spiorad ghradhach chaomh,  
 An gnathach mheadhona gu dluth  
 A nochdas thu ad naomh.

'S i nis mo chomhairl' dhuit fadheoidh,  
 Gabh i le deoin 's le tlachd;  
 Cha dean i dolaidh dhuit car uair  
 Ach buannachd air gach achd.  
 Na h-earb bheag idir ris an lagh  
 Am feadh a bhios tu beo  
 A chosnadh maitheanais no failt'  
 An Ti a's airde gloir.

Ach lean gu dileas ris an lagh  
 Am feadh a bhios tu beo  
 Mar riaghailt beatha fad do chuairt  
 Air siubhal suas chum gloir.  
 Oir umhlachd grais cha daorsa i,  
 Ach saorsa phriseil, naomh;  
 Am flaitheanas bidh 'n lagh gu leir  
 Aig pobull De ro-chaomh.



## AN SOISGEUL.

(AN DEIGH RANN 17.)

A CHIONTAICH thruaillidh grad-ghabh gu smu-  
 aineach,  
 Na druid do chluasan air fuaim na slaint'.  
 Gun dail thoir eisdeachd le cridhe eibhneach  
 Do bhrìgh an sgeil ni dhuit feum gu brath.  
 Cha bhi thu d'fhìrean le d'oibribh diblidh;  
 Na h-earb do shith riu mu'm bi thu creachdt',  
 Na creid do mhiannan, no'n sao'l, no'n Diabhol,  
 Ach creid an fhianais thug Dia le'a mhac.

'S e ghibht gach ial E do pheacaich fhiata,  
 'S e 'thiolac fial E do dh'iarmad Eubh :  
 Tha Dia an t-Ardrigh 'ga chur nad' dhail-sa  
 Mar thiolac aluinn na bhaigh riut fein.  
 Is gradhach treun E gu d' thoirt a d'eigin  
 A chum na reite nach treig a chaoidh ;  
 Is ealamh gleusd E na uile dhreuchdaibh ;  
 Na fan an cein uaith 'mu 'n teid do chlaoidh.

Is faidh' ro-theom E thoirt seachad eolais ;  
 Rach tric na chomhdhail 's gabh foghlum uaith,  
 Is Sagart caomh E a ghabhas daonnan  
 Ri peacaich bhaoth ; biodh do ghlaodh na chluais,  
 Is treun an Rìgh E a dheanamh didein  
 D'a uile dhilsibh ; grad-striochd-sa dha  
 Ma 's peacach mor thu, 's Fear-Saoraidh corr E,  
 Grad-rach na choir, 's gheibh thu foir gun dail.

A Thighearù Iosa gabh truas de 'n Chrìosdachd,  
 &c.



## CRAOBH SGAOILEADH AN T-SOISGEILL.

(THE 19TH VERSE.)

AGUS cuideachd nan leabhraichean beag',  
 Cha chreid mi nach dean iad euchd,  
 'Toirt nan deor us nan dall chum an leas,  
 Le 'n saothair, le'n seirc, 's le 'n eud.  
 Tha an leabhranan brioghor gun ghaoid  
 Air an leubhadh le sgoinn 's gach tir ;  
 'S iad gu tric us gu pailt air an roinn  
 'M easg bhochdan an gainn' 'us dith.

DIAN-IARRTAS ANMA AIRSON CHRIOSD.

LEIS

AN URRAMACH D. B. BLAR.





# DIAN-IARRTAS ANMA AIRSON CHRIOSD.



*Teis*—“’Se fulangas mo shlanuigheir  
A bhios mo dhàn a’ luaidh.”

Is truagh ! nach leam-sa ’n Criosd tha’n sud  
Le ghnìomharaibh gu lèir !  
A Phearsa ghlòrmhor, dhiadhaidh-san,  
’Sa bhriathran mar an ceudhn’ !  
Gach nì a rinn e ghnìomhachadh,  
’Na isleachadh fo’n ghrèin,  
O ! b’fhearr gun d’fhuair mi còir air sud  
B’e sud m’ ard-sholas fèin.

Is truagh ! nach leam gu-h-uile e  
O mhullach gus a bhonn !  
A chum gum faighinn fasgadh ann  
O shiontaibh frasach, trom :  
Nam faighinn sgiathan airgid  
Mar an calman leumainn àrd,  
Us theichinn o na tuiltibh ud  
Gu uinneagaibh na h-Airc.

Och ! nach robh mi’m Pàrras  
Ann ’na làthair-san an glòir !  
A chum gu’n deanainn gàirdeachas  
Gu bràth an sin ’na chòir :

Shuidhinn sìos gu suilbhearach  
 Gu cuirm ann aig a bhòrd ;  
 Ghrad-theicheadh uam gach airsnealachd,  
 Gach acain agus leòn.

Ach O ! mur-faigh mi suidhe 'n sud  
 'Se ghuidhinn anns an uair,  
 Gu'm beanainn ri oir eudaich-san  
 Chum m'eucail a chur uam :  
 Mur faigh mi dad de'n chuilm ud  
 Ann an tigh na cuirm' gu h-àrd,  
 Ma gheibh mi mir de'n sbruileach  
 Bidh mi aoibhneach agus làn.

Gu h-àrd an Aros m'Athar-sa  
 Tha aran pailt gu leòr ;  
 Se Crìosd mo ghaoil an t-aran ud  
 'Se 'n t-aran beatha beò :  
 Us tha na's leòr san aran so  
 A bheathachadh gach naomh  
 Tha chòmhnuidh air an talamh so  
 'Sam flaitheanas maraon.

'S an éigin dòmh-sa seargadh as  
 Le marbhantas, 's le sgios ?  
 Am basaich mi gu gortach  
 Le mòr ocras agus iot ?  
 O ! b'fhearr gun d'fhuair mi crioman deth  
 Aon crioman de mo Chrìosd !  
 Se sud a dh'fhàgadh sàthach mi,  
 Le gàirdeachas gun chrìoch.

O ! cuine, Rìgh nan Dùl a  
 Thèid mo stiùradh ann ad reachd ?

O ! cuine bhios do stàtuisean  
 Gach là air grùnnd mo bheachd !  
 Us d'fhocal dhomh mar riaghailt  
 Chum nach fiarainn as do ròd,  
 Le m'aghàidh fad na slighe riut  
 An Sion shuas an glòir.

Nach iomad sruthan sòlasach  
 De'n uisge bheò us shaor  
 A shruth bho'n fhuaran bheannaichte  
 Air thalamh am measg dhaoin' ?  
 Nach duirt e, " Ma tha tart air neach,  
 Feuch ! caisgeadh se e 'n so,  
 Grad-thigeadh agus òladh e  
 Oir gheibh e leòr gu thoil.

Och ! nam faodainn dh'òlainn deoch  
 De'n uisge bheò gu saor !  
 Is truagh nach faodainn tighinn, oir  
 Is milis leam a ghaol !  
 Gu cinnteach tha mi pàiteach  
 Iotmhor, tartmhor, pàiteach teth !  
 Air losgadh, us air tiormachadh  
 Ro iomguineach gun cheist !

Tha tart cho mòr air m'anam us  
 Mur faigh mi deoch ri òl,  
 Gum bàsaich mi gu h-ealamh, us  
 Gum fannaich mi gun treòir :  
 Ach faigheam deoch de'n uisge so,  
 'Smo mhisneach-sa thig beò  
 Cha chluinnear mi sa' phlosgartaich  
 Le h-osnaich agus deòir.

Mur faigh mi trusgan fireantachd  
 Mo Chriosd gu m'dheanamh geal,  
 Mur toir e féin a naomhachd dhomh,  
 Gu m'naomhachadh gu glan :  
 Naomhachd ghlan a nadoir us  
 A bheatha ghraidh le chèil,  
 Slàn ! slàn le sonas siorruidh ?  
 Tha mi millte feadh gach rè !

O ! thig a Thighearn, Iosa, tha  
 Mo chiocras dol ad dhèidh !  
 O ! thig gu luath, 's gu h-ath-ghoirid,  
 Tha fadal orm leam féin !  
 'S mòr m'fhadal gus am faic mi thu,  
 Gu maiseach shuas air nèamh !  
 Do ghnùis ro dhealrach, ghlòrmhor, tha  
 Ro àrd thar glòir na Grèin'.

Do ghlòir-sa tha cho maiseach us  
 Gun glacadh i mo ghaol,  
 Bheir d'aogus mi an ciomachas,  
 Cha sir mi bhuaite ri m'shaogh'l ;  
 Do mhaise tha cho sgiamhach us  
 Nach iarrainn imeachd uait,  
 Oir ghoid do sgèimh mo chridhe bhuan,  
 Tha m'innigh nis fo ghluas'd.

Cha'n urrainn mi bhi riarichte  
 Am bliadhna no gu bràth,  
 Mur faic mi gnùis an Rìgh, a tha  
 Air Sion glòrmhor àrd !  
 O ! thig a Chriosd, mo Thighearna,  
 O ! thig a nis gu luath !

O ! thig us tog mo mhisneach-sa ;  
Mur tig bidh mise truagh !

O ! Nigheanan Ierusalem  
Tha lurach agus grinn,  
Sparram oirbh ma chi sibh e  
(Oir tha mi sgith ro thinn,)  
Le cabhaig sibh a dh'innseadh dha  
Gu bheil mi tinn le gaol ;  
Mur coinnich e le 'lànachd mi  
Gum bàsaich mi le caoil.

'Se thuirt oighean Shàleim,  
“ A thé 's àillidh 'm measg nam ban,  
“ Ciod e sin fear do ghràidh-sa thar  
“ Gach aon de chàch 'na dhreach ?  
“ Innis duinn us iarraidh sinn  
“ Ma 's miannach esan leat.”  
Tha Fear mo ghràidh ro ghlòrmhor, tha  
A cheann mar òr ro ghlan.

'S geal dealrach mar an lili e  
A chinneas anns a ghleann,  
Is dearg mar Ròs an Sàron e  
'Se Fear mo ghràidh gach àm.  
'S Ceann-feadhna measg dheich miltean, e  
Nas finealta na càch,  
Fear-ìomchair treun mo bhrataich e,  
A chasgaireas mo nàmh.

Tha chiabhan dualach, caisreagach,  
Dubh, bachlagach, us clearc,  
Tha aogus àrd mar Lebanon  
Nam badanan 's nam preas,

Tha ghnùis ro àluinn cùbhraidh  
 Mar an seudar ùr-ghorm àrd ;  
 Tha shuil mar shuilibh calmain  
 Laimh ri torman nan sruth làn.

A ghaol-san riabh bha seasmhach dhomh,  
 Cha teirig e gu bràth,  
 Tha innigh caomh ro thruacanta,  
 Is maireann, buan, a ghràdh ;  
 Us tha e gu léir ionmhuinn leam,  
 Ro ionmhuinn anns gach dreuchd,  
 'Se m' Fhàidh, mo Rìgh, 's mo shagart e  
 M'Fhear-tagraidh anns gach feum.

'Se'm Bràthair gaoil a's sine e  
 A dh'imich anns a' chuan,  
 Cuan lasrach corruich Athar,  
 Chum mo theasairgin o thruaigh ;  
 Nuair thèid a thrusgan maiseach orm  
 Chan fhaicear annam smal  
 Bidh fàile cùbhraidh, taitneach dhiom  
 Mar achadh beannaicht', glan.

'Se sud am Bràthair gràsmhor  
 Dh'fhuiling piantan cràiteach, cruaidh,  
 Us dhùin am Bàs fo ghlasaibh e  
 An cadal prais na h-uaigh ;  
 Ach dhùisg e as a chadal ud,  
 Mar Shamson as a shuain,  
 Us spealg e suas na geatachan  
 'S na crannan prais gu luath.

Oir shaoil am Bàs gu'n cumadh e  
 An curaidh ud fo smachd,

Ach cheannsaich e le urrantachd  
 A chumhachd us a neart.  
 Us dh'èirich e gu h-urramach  
 Le tuilleadh agus buaidh,  
 Us thug e chreach o'n droch spiorad  
 'S a' chobhartach o'n uaigh.

O! cuine thèid mi dhachaidh leis  
 Gu flaitheanas na glòir?  
 O! cuine nochdar sgiamhach mi  
 'Na fhianuis-san fadheòidh?  
 Nuair thig mu'n cuairt an t-am ud anns  
 Am fàg mi gleann nan deur,  
 Làn-sgeadaichear gu glòrmhor mi  
 Mar lècharan nan speur.

'Se dh'fhàg fo bhròn san am so mi  
 An seann duine bhi treun!  
 'Se rinn mo chridhe bhristeadh dhomh  
 'S mo chreuchdan silteach, breun!  
 O! cuine bhios mi naomhaichte,  
 Ro iomlan naomh a steach?  
 'S mi leumas le mor ghàirdeachas  
 Nuair dh'fhàgas mi am peac'.

Nuair theid mi nunn thar Iòrdain ud  
 Gu Aros glòrmhor Dhè,  
 Bhèir mise cliù gu brath ann da  
 O'n shabhail e mi fèin:  
 Oir co' a thoill bhi 'n iutharna  
 A' gul am piantaibh goirt  
 Cho mòr ri m'anam peacach-sa  
 A bhris a reachd le m'thoil.

# FULANGAS AN T-SLANAIGHEIR:

LAOIDH LE IAIN MAC-GILLEBHRA.



DUISG, O m'anam, 's bi gnìomhach,  
Dean dluth fhaire agus riarach an Ti  
A rinn d'ainbhfiach a dhioladh  
Us a cheannaich le phiantan dhuit sith ;  
Bi gu curamach strìochdte  
Le mor shùrd ann am fion-lios an Rìgh.  
Thar na smuainicheadh riamh leat,  
Bidh do dhuais bho do thriath aig do chrich.

Thig rè tacain do'n ghàradh  
Us gabh beachd air do Shlanaighear caomh ;  
Faic sruth fallais dheth 'bàrcadh  
Us neul fala gu làr air gach braon.  
Is e peacadh sliochd Adhaimh  
'Chuir an glacaibh a bhais a chorp naomh.  
Bu trom-shac 's an robh cradh e,  
Us an ceartas rà phaidheadh cho daor.

Faic do mhuinntir a 'sealg air  
Us na h-Iudhaich cho garg air a thoir ;  
Seall air Iudas, an cealgair  
A tigh'nn dluth air 's run marbhtach na phoig.



Seall air Peadar 'g a aicheadh  
 Leis a gheilt ann an lathair an t-sloigh ;  
 'S gabh-sa leasan bho'n fhaillinn  
 A tha dh'easbhuidh na'n gràs anns an fheoil.

Faic na saighdearan bruideil,  
 'S iad gun suim dheth, 'ga rùsgadh gu lar ;  
 Faic ri crann e 'ga sgiursadh,  
 'S iad gu naimhdeil 'ga dhiultadh le tàir.  
 Seall air fheoil na trom-lotan  
 'Si air bòchdadh na tosgaibh bho'n chnàimh.  
 C'uim' nach cianail leat osnaich ?  
 'S e do ghnìomh-s' thug an goirteas ud dha.

Och, a Philait 's a Heroid,  
 Bha sibh meallta le cheile bho thùs ;  
 Leig sibh srian leis an eucoir,  
 'S ghabh sibh fianaisean breige 's a chùis.  
 An Ti firinneach cheus sibh  
 Airson impidh 's droch-sgeula luchd-drùis ;  
 'S thug sibh sith do'n fhear-reubainn  
 Bh'air a dhiteadh, air beulthaobh na cùirt.

Fhuair na h-Iudhaich an t-ordagh,  
 'S leig iad fuasgailte comhla'n droch-rùn.  
 Chaidh a bhualadh le dornaibh,  
 'S e mar uan a measg leoghann,—cho ciuin.  
 'Sgitheach guineach an fhàsaich  
 Sparr iad uime, 's e'n cradh leis, mar chrùn.  
 Rinn iad fanaid 's gach doigh air,  
 'S thilg iad sileadh am beoil air a ghnuis.

M' anam peacach bochd trailleil,  
 Ciamar nochdas tu ardan us fuath ?

C'uime bhiodh tu cho straiceil  
 Air do lionadh le ailgheas us uail?  
 Thusa thoill le d'dhroch nadar  
 'Bhi' gu siorruidh an aite na truaigh,  
 Faic am Firean thug gradh dhuit,  
 'Ceannach sith dhuit fo thàir aig an t-sluagh !

Moch air maduinn an annraidh  
 Us e lag-chuisseach, fallinneach, fann ;  
 Gun lochd cadail, gun tamh aig,  
 Leis gach sladadh us fàl-bheairt a bh'ann,  
 Chaidh a chrois air a ghiulan,  
 'S shil a lotan, as ur anns an am.  
 Bu ghoirt leirte bha ghualann  
 'S e a' geilleadh fo'n uallach 'bha trom.

M 'anam, m'anam dean dùsgadh,  
 'S thig le aithreachas 's urnaigh gu d' leigh,  
 Dean a leanachd le dùrachd ;  
 Ann ad shealladh cum ùmhlachd 's gach ceum.  
 'Si an Fhirinn do sgàthan ;  
 Fuirich dileas us aicheidh thu fhein ;  
 'S ni do Rìgh do làn-thearnadh  
 'Daindheoin innleachdan Shàtain nam breug.

Air dhaibh ruighinn an t-sleibhe  
 Thug iad aodach gu leir dheth air ball ;  
 'S air an sgaoileadh bho cheile  
 Ris a chraoibh chuir iad spèic anns gach laimh.  
 Cha'n 'eil cainnt ann a dh'fheùchas  
 Dhuinn an cradh bha na chreuchdan 's an am.  
 Ciod an gràdh thug Mac Dhe dhuit,  
 'Dol gu bàs le thoil fein ann ad gheall !

'N uair a chuir iad a suas e  
 Gu'm bu toibheumach, uamharr an gàir ;  
 Guth gach aoin bha toirt fuath dha,  
 Gun fhear gaoil 'san robh truas dheth na chàs.  
 Fhuil a bruchdadh mar fhuaran,  
 'S i na cuirnean mu'n cuairt air an làr ;  
 Us an fhearg a bha fuathsach  
 A sior-thigh'nn a nuas air 'n ar n-ait.

Crom crom iosal le nàire  
 'Bhi cho di-chuimhneach, ardanach, baoth ;  
 Ged chaidh Iosa na d'aite  
 Fo d'chuid fiachan gu bàs air a chraoibh.  
 Seall air sòlas nan aingeal,  
 Carraig dhòchais us cala nan naomh,  
 'S' fhuil a dòrtadh gu talamh  
 Ann an doruinn gun ghearan, gun ghlaodh.

Tog do shuil 's bi fo uamhann,  
 Faic na duilean lan gruaim agus colg.  
 Thainig dùsal us duathar  
 Air a ghrein le roth uain' agus dearg.  
 Chrith an duthaich mu'n cuairt daibh  
 Agus dhuisg as na h-uaighibh na mairbh.  
 Sgoilt na creagan le nuallan,  
 Fo throm-eagal bha'n sluagh us iad balbh.

'M anam beachdaich air Criosda  
 Us air fheartan neo-chriochnach gu leir.  
 Glanaidh fhuil dhiot gach peacadh,  
 'S ni i geal thu mar sbneachda nan speur.  
 T ha e tairgse na ghradh dhuit  
 Sith us sonais am Pàrras leis fein.

Mu'n tig geamhradh a bhàis ort  
Glac an t-am 's na leig faillinn adcheum.

Cliu do'n Athair gu siorruidh  
Nach do sgar thu as fhianais na fheirg.  
Cliu do'n Mhac mar an ciadna  
'Rinn do cheannach le phiantan bho d'cheilg.  
Cliu do Spiorad na siochaint  
Rinn do ghlanadh le iocshlaint bho d'mheirg.  
Cliu us gloir do'n aon Dia sin,  
Bun do storais, d'ard-mhiann us do sheilbh.



	s.	d.
Hall's (Newman) Come to Jesus, ... ..	0	6
Haughton's "A Saviour for You," ... ..	0	2
History of Prince Charles, and Jacobite Songs, ...	3	0
James' Anxious Inquirer, ... ..	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, <i>bound</i> , ... ..	0	6
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth</i> ,	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy Scriptures, by Forbes, 18mo, ... ..	0	4
Livingston's Gaelic Poems, <i>cloth</i> , ... ..	2	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
Maccallum's Sop as Gach Seid, 18mo, 2 pts., <i>each</i>	0	3
Macdonald's (Rev. Dr) Waters of Jordan, 18mo,	0	2
M'Innes, (Rev. D.) Conversations in Gaelic and English, with preface by Professor Blackie,	1	0
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> , ... ..	3	6
Mackenzie's, (J.) Beauties of Gaelic Poetry, <i>large paper edition</i> , royal 8vo, ... ..	21	0
Mackellar's Tourist's Hand-Book of Gaelic and English Phrases, with Pronunciation, ...	0	6
Macleod, Rev. Dr, Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	6
Macleod, Rev. Norman, Caraid nan Gaidheal, 8vo, <i>half-bound calf</i> , ... ..	18	0
MacLean and Macgregor's Gaelic Hymns, 18mo,	2	0
Macneill's Neniae, and other Poems, <i>cloth</i> , ...	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, ... ..	3	6
Muir's Sermon "Cumail Gu Daingean samhlahd Bhriather Fallain," translation by the Rev A. Macintyre, ... ..	0	2
Nicolson's (Sheriff) Collection of Gaelic Proverbs, with English Translation, cr. 8vo, <i>2nd edition</i> ,	6	0
... The same, large paper, 4to, ... ..	21	0
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, <i>cloth</i> ,	3	0
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo, ... ..	1	0
Proverbs of Solomon, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	2
Psalm Book, Smith's or Ross's, large type, 18mo,	2	0
Psalm Book, Gaelic and English, on one page, ...	1	6
Queen (H. M.) Our Journal in the Highlands, Illustrated, translated into Gaelic by Rev. I. P. St Clair, ... ..	3	6
Sankey's Hymns for Times of Blessing, translated by Rev. A. MacRae, ... ..	0	1

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> ... ..	0	3
Smith's (Rev. Dr J.) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram, ...	2	6
... Gaelic Prayers for Families, 12mo, <i>sewed</i> ,	1	0
... The same, <i>cloth boards</i> , ... ..	1	6
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, <i>sewed</i> ,	0	2

---

ENGLISH WORKS RELATING TO THE  
HIGHLANDS.

Antient Erse Poems Collected among the Scottish Highlands, in order to Illustrate the OSSIAN of Mr Macpherson, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	1	0
Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	6	0
Brown's History of the Scottish Highlands, Highland Clans, and Regiments, with Por- traits and Tartans, by Keltie, 2 vols., 56s. for	40	0
Cameron's Gaelic Names of Plants, ... ..	7	6
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols., <i>plates</i> , 28s. for	15	0
Macgregor's Life of Flora Macdonald and her adventures with Prince Charles, <i>cloth</i> , ...	3	6
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	1	6
Mackenzie's Tales and Legends of the Highlands,	2	6
... History of the Macdonalds, 8vo, <i>cloth</i> , ...	25	0
... History of the Mathesons, 8vo, <i>cloth</i> , ...	10	6
... Prophecies of the Brahan Seer, ..	2	6
... History of the Highland Clearances ...	7	6
... The Isle of Sky in 1882-3,... ..	3	6
Maclagan's Scottish Myths, Notes on Scottish History and Tradition, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	7	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings; or, Notices of the History and Literature of the Scottish Gael, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	6
Masson's Vestigia Celtica: Celtic Footprints in Philology, Ethics, and Religion, cr. 8vo, <i>sewed</i> ,	2	0

---

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,  
AT VARIOUS PRICES AND BINDINGS.

